



3 1761 03561 5772







*From the Library*  
*of*  
PÁDRAIG Ó BRÓIN





A Choice Collection  
of  
Gaelic Poems,

with the third book of Homer's Iliad,  
translated into Gaelic; to which are  
added Galgachus's Speech to the Cole-  
donians, Pyrrhus and Fabritius, &c.

Edinburgh: Printed by C. Stewart.  
Sold by D. Thomson, Greenock; J.  
Young & Co., Inverness; and D. Peat,  
Perth. 1813.

CO'-CIUINNÉACHADH

DE

DU DRAIN AGUS DU LUINNEAGAIBH

THAGHTA

GHAELACH,

MAILLÉ


*Tha an Tíre Druinn agus Luinneagaibh na Tíreanna  
de na h-Éireann Gaeilge agus Gaeilgeach.*

DU DRUINN

*Tha an Tíre Druinn agus Luinneagaibh na Tíreanna  
de na h-Éireann Gaeilge agus Gaeilgeach.*

DU DRUINN

*Tha an Tíre Druinn agus Luinneagaibh na Tíreanna  
de na h-Éireann Gaeilge agus Gaeilgeach.*



PB  
1633  
C 74

# CLAR INNSIDH.

Taobh, &c.

<i>Gum beannuiche Dia long Chlann Raonuill....</i>	1
<i>O! Càiribh mi ri taobh nan Allt.....</i>	21
<i>Moch 's mi 'g èiridh 'madainn chéitein.....</i>	27
<i>Grad éiridh fonn, a's fìor-ghleus oirbh.....</i>	32
<i>Tha Phoebus sna speuraibh.....</i>	37
<i>Thainig Earrach oirn m'an cuairt.....</i>	41
<i>An déis dhomh dùsga 'sa mhaduinn.....</i>	59
<i>'Nuair thig an Samhra geugach oirn.....</i>	56
<i>Tharruing grian, rìgh nam planad 's nan reull</i>	63
<i>A' dol th'ar Ault-an-t-siùcair.....</i>	68
<i>Fàilt an Leomhain chreachdaich.....</i>	76
<i>Gur h-oil leam an sgeula sin.....</i>	82
<i>Tha mulad, tha mulad.....</i>	86
<i>Beir soraidh uam le deagh-rùn buaidh.....</i>	92
<i>San ochd-cend-deug, a's bliadhna.....</i>	97
<i>A Mharai bhàn òg 'stu'n òigh th'air m'aire.....</i>	103
<i>× Mile marbhaig ort, a shaoghail.....</i>	107
<i>'Sì so'n aimsir a dhearbhar.....</i>	112
<i>'Se Coire-cheathaich nan aighean siùbhlach.....</i>	113
<i>Och nan och! mar a ta mi!.....</i>	127
<i>H-oro Iuin taobh rium fhìn.....</i>	122
<i>So deoch slainte Ghae'il ghasta.....</i>	137
<i>A nighean donn an t-sùgraidh.....</i>	130
<i>'Se luath-bheus na h-igheana duibh.....</i>	131

<i>O Iain a Gleanncuaidh</i> .....	136
<i>A nigheann donn na buaile</i> .....	139
<i>Bio nighean dubh, tha boidheach dubh</i> .....	141
<i>Mò rò gur toigh leinn drama</i> .....	144
<i>A nighean bhoidheach</i> .....	148
<i>H-orin d'Àim h-ògu</i> .....	150
<i>O faigh a nall an t-searrag</i> .....	152
<i>Tha mi trom, duilich, tròm</i> .....	154
<i>'S daor a cheannaich mi'n t-iasgach</i> .....	158
<i>A Bhunarach dhon a chruidh</i> .....	160
<i>Gur mis' tha fo mhulad</i> .....	164
<i>M-illinn h-ò h-ì h-ò h-ù o h-ò</i> .....	166
<i>God a heid mi do m' leabuidh</i> .....	169
<i>Ma réitich an nighean donn</i> .....	172
<i>U eitirín àirín urra o h-o ro</i> .....	175
<i>'S cinneil m'aigne o na mhaduinn</i> .....	178
<i>Gar e naigheachd na ciadain</i> .....	180
<i>Geh! a mhuire mo dhunaidh</i> .....	183
<i>An Treas duan de Sgeilachd na Tròidhe</i> .....	187
<i>Prosaichadh Ghulgacais</i> .....	209
<i>Fyrrihus agus Fabritius</i> .....	214

## MEARACHDAN.

## Faobh. Sreath.

27	25	<i>arson</i>	shuibhlaich	<i>luoh</i>	shuibhlaich
42	29	—	chithibhdoirbh	—	chitribh doirbh
49	11	—	crann	—	ceann
55	33	—	Ghriann	—	Ghrian
61	3	—	thu thanch	—	thu th naack
69	29	—	siubhlack	—	siubhlach
113	31	—	riunna	—	rinn

# ORAIN GHAE'LACH.

## BEANNUCHA LUINGE,

*Maille ri prosmucha Fairge, a rinneadh do  
Sgioba Biorluinn le Tighearna Chlann Raon-  
uill, le ALASTOIR MAC DHOMHNUILL.*

**G**UM beannuiche Dia Long Chlann-Raon-  
A cheud là do chaidh air sàile, [uill,  
E fein, 's a thrèin-fhir ga caitheamh,  
Trein a chaidh thar mathas chàich:  
Gam beannaich an Co-dhia naomh,  
An iunrais anail nan speur,  
Gun sguabta garbhlach na mara,  
G'ar tarruing gu Cala rèidh.  
Athair a chruthaich an fhairge!  
'S gach gaoth a sheideas as gach àird,  
Beannuich ar caol-bharc 's ar gaisgich,  
'S cum i fein 's a gasrai slàn.  
A Mhic beannuich fein ar n-achdair  
Ar siùil, ar beirtein, 's ar stiùir,  
'S gach droinip tha crochta r'ar crann:  
'S thoir gu cala sinn le d' iùl.  
Beannuich ar rachdan, 's ar slat,  
Ar crainn 's ar taoduibh gu leir.

Ar stadh, 's ar tarruing cum falluin,  
 'S na leigsa 'nar caramh beud.  
 An Spiorad Naomh biodh air an stiùir,  
 Seoladh è 'n t-iul a bhios ceart ;  
 'S eol da gach long-phort fo'n ghrein,  
 Tilgeamaid sinn fèin fo bheachd.

*Beannucha nan Arm.*

GUM beannuiche Dia ar claidhean,  
 'S ar lannan spainteach, geur glas,  
 'S ar lùirichean troma màilleach,  
 Nach gearrte le faobhar tais ;  
 Ar lannan cruaghach, 's ar gòrsaid,  
 'S ar sgiathan an-dealbhadh dualach ;  
 Beannuich gach armachd gu-iomlan,  
 Th' air ar n-ìomchar 's ar crios-guala ;  
 Ar boghannan foinealach iubhair,  
 'Ghabhadh lugha ri uchd tuasaid ;  
 'S na saighde beithe nach spealgadh,  
 Ann am balgan a bhruic ghruamaich.  
 Beannuich ar biodag, 's ar daga ;  
 'S ar n-èile gast ann an cuachein,  
 'S gach trealaich cath agus còmhraig,  
 Tha 'm bàrc Mhic-Dhomhnuill san uair so.  
 Na biodh simplidheachd oirbh no taìse,  
 Gun dol air ghaisge le cruadal,  
 Fad 's a mhaireas ceithir bùird dith,  
 No bhios càraid shùth dhi fuaighte ;  
 'M fad 's a shnàmhas i fo'r casan,  
 Na dh'uireas cnag dhi an uachdar,  
 A dh' aindeoin aon fhuathas gam faic sibh,



Na meataicheadh gart a chuain sibh :  
 Ma ni sibh cothacha ceart,  
 'S nach mothaich an fhairge sibh dìbli,  
 Gun islich a h-àrdan 'sa beachd,  
 'S gar cothacha sgairteil gun striochd i.  
 Do chèile comhraig air tìr,  
 M' ar faic i thu cinntean tais,  
 'S dòch' i bhogacha 's an stri,  
 No chinntean idir ni's brais ;  
 'S amhuil sin ata mhuir mhor,  
 Coisinn i le colg 's le sùrd,  
 'S gun ùmhaich i dhuit fa-dheoi,  
 Mar a dh' òrduich Rìgh nan dùl.

*Prosnuchadh iumrai gu ionad seolai.*

GUN cuirt an Iubhrach dhubh-dhealbhach,  
 An àite seolai,  
 Sàthaibh a mach cleathan rìghne,  
 Liath-lom còmhnard ;  
 Ràmhan mìn-lunnacha dealbhach,  
 Socair eutrom,  
 A ni'n t-iumra toirteil calma,  
 Bos-luath, caoir-gheal ;  
 Chuireas an fhairge 'na sradaibh,  
 Suas 'na speuraibh,  
 'Na teine-siunnachain a' lasa,  
 Mar fhras èibhlean ;  
 Le buillean gailbheacha tarbhach,  
 Nan cleth troma,  
 A bheir ar bochd-thuinn thonn'aich,  
 Lot le'n cromadh,

Le sgeanzibh nan ramh geal tana,  
     Buala cholluin,  
 Air mullach nan gorm-chnochd, ghleannach,  
     Gharbhlach, thomach :  
 O ! sìnibh 'stàrnuibh, agus lùbaibh,  
     Ann sna bachdaibh !  
 Na gallain bhas-leathann, ghiùsaich  
     Le lùs ghlac-gheal.  
 Na fuirbinean troma, treuna,  
     A' luidhe suas orr,  
 Le'n gaoirdeanaibh dòideach, feitheach,  
     Gaoisneach, cnuachdach,  
 Thogas 's a' leagas le chèile,  
     Fo aon ghluasad,  
 A gaithean liath-reambar, rèithe,  
     Fo bhàrr stuaghan ;  
 Iurchuilich garbh 'an tùs clèithe,  
     'Geubhach suas orr ;  
 Iorram dhùisgeas an speurad,  
     Ann sna gnaillnibh ;  
 'Sparras a Bhìrlinn le sèitrich,  
     Roi gach fuar-ghleann ;  
 Sgolta na bòchd-thuinn a'beucaich,  
     Le saidh chruai-chruim,  
 Dhiumaineas beanntainin beustail,  
     Roi da ghualain.  
 Hùgan air cuan, nuallan gàirich,  
     Heig air chnagaibh,  
 Fathram le bras-ghaoir na bàirlinn,  
     Ris na maidibh ;  
 Raimh gam pianadh, 's bolgain fhola,  
     Air bois gach fuirbi ;  
 Na suinn laidir gharbha thoirteil,  
     'S cop gheal iumradh,

'Chreanaicheas gach bord ga daroch,  
 Bìgh a's iarunn ;  
 'S lannan gan tilgeil le staplainn,  
 Chnap ri sliasaid ;  
 Foirne fearail, a bheir tulga,  
 Dugharra, dàichail,  
 'Sparras a chaol-bhairc le giusaich,  
 'N aodan aibheis,  
 Nach pillear le frigh nan tonn dubh-ghorm,  
 Le lùths ghàirdein ;  
 Sud an sgioba neart'or, shùrdail,  
 Air chùl àlaich,  
 Phronnas na cuairteagan cùl-ghlas,  
 Le roinn ràmhachd,  
 Gun sgios gun airtneal gun lubadh,  
 Ri h-uchd gàbhaidn.



*'N sin an diaigh do na sea-fearuibh-deug,  
 suidh air na ràimh, chum a b-iumra, fo'n  
 ghaoith gu ionad seolai, do ghlaodh CALUM  
 GARBH, Mac Raonail nan Cuan, Iorram  
 orra, 's è air ràmb-braghad, agus 's i so i.*

'S a nis o rinneadh ur tagha,  
 'S gur coltach dhuibh bhi 'n ar raoghain,  
 Thugaibh tulga neo-chladharra dàicheil.  
 Thugaibh tulga, &c.

Thugaibh tulga neo-chearbach,  
 Gun airsneal gun dearmad,

Gu freasdal na gail-bheinne sàil-ghlais.  
Gu freasdal, &c.

Tulga danarra treun-ghlac,  
Aithris cnamhain a's feithean,  
Dh' fhàgas soilleir o cheuman an àlaich.  
Dh' fhagas, &c.

Sgoba fonn'ar gun èislein,  
Ri garbh phrosnach a chèile,  
Iorram gleust ann o bheul fir ramh bràghad.  
Iorram, &c.

Cogull ramh air na bacaibh,  
Leois, a's rusgadh air bhasaibh,  
'S raimh d'an sniomh ann an achlaisean ard-  
'S raimh, &c. [thonn.

Biodh ur gruaidhean air-lasadh,  
Biodh ur bois gun leob chraicinn,  
Fallas mala bras chrapa gu lar dhibh.  
Fallas, &c.

Sinibh, tàrnuibh, a's luthaibh,  
Na gallain liath-leothar ghiuthais,  
'S deanaibh uighe ro shruthaibh an t-sàile.  
'Sdeanaibh, &c.

Cliath ramh air gach taobh dhith,  
Masga fairge le saothair,  
Dol 'na still ann an aodan na bàirlinn.  
Dol, &c.

Iumra cò'-lath glan gleusta,  
Sgolta bòc huinn a' beucaich,

Obair shuntach gun eislein gun fhàrdul.  
Obair, &c.

Buailibh co-thromach trein i,  
Sealltuinn tric air a chèile,  
Dùisgibh spiorad 'nar feithibh 'snar gàird'-  
Dùisgibh, &c. [nibh,

Biodh a darach a' colluin,  
Ris na fiagh-ghleannaibh bronnach,  
S a da shliasuid a'pronna gach bàrlainn.  
'S a da, &c.

Biodh an fhairge ghlas thonnach,  
Ag at 'na garbh mhothar lonnach,  
'S na h-ard-uisgeachan bronnach sa ghàirich.  
'S na, &c.

A ghlas-fhairge sior chopadh,  
A steach mu da ghualain thoisich,  
Sruth ag osnaich a' sloistreadh a h-earr-linn.  
Sruth, &c.

Sìnibh, tàrnuibh, a's lùbaibh,  
Na gathain mhin lunnach chùl-dearg,  
Le iumaircidh smuis ar garbh ghàirdein,  
Le iumaircidh, &c.

Cuiribh fothaibh an rugh ud,  
Le fallas mhail'ean a'srutha,  
'Stogaibh seoil ri o Uist nan crà-ghiadh.  
'Stogaibh seoil, &c.

*Dh' iumair iad 'an sin gu ionad seolaidh.*

AN sin thàr iad an seoil shioda,  
 Gu fìor ghasta,  
 'Shaor iad na sea-raimh-dheug,  
 A' steach ro'm bacaibh,  
 Sgathadh grad iad sìos ra sliasuid,  
 Sheachna bhac-bhreid.  
 Dh' orduich Clann-Raonuill d' an-uaislibh,  
 Sàr sgipirean cuain bhi aca,  
 Nach gabhadh eagull roi fhuathas,  
 No gne thuairleadh a thachradh.



*Dh' orduicheadh an diaigh an tagha nab,  
 uile duine dhol 'an seilbh a gbram' àraidh fein-  
 'sna cho-lorg sin ghlaodhadh ri fear na stiùir  
 suidh air stiùir ann sna briathraibh so :*

SUITHEADH air stiùir trom laoch leathunn,  
 neart'ar fuasgailte,  
 Nach tilg bun no bàrr na sùmaid,  
 Fairge uaithe ;  
 Claireanach taiceil, lan spiunnaidh,  
 Plocach, màsach,  
 Min-bheumnach, faicleach,  
 Furachail, lan nàistin ;  
 Bunnsai cud'romach,  
 Garbh, sòcair, seolta, luth'or ;  
 Airmseach, faighidneach, gun ghriomhag,  
 Ri h-uchd tùilín ;



'Nuair a chi e 'n fhairge ghiobach,  
Teachd le bùirein,  
Chumas a ceann caol gu sgibidh,  
Ris na sùghaibh ;  
Chumas gu socrach a gabhail,  
Gun dad luasgain,  
Sgod as cluas ga rian le amharc,  
Suil air fuaradh ;  
Nach caill aon oirleach na h-ordaig,  
Ga cheart chùrsa;  
'Dh' aindeoin bàrr sùmadain mara,  
Teachd le sùrdaig :  
Theid air fuaradh leatha cho daingean,  
Mas a h-èigin,  
Nach bi lann, no reing 'na darach,  
Nach toir eubh asd ;  
Nach taisich a's nach teid 'na bhreislich,  
Dh' aindeoin fuathais,  
Ge do dh'atadh a mhuir cheann-ghlas  
Suas ga chluasaibh :  
Nach b'urrainn am fuiribi chreanacha,  
No ghluasad,  
O ionad a shuidh, 's è tearuinte,  
'S ailm 'na asguil,  
Gu freasdal na seana.mhara ceann-ghlais,  
'S gleann-ghaoir ascaoin,  
Nach critheanaich le fuara cluaise,  
An taod aoire,  
Leigeas leatha ruith a's gabhail,  
'S làn a h-aodaich :  
Cheanglas a gabhail cho daingean,  
'M barr gach tuinne,  
Falbh dìreach 'na still gu càlta,  
'N aird gach buinne.

*Dh' òrduicbeadb amach fear beairte.*

SUITHEADH toirt-laoch garbh dhòideach,  
 'An glaic beairte,  
 A bhios staideil lan do churam,  
 Graimpi glac-mhor;  
 Leigeas cudthrom air ceann' slaite,  
 Ri h-àm cruaighich,  
 Dh' fhaothaicheas air crann 's air acfuinn,  
 Bheir dhoibh fuasgladh:  
 Thuigeas a ghaoth mar a thig i,  
 Do reir seolaidh,  
 Fhreagras min le fearas beairte,  
 Beum an scòid-fhir;  
 'Sior chuideacha leis an acfuinn,  
 Mar fàilnich buill.bheairte  
 Reamhar ghaoiste.

---

*Chuireadb air leth fear Scòid.*

SUITHEADHfeas Scòid air an toutaidh  
 Gaoirdean laidir,  
 Nan righinin gaoisneach, feitheach,  
 Reamhar, cnàmhach;  
 Cràgan tiugha leathann clianach,  
 Meur gharbh chrochdach;  
 Mach a steach an scoid a leigeas,  
 Le neart sgrobaidh;  
 'An àm cruaighich a bheir thuig è,  
 Gaoth ma sheideas,  
 S nuair a ni an oiteag lagadh,  
 Leigeas beum leis.



*Dh' orduicheadh air leth fear chuais*

SUITHEADH fear craparra, taiceil,  
 Gasta, cuanta,  
 Laimhsicheas a chluas neo-lapach,  
 Air a fuaradh ;  
 Bheir imirich sìos sa suas i,  
 A chum gach urracaig,  
 A reir 's mar thig an soirbheas.  
 No barr urchaid ;  
 'S ma chi è 'n ionrais a'g èiridh,  
 Teachd le h-osnaich,  
 Lomadh è gu gramail treun-mhor  
 Sìos gu stoc i.

---

*Dh' orduicheadh do'n toiseach fear colais.*

EIREADH mar-nàlach na sheasamh,  
 Suas do'n toiseach,  
 'S deardh è dhuinn eolas seasmhach,  
 Caladh a choisneas ;  
 Sealladh è'n ceithir àirdean,  
 Cian an aigheir,  
 'S innseadh e do fhear na stiuradh,  
 'S math a gabhail.  
 Glacadh è comhara tìre,  
 Le sar-shùil-bheachd,  
 'n 'se sin is Dia gach sìdigh,  
 'S is reul iùil duinn.

*Chuireadh air leth fear calpa na tairne.*

SUIFHEADH air calpa na tairne,  
 Fear gu soistinn,  
 Snaomach fuasgailteach, sgairteil,  
 Foinni soilte ;  
 Duine cùramach gun ghriobhag,  
 Ealamh gruamach ;  
 A bheir uaip a's dhith mar dh' fheumas,  
 Gleusta luaineach :  
 Laitheas le spaoghanna troma,  
 Trein air tarraing ;  
 Air cudthrom a dhòid a' cromadh,  
 Dh' ionnsuidh daraich ;  
 Nach ceangail le sparraig mur urrac,  
 An taod frithir ;  
 Ach gabhail uime gu daingean seolta,  
 Le lùb-rithidh ;  
 Air eagal 'n uair sgairte ar t-ausadh,  
 I chuir stad air,  
 Los i ruith 'na still le crònan,  
 Far na cragaibh.

---

*Chuireadh air leth fear innse nan uisgeachd  
 's an fhaireg air cinntin tuille 's molar  
 agus thuirt an Stiùireamach ris.*

SUIFHEADH fear innse gach uisge,  
 Lamh ri m' chluais-sa,  
 'S cumadh è a shùil gu biorach,  
 'An cridh an fhuaraidh ;

Taghaibh an duine lèth eagallach,  
 Fiamhach sìcir,  
 'S cha mhath leam è bhi air fad,  
 'Na ghealtairè riochdail ;  
 Biodh e furachair 'n uair chi è,  
 Fuara froise,  
 Co dhiubh bhios an soirbheas,  
 Na deire no na toiseach ;  
 'S gun cuireadh è mis air m' fhaicill,  
 Suas d'am mhosgladh,  
 Ma ni è gnè chunnairt fhaicinn,  
 Nach bi tostach :  
 'S mu chi è coltas muir bhàite,  
 Teachd le nuallan,  
 A sgairteas cruaidh, ceann caol a fiodha,  
 Chumail luath ris ;  
 Biodh è ard-labhrach, cèillidh,  
 'Geubhach barr-linn ;  
 'S na ceileadh è air fear na stiuireach,  
 Ma chi gàbhadh :  
 'Na biodh fear innse nan uisge  
 Ann, ach e-san ;  
 Cuiridh giobhag, brit a's gusgal,  
 Neach 'na bhreislich.

---

*Db' orduicheadh a mach fear taomaidh, 'san  
 fhaireg a' bàrcadh air am muin rompa 's nan  
 deigh.*

FREASDLADH air leapa na taoma,  
 Laoch bhios fuasgailte,  
 Nach fannuich gu brath 's nach tiomaich,  
 Le gàir chuantaibh ;  
 Nach lapaich, 's nach meataich,  
 Fuachd, sàile, no clach-mheallain

Laomadh mu bhrollach 's mu mhuineal,  
     'Na fuar steallaibh :  
 Le crumpa mor cruinn tiugh fiodha,  
     'Na chiar dhòidibh,  
 Sior thilge mach na fairge,  
     A steach a dhoirteas :  
 Nach dirich a dhruim luth'or,  
     Le rag earlaid,  
 Gus nach fag è sile 'n grunnt,  
     Nan lar a h-earrluinn ;  
 'S gedo chinneadh a buird cho tolltach  
     Ris an ridil,  
 Chumas cho tioram gach cnag dhith,  
     Ri clàr buideil.



*Db' ordaicheadh dìthis gu dragha nam ball  
 chul-aodaich, 's coltas orra gun tugta na  
 siuil uatha le ro ghairbhead na sìde.*

CUIRIBH caraid laidir chnamh-reamhar,  
     Gairbneach, ghaoistneach,  
 Gum freasdaladh iad tearuint trein ceart i,  
     Buill chul-aodaich ;  
 Lesmuis a's le miad lùis,  
     An righin treuna,  
 'N am cruaghaich bheir orr a steach,  
     No leigeas beum leis,  
 Chumas gu sgibidh a stigh è,  
     'Na teis meadhon,  
 Dh' ordaichean Donnacha Mac-Charmaig,  
     A's Iain Mac-Iain,  
 Dithis starbhanach theoma, ladurna,  
     Do fhearaibh Chàna.

*Thagha seiseir gu fearas ùrlair, an earalas  
gum failnicheadh a h-aon do na thuir mi,  
no gun spionadh onfbadh na fairge mach  
thair bord iad, 's gun suidheadh fear dhiu  
so 'na ùite.*

**EIREADH** seiseir ealamh ghleusta,  
Lamhach bheotha,  
Shiubhlas, 'sa dh 'fhalbhas, 's a leumas,  
Feadh gach bord dith,  
Mar ghearr-fhiagh am mullach sleibhe,  
'S coin d'a còpadh ;  
'Streupas ri cruaign bhalluibh rèithe,  
Do'n chaol chorcaich,  
Cho grad ri feoragan cèitein,  
Ri crann ro-choill ;  
A bhios ullamh ealamh, treubhach,  
Falbhach eolach,  
Gu toirt dhith, 'sgu toirt an ausadh,  
'S clausail ordun,  
Chaitheas gun airtsneul gun èislein,  
Long mhic Dhomhnuill.



*Do bha nis na h-uile goireas a bhùineadh do 'n  
t-seoladh, air a chuir 'an deagh riaghbailt,  
agus a theann na h-uile laoch tàpaidh gun  
taise, gun fhiamb, gun sgàthachas chum a  
chcairt ionaid an d'orduicheadh dha dol ;  
agus thog iad na siuil ma èiridh na greine*

*la-fhill-bride, a'togail a mach o bhun Loch-  
aineirt, 'an Uist a chinn a' deas.*

GRIAN a faosgnaidh gu h-òr-bhui, as a mogul,  
Chinn an speur gu dùbhui dòite,  
Lan do oglui' eachd ;  
Dh' fhàs i tonn-ghorm, tiugh, tàr lachdunn,  
Othar iargalt ;  
Chinn gach dath bhiodh ann am breacan,  
Air an fhiarmailt.  
Fada cruaidh san aird an iar orr,  
Stoirm 'na coltas,  
'S neoil shiubhlach aig gaoth gan riasladh,  
Fuaradh frois orr.  
Thog iad na siuil bhreaca,  
Bhaidealachà dhiònach ;  
S shìn iad na calpannan raga,  
Teanna rìghne,  
Ri fiodhànan arda fada,  
Nan colg bi-dhearg ;  
Cheangladh iad gu gramail snaompach,  
Gu neo-chearbach,  
Roi shùilean nan cromag iarruinn,  
'S nan cruinn aibheag.  
Cheartuich iad gach ball de'n acfuinn,  
Ealamh doigheil ;  
'S shuidh gach fear gu freasdal rapaidh,  
'Bhuill bu choir dha ;  
'Nsin dh' fhosgail uinneagan an aidheir.  
Ballach liath ghorm,  
Gu seide na gaoithe greannaich,  
'S bannail iargalt ;  
Tharraing an cuan a bhraìt dù-ghlas,  
Air gu h-uile,  
Amhantul garbh caiteanach, ciar-dhubh,



Screiti buinne,  
 Dh'at è 'na bheannaibh 'sna ghleannaibh,  
 Molach, ròbach ;  
 Gun do bhòchd an fhairge cheigeach,  
 Suas na cnochdaibh ;  
 Dh' fhosgail a mhuir ghorm na craosaibh ,  
 Farsuing crachdach,  
 'An gloicibh a chèile ri taosgadh,  
 'S caonnag bhasmhor :  
 Gum b'fhear-ghniomh bhi 'g amharc 'an  
 Nam maom teinnti, [aodan,  
 Lasraichean stradanach sionnachain,  
 Air gach beinn diubh ;  
 Na beulanaich arda liath-cheann,  
 Ri searbh bhèiceil ;  
 Na culanaich 's an cladh dudaid,  
 Ri fuaim ghèimnich.  
 N'uair dh'eirigh' mid gu h-alloil,  
 Am barr nan tonn sin,  
 B' eigin an tausadh a bhearradh,  
 Gu grad phongail :  
 Nuair thuiteamaid le h-aon slugadh,  
 Sios 'sna gleanntaibh,  
 Bheirte gach seol a bhiodh aice,  
 'Am barr nan crann dith :  
 Na ceòsanaich arda chroma,  
 Teachd 's a bhàirich,  
 M'an tigeadh iad idir 'nar caramh,  
 Chluinte 'n gàirich ;  
 Iad a' sguaba nan tonn beaga,  
 Lom gan sgiursadh,  
 Chinneadh i 'na h-aon mhuir bhàs'oir,  
 'S càs a stiuradh ;  
 'Nuair a thuiteamaid fo bharr,  
 Nan ard-thonn giobach,

Gur beag nach dochaincadh a sàil,  
     An taigeal sligneach ;  
 An fhairge ga maistrìdh 'sga sluistreadh,  
     Roi a chèile,  
 Gun ròbh Ròin a's mialan mora,  
     'Am barrachd eigin ;  
 Onfadh a's tonnan na mara,  
     A's falbh na luinge,  
 A' sradadh an eanchainean geala,  
     Feadh gach tuinne ;  
 Iad ri nuallanaich ard-uamhannaich,  
     Searbh thùrsach ;  
 'G eubhach, gur h-ìochdrain sinne,  
     Dragh chum bùird sinn :  
 Gach min-iasg a bh'ann san fhairge,  
     Tarr-gheal, tiunntait ;  
 Le gluasad confach na gailbhein,  
     Marbh gun chunntas ;  
 Clachan a's maorach an aigeil,  
     Teachd an uachdar,  
 Air am buain a nuas le slachdraich,  
     A chuain uaibhrich ;  
 An fhairge uile 'si 'na brochan,  
     Strioplach, ruaimleach,  
 Le fuil 's le gaor nam biast lorcach,  
     'S droch dhath ruagh orr ;  
 Na bèistean adharcach iongach,  
     Pliutach lorcach ;  
 Lan cheann sian nam beoil gu'n gialaibh,  
     'S an craos fosgailte ;  
 An aibheis uile lan bhochdan,  
     Air cragràdh,  
 Le spogan 'sle iarbull mor bhiast,  
     Air magradh ;  
 Bu sgreumhail an ròbhain scriachach,



Bhi 'ga eisteachd,  
Thogadh iad air caogad mìle,  
Eat om cèille ;  
Chaill an sgibe càil an claiستهachd,  
Ri bhi 'g eisteachd,  
Ceileirean sgreiti nan deamhan,  
'Smòthar bheistean.  
Fadhghair na fairge 'sa slachdraich,  
Gleachd ri darach,  
Fosghair a toisich a sloistreadh,  
Mhuca-mara ;  
A' Ghaoth ag ùrachadh a fuaraidh  
As an ian-aird ;  
Bha sinn leis gach seorta buairidh,  
Air ar pianadh ;  
'S sinn dallta le catha fairge,  
'Sior dhol tharuinn,  
Tairneanach aibheasach re oi'chè  
'S teine dealain ;  
Peileirean bethrich a' losgadh,  
Ar cuid acfuinn ;  
Faile a's deathach na riofa,  
Gar glan tacadh :  
Na dùilean uachdrach a's iochdrach,  
Ruinn air togail :  
Ach 'n uair dh'artlaich air an fhairge,  
Toirt oirn strìòchda,  
Ghabh i truas le fàite gàire,  
Rinn i sìth ruinn ;  
Ge d'rinn, cha robh crann gur lubadh,  
Seol gun reubadh ;  
Slat gun sgaradh, rachd gun fhàilling,  
Ràmh gun èisleir ;  
Cha robh stagh ann gun stuadh leimneach,  
Beairt a ghaisidh ;

Tarung no cupladh gun bhriste,  
     Fise Faise.  
 Cha robh touta no beul-mor ann,  
     Nach tug aideach,  
 Bha h-uile crann-ghabhail agus goireas,  
     Air an lagadh.  
 Cha robh achlaisin no aisne'dhi,  
     Gun fhuasgladh,  
 A slat bheoil 'sa scuitchinn ascuil,  
     Air an tuairgneadh ;  
 Cha robh falmadair gun sgolta,  
     Stiuir gun chreuchadh ;  
 Cnead a's diosgan aig gach maide,  
     'Siad air deasgadh ;  
 Cha robh crann.tarrun gun tarruing,  
     Bord gun obadh ;  
 H-uile lann bha air am barradh,  
     Ghabh iad togail ;  
 Cha robh tarrung ann gun tràladh,  
     Cha robh calpa ann gun lubadh ;  
 Cha robh ball a bhuine dhise,  
     Nach robh ni's measa na thùradh.  
 Ghairm an fhairge siochaint ruinne,  
     Air cròis Chaol Ila,  
 'S gun d'fhuair agharbh ghaoth, shearbh-  
     Ordugh sinidh :                   [ghloireach,  
 Thog i uainn do ionadaibh uachdrach,  
     An adhair ;  
 'S chinn i dhuinn na clàr rèith mìn-gheal,  
     'N deigh a taghunn :  
 'S thug sinn buidheachas do'n ard-Rìgh  
     Chum na dùilean,  
 Deagh Chlann-Raonuill a bhi sàbhailt,  
     O bhàs bruideil ;  
 'San sin bheum sinn a siuil,

Thana, bhallach, do thùillin ;  
 'S leag sinn a crainn mhìn-dearg ghasta,  
 Air fad a h-ùrlair ;  
 'S chuir sinn a mach ràimh chaol bhasgant,  
 Dhaite mhìne,  
 Do'n ghiubhas a bhuain Mac-Bharais,  
 'An Eilean-fhìonain ;  
 'S rinn sinn an t-iumra rèith tulganach,  
 Gun dearmad ;  
 'S ghabh sinn deagh long-phort aig barraibh,  
 Charraig Fhearghais ;  
 Thilg sinn Achdraichean gu socair,  
 Ann san ròd sin ;  
 Ghabh sinn biadh a's deoch gun airceas,  
 'S rinn còmhnuidh.

---

*Miann a Bhàird aosda.*

O càiribh mi ri taobh nan allt,  
 A shiubhlas mall le ceumaibh ciùin ;  
 Fo sgàil a bharraich leag mo cheann,  
 'S bith thus a ghrian ro-chairdeil rium.

Gu socair sìn 's an fheur mo thaobh,  
 Air bruaich nan dìthean 's nan gaoth tla,  
 Mo chos ga slioba 's a bhraon mhaoth,  
 'S è lùba thairis caoin tre'n bhlàr.

Biodh sòbhrach bhàn is àilli snuadh,  
 M'an cuairt do m' thùlaich, 's uain fo dhrùchd  
 'S an neonain beag 's mo lamh air chluain,  
 'S an ealbhuigh mo chluas gu cur.

M'n cuairt do bhruachaibh ard mo ghlinn,  
 Biodh luba gheug a's orra blàth,  
 'S clann bheag 'n am preas a' tabhairt seinn,  
 Do chreagaibh aosd le òran graidh.

Briseadh tro chreag nan eithean dlu,  
 Am fuaran ùr le toraman trom,  
 'S freagrai mac-talla gach ciùil,  
 Ri srann-fhuaim srutha dlù nan tonn.

Freagrai gach cnoc agus gach sliabh,  
 Le binn-fhuaim gheur nan aighean mear;  
 'N sin cluinni mise mìle geum,  
 A' riuth m' an cuairt domh 'n iar 's an ear.

Sruthaidh air sgéimh na h-osaig mhin,  
 Glaoghan maoth nan crò mu'm chluais:  
 'N sin freagrai mheanbh spreidh, 'n uair  
 An gineil, 's iad a' riuth a nuas, [chluinn,

M' an cuairt biodh lu-chleas nan laogh,  
 Ri taobh nan sruth, no air an leirg;  
 'S am minnein beag do'n chò'rag sgìth,  
 A'm achlais a' cadal gun cheilg.

A cheum an t-sealgair ri mo chluais,  
 Le sranna gath, a 's choin feadh sleibh,  
 'N sin dearsaidh an òig air mo ghruaidh,  
 'N uair dh' eireas toirm air sèalg an fhèidh.

Duisgi 'n smior 'am chnaimh 'n uair chluinn,  
 Mì tailmrich dhos, a's chon, a's shreang,  
 'N uair ghlaodhar "*Thuit an Damb,*" tha mo  
 A' leum gu beo ri ard nam beann. [bhuinn,

'N sin chi mi, air leam, an gadhar,  
A leanadh mi an-moch a's moch ;  
'S na sleibh bu mhiannach leam taghall,  
'S na Creagan a fhreagra do'n dos

Chi mi 'n Uaimh a ghabh gu fial,  
'S gu tric ar ceumaibh roi'n oidhche ;  
Dhuisgeadh ar sunnt le blàs a crann ;  
'S an sòlas chuach bha mòr aoibhneas.

Bha ceo ar fheadh bhàrr an fhèigh,  
Ar deoch a Trèig, 's an tonn ar ceol ;  
Ged' sheinneadh Taisg, 's ged' rànadh slèibh,  
Sinnte 's an Uaimh b' u shèimh ar neoil.

Chi mi Beinn-ard is àilli fiamh,  
Ceann-feadhna air mìle beann ;  
Bha aisling nan Damh 'na ciabh,  
'S i leaba nan nial a ceann.

Chi mi Sgurr-eilt air bruach a ghlinn,  
An goir a chuach gu binn an tòs,  
A's gorm Mheall-èilt na mìle giubhas,  
Nan Luban, nan Earba 's nan Lon.

Bithidh tuinn òg a' snàmh le sunnt,  
Thair lingi 's mìne giubhas gu luath,  
Srath-giubhais uaine air a cheann,  
'S luba caorran dearg air bruaich.

Bithidh ealadh àluinn an uchd bhàin,  
A's namh le sprèich air bhàrr nan tonn,  
'N uair thogas i sgiath an àird,  
A measg nan nial, cha'n fhàs i trom.

'S tric i 'g astar th' air a chuan,  
 Gu aisri fhuar nan ioma ronn,  
 Ann snach togar breid ri crann,  
 'S nach do reub sron dharaich tonn.

Bi'dh thusa ri dosan nan tom,  
 Le cumha do ghaoil ann a' d' bheul,  
 Eala 'thriall o thìr nan tonn,  
 'S tu seinn domh ceoil 'an àird nan speur.

Co an tir o'n gluais a ghaoth,  
 Tha giulain glaoidh do bhroin o'n chraig?  
 Oig-fhìr a chaidh uainn a thriall,  
 'S a dh' fhàg mo chiabh glas gun taic;

Bheil deoir do ruisg O! thus, a rìmlinn,  
 Is mìne mais, 's a's gile lamh?  
 Sòlas gun chrìoch do'n ghruaigh mhaoth,  
 A chaoi nach gluais o'n leabai chaoil.

Eirich O! thus', le d' oran ciuin,  
 'S cuir naigheachd bochd do cheoil a' m'  
 Eisdibhsibh, Mhìc-thalla, gach ceoil, [bheul;  
 Ach an gath geal 'na muineal nach pill.

Tog do sgiath gu borb th'air chuan,  
 Glac do luathas o neart na gaoith,  
 'S aobhin ann am chluais an fhuaim,  
 O d' cridhe lot', an t-oràn gaoil.

Innsibh o thrèig mo shuil a ghaoth,  
 C' àit a bheil a chuilc a' gabhail tàmh,  
 Le glaothán broin, 's na Bric ra thaobh,  
 Le sgiath gun deo a' cumail blàir.



Tog mi, càiribh le 'r laimh threin,  
 'S cuir mo cheann fo'n bharrach ùr,  
 'N uair dh' eireas a ghrian gu h-àrd,  
 Biodh a sgiath uain os cionn mo shùl.

An sin thig thus, O aisling chiùin,  
 Ta 'g astar dlu 'measg reull na h-oidhche ;  
 Biodh gnìomh m' oi'che ann a d' cheol,  
 'S thoir aimseir mo mhuirn gu m' chuimhn.

O ! m' anam faic an Ribhinn òg,  
 Fo sgiath an daraich, rìgh nam Flath,  
 'S a lamh-shneachd measg a ciabhan òir,  
 'S a meall-shuil chiùin air òg a graidh.

Easan a' seinn ri taobh, 's i balbh,  
 Le cridhe leum, 's a' snamh 'na cheol,  
 An gaol o shuil gu suil a' falbh,  
 Cuir stad air féigh nan sleibhte mòr.

'Nis threig an fhuaim, 's a cliabh geal min,  
 Rì uchd 's ri cridhe a gaoil a' fàs ;  
 'Sa bilibh ùr mar ròs gun smal,  
 Mu bheul a gaoil gu dlu an sàs.

Sòlas gnn chrìoch do'n chomunn chaomh,  
 A dhuisc dhomh m' aoibhneas àit nach pill ;  
 A's beannachd do d' anams' a rùin,  
 A nighean chiuin nan cuach chiabh grinn.

'N do threig thu mi, Aisling nam buadh ?  
 Pill, fathast, aon cheum beag, pill ;  
 Cha chluinn thu mi, Ochoin, 's mi truagh,  
 A bheannaibh mo ghraidh, slan leibh.

Slan le comunn caomh na h-òige,  
 A's òigheanan boidheach, slan libh;  
 Cha leir dhomh sibh; dhuibhse ta sòlas,  
 Samhruidh; ach dhomhsa geamhradh a  
 chaoidh.

O cuir mo chluas ri fuaim Eas-mhoir,  
 Le chrònán a' tearnadh o'n chraig;  
 Biodh cruit agus slige ri m' thaobh,  
 S an sgiath a dhion mo shinnsir sa chath

Thig thu le cairdeas th' air a chuan,  
 Osag mhin a ghluais gu mall;  
 Tog mo cheo air sgiath do luathais,  
 'S imich grad gu eilean Fhlaitheas.

Far a bheil na Laoich a dh'fhalbh o shean,  
 'An codal trom, gun dol le ceol;  
 Fosgluibhse thalla Oissain, a's Dhaoil,  
 Thig an oi'che 's cha bhi 'm Bard air bhrath.

Ach O m' an tig i, seal m'an triall ma cheo,  
 Gu teach nam Bard, air ard-bheinn as nach  
 pill,  
 Thugaibh dhomh cruit 's mo shlig' a dh'  
 ionnsui 'n ròid,  
 An sin, mo chruit, 's mo shlige ghraidh,  
*Slan leibh.*



AN SAMHRADH. le E. M<sup>c</sup>L.

*Air fonn, " 'An àm dol sìos bhì deonach."*

Moch 's mi 'g èirigh 'madainn chèitein,  
 'S drùchd air feur nan lòintean ;  
 Bu shunntach èibhinn càil gach crèutair,  
 'Tighn le gleus am frògaibh,  
 Gu blàthas na grèine 'b' àgh'or èirigh,  
 Suas air sgeith nam mòr.bheann ;  
 'S è teachd o'n chuan gu dreach'or, buaghach,  
 Rioghail, uasal, òr-bhui.

Tha cùirtean ceutach cian nan speuran,  
 Liath-ghorm, reith mar chlàrai,  
 'S do sgaoil o chèile neol a sheideadh  
 Stoirm nan reub-ghaoth àrda ;  
 Gach dùil ag èigheach iochd a's rèite,  
 'N teachd a cheud mhios Mhàì oirnn ;  
 'S gum b' ùr neo-thruailli 'n trusgan uaine,  
 Air druim nan cluaintean fàsaich.

Bu chùirteil, prìseil, foirm gach eoin,  
 An cuantal òrd'ail, greann'ur,  
 Cuir sìos an sgeoil is blasta gloir,  
 Air bharr nan òg-mheur samhruidh,  
 Le 'n ribheid chiùil gu fonn'ar dlu,  
 Na puirt bu shuiblaich ranntachd ;  
 'S mac-tall a' freagairt fuaim am feadain,  
 Shuas 's na creugaibh gleanntach.

Bi 'n ioc-shlaint chleibh a fìor shruth sleibh,  
 O ghlac nam feur-choir' arda,

Le tururaich bhinn th'air bhalbhag mìn,  
 A shiubhlas sios ro 'n àilein,  
 Mar airgiod glas, 'na choilichibh cas,  
 Ri torrghan bras gun tàmh orr',  
 Cuir sùigh gun truaill 's gach flùran uaine,  
 'S dlù mu bhruach nam blàraibh.

B' èm' éibhneas riabh 'n uair dh'èirghe grian,  
 Le cheud ghath tiorrail blàth oirn,  
 Bhi ceum a sios gu beul nam mìn-shruth,  
 'S rè ghorm lith mar sgathan,  
 A' snamh air faibh gu samhach balbh,  
 'Gu cuantaibh gailbheinn sàil ghlais,  
 Tre lubaibh cam le straithibh ghleann  
 Tha tilge greann a Mhàirt diu.

Air uchd an fhior-uisg 's grinn a chitear.  
 Oibrean siaanta nàduir,  
 Du-neoil nan speur a' falbh o chèil,  
 Air chruach nan sleibhtean arda,  
 Gun saoil an t-sùil gur h-ann sa ghrund,  
 Tha dealbh gach ioghaidh àgh'air;  
 Am bua os-ceann nan luibh 's nan crann,  
 'S na bheil sa ghleann gan àrach.

Bi'dh bradan seang-mhear, druim-dhubh,  
 tarr-gheal'  
 'S cleoc nan meanbh-bhall ruagh air,  
 Beo, brisg, gun chearb air bhuias garbh,  
 O'n mhuir is gailbheach nuallan;  
 Gu-ibhteach, earr-ghobhlach, grad-mbeam-  
 Lenm air ghear-sgiath luatha, [nach,  
 Le cham-ghob ullamh cheapa chumleag,  
 'Bhios feadh shruth nan cuairteag.

Gum faicte loma barr gach tomain,  
 Caoraich throma, lióntai,  
 Gu ceigeach bronnach, garbh an tomalt,  
 Ruscach, ollach, mín-tiugh;  
 'S an uanaibh geala, luatha, glana,  
 Ri cluaineis mhear a' dian-ruith,  
 Le mèilich mhaoth m' an cuairt do'n raon,  
 A's pàirt san fhraoch gan grianadh.

'S na tràthaibh ceart thig dròbb nam mart,  
 'An ordugh steach do'n bhualidh,  
 Le 'n ùithibh làn, gu reamhar làirceach,  
 Druim-fhionn, crà-dhearg, guailleann;  
 'S gach gruagach àigh gu criodhail gàireach,  
 Craicneach, snàthach, cuachach;  
 Air lom an tothair, fonn air bleothann,  
 Steall bu bhothar fuaimrich.

Gur h-ionmhuinn gaoir sruth-gheimnich  
 Ri leimnich fhaoin fea 'n àilein, [laogh,  
 Gu seang-brisg, uallach, eutrom, guanach,  
 Pòr is uaisle stràiceis,  
 'S iad dù-ghlas, riadhach, cas-fhionn, stial-  
 Bailgeann, ciar-dhubh, barr-lom, [lach,  
 S an earbluibh sguabach togta suas,  
 A' duibh-ruith nuas gu màthair.

O Shàmhruidh gheugaich; ghrianaich cheut-  
 Dhuillich, fheuraich, chiuin-ghil! [aich,  
 O' t-anail fein thig neart a's speurad,  
 Do gach creutair diùidi,  
 Bha 'n sàs 'an slabhrui reot a gheamhrui,  
 Ann an àm na dùdlachd,  
 'S tha nis a' danns' feadh ghlac a's ghlèann,  
 M' ad theachd a nall as ùr oirn.

'S tu tarbbach reachd'or, biachar, pailt,  
 Le feart do fhrasan blàtha,  
 Athig nan ciubhraich mhaoth-bhuig dhriù-  
 A' dorta sùigh gun fhàillinn, [ehd,  
 'S ann leam is taitneach fiamh do bhrait,  
 O fhlàraibh dait a ghàrruidh  
 Cuir dealra boisgeil reul an daoimein,  
 'Mach gu druim nan àrd-bheann.

- Gach fluran mais is àilli dreach,  
 A' fàs 'an cleachdadh òrd'ail,  
 Gu rìomhach, taitneach, ciatach, snasmhor,  
 Ann sann reachd bu choir dhoibh ;  
 An t-seamrag uaine 's barr-ghéal gruag,  
 A's buidheann chuachach neoinein,  
 Lili ghucagach nan cluigein,  
 'S mìle lus nach eol domh.

Bi'dh sobhrach luaineach, gheal-bhui, chluas-  
 Ann am bruach nan alltaibh, [ach,  
 'Sa bhiolair uain air taobh nam fuaran,  
 Gibeach, cluaineach, cam-mheur ;  
 Thig ròs nam bad is boidhche dreach,  
 Na neoil na maidne samhruidh,  
 Gu ruiteach, dearg-ghéal, cearslach, dealbh-  
 Air roinn meanbh nan fann-shlat. [ach,

An gleann fo bharrach, rèisgeach, cannach,  
 Feurach, raineach, luachrach,  
 Gu min-bhog, mealach, brìgh'or, bainnear,  
 Cìb, a's cneamh m' an cuairt ann ;  
 Bidh lom a bhlàir is reachd'air fàs,  
 A' dol fo stráichd neo-thruailli,  
 'S an saoghal a 'gàirdeachas le faillt,  
 A thaobh gu'n d' fhag am fuachd sinn.

Gur ceann-ghorm loinneil dos gach doire,  
 Bhios sa choilli chròchdaich,  
 Gu sleabhach ard fo iomlan blath,  
 O bhun gu bharr 'an comhdach ;  
 An snothach sùgh'or thig o'n dùsluing  
 Ann sna fiùrain nòs'ar,  
 A' brùchda meas roimh shlios nan geug,  
 A's tìus nan speur ga'n coghnadh.

Gach maoth phreas ur gu duilleach cùmhraì,  
 Peurach, ùphlach, sògh'ar,  
 Trom thorrach, luisreagach, a' lùbadh,  
 Measach druchdach lodail ;  
 Le cud-throm ghagan dlu dhonn-dhearg,  
 A bhios air slait nan crochd-mheur,  
 'S co milis blas ri mil o'n sgeap,  
 Aig seillein breac a chrònain.

Bidh coisridh mhuirneach nan gob lùthor,  
 Ann sgach ùr-dhos uaigneach,  
 Air gheugaibh dlu nan duilleach ur-ghorm,  
 Chuireadh sunnt fo'n duanaig ;  
 Thig smeorach chuirteil, druid a's bru-dhearg,  
 Uiseag chiuin a's cuachag,  
 Le h-dran cianail, fann-bhog tiamhaidh,  
 'N glacaig dhiomhair uaine.

M' an innsin sìos gach ni bu mhiann leom,  
 Ann am briathraibh seolta,  
 Cha chuirinn crìoch le dealbh am bliadhn'  
 Air ceathramh trian do'n b' eol domh,  
 M' a ghloir nan speur, 's an t-saoghail gu leir,  
 A lion le h-eibhneas mor mi,  
 'N uair rìna mi èighridh maduinn cheitein,  
 'S dealt air feur nan lòintean.

AM FOGH 'AR. le E. M<sup>c</sup>L.

*Air fonn, "Nuair thig an Sambre geugach oirnn."*

GRAD èir'idh fonn a's fìor-ghleus oirbh,  
 Na biodh 'ur 'n inntinn smuaireanach;  
 Tha sgeul is ait leom innse dhuibh,  
 Cho binn o chian cha chuala sibh;  
 Tha 'm pòr bu taitneach cinntinn duinn,  
 Fo'n reachd is briogh'air buaghalachd;  
 'S gun d' theid an saoghal a riaruchadh,  
 O dhicheall gnìomh nan tuathanach.

Tha 'm fogh'ar a' nochda cairdeis duinn,  
 'Se bhuilich am pailteas gnàthaicht oirn  
 A mhaitheas gu fialuidh partichear,  
 Gun ghaiune, gun fhàillne truacantachd;  
 Gheibh duin 'agus brùid a shàthachadh  
 'O sheileir na dùsluing nàdurra;  
 Gun' sgaoilear na bùird gu fàilteachail  
 Ga 'r cuireadh gu lan ar tuarasdail.

Theid sgraing an acrais bhiasgaich dh' innu,  
 'S a ghorta chrìon gu'm fuadaichear,  
 Bu ghuineach, sgaiteach, bior'guineach,  
 Géur-ghoint' a ruinn'-ghob nuarranta;  
 'S e 'dheòghladh sùgh nan caolan uat,  
 'Chur neul an Aoig mu d' ghruaim-mha-  
 Gun d' theid an tarmusg dioghaltach [laidh];  
 A ghreasad nunn th' ar chuantan uainn.

Bidh coirce strath nan dù-ghleannaibh,  
 Fo'n dreach is cùirteil prìseileachd,



Trom thorach, diasach, cuinnleanach,  
 Ard, luirgneach, suighte, sonruichte;  
 'S am pannal ceolmhor, mùirneachail,  
 Gu sunntach, surdail ordamail,  
 Cho ghleusta shaoithreach, luath-lamhach,  
 'S am barr ga bhuain 'na dhorlaichibh.

Gach te gu dìleas deannadach,  
 Le corran cam-ghorm, geur-fhiaclach,  
 Ri farpuis stritheil dhiorrasaich,  
 Cuir fuinn a sìos fo dhuanagan;  
 Bidh oigri luth'ar mheaninneach,  
 A' ceangal bhann ma sguabannan,  
 Le 'n diolt an briodal mànranach,  
 A bheire gair air gruagaichean.

'S an iuchar chiatach, ghaoth'or, théid  
 Feur-saoidh na faich' a sgaioleadh leinn  
 A' ceana nan riaghan caola 'bhios  
 Air lom nan raointean uain-neulach;  
 Na ràchdain làidir liath-ghiubhais  
 A tionadadh rolag sniomhanach,  
 Gu 'n tiormachadh 's na grian-ghathaibh,  
 Cho chaoin 's is miann le tuathanach.

'N uair dh'fhosgla Phœbus seomraichean,  
 Na h-aird-an iar thoirt ordugh dhuinn;  
 'An dubhar an fheasgair toisichear,  
 Ri cruinneacha feor 'an cruachannan;  
 Bidh mulain is gairbhe dòmhladas,  
 Gu tomaltach, cuirrichdeach, mor-chean-  
 nach;  
 Grad fhighhear na siomain chorr umpa,  
 Gu sgiobailte, doigheil, suaicheanta.



Bidh iomairean cian fo stràchduibh ann,  
 Le doireachan gorm buntàt orra,  
 Gu gibneach, dosach, crachd-mheurach,  
 Bog-mhògach, lairceach, uain-neulach ;  
 Barr-guc is dearg-gheal fàs orra,  
 'Sa dhreach mar ròs nan gàrrainnean ;  
 Bidh paidirein phlumbas àillidh ann,  
 Air-mheangain 'nam barr nan cluaranaibh.

'Nuair thig an aimseir ghnathaicht oirn,  
 'Sa bhuainear as a làraich è,  
 Grad-nochdar fras bhuntàta dhuinn,  
 Ga chrathadh o'n bharr 'na dhorlaichean,  
 Ceud mìle dreach a's dealbh orra,  
 Gu faobach, geamhlach, garbh-phlucach,  
 Cruaidh mheallach, uibeach, ghailbheach iad,  
 A' tuiteam mar gharbbluich dhoirneagan.

'Siad cìochach, dearg-dhubh, breac-shuil-  
 Gu tana min-gheal, leacanach ; [each,  
 Gu plubach, cruinn-gheal cnapanach,  
 'Siad fad-chumpach na uaireannan ;  
 B'e 'n toradh bia'chor, fear'ach è,  
 Nach mall a liona chaiteagan,  
 'Nuair ghrèidhear ann sa phraisich è,  
 'Sè bhlas is taitneach buaigheannan.

'S glan fàile nan cnò gaganach,  
 Air ard-shlios nan crochd bad-dhuilleach ;  
 'Strom fàs'or am por bagailteach,  
 Air bharr nam fad-gheug sòlasach ;  
 Theid brìgh nam fiuran slat-mheurach,  
 'An cridhe nan ùr-chnap blasadach ;  
 Gur brisg-gheal sùgh a chagannaich,  
 Do neach a chagnas dorlach dhiu.

'S clann-bheag aghnà le'm pòchdanan,  
 A' streup ri h.ard nan dos-chrannaibh,  
 A bhuaibh nan cluaran mog-mheurach,  
 Gu luth'or, docair, luath-lamhach ;  
 'Nùair dh'aoisgear as na mogluibh iad,  
 'S a bhristear plaoisg nan cochall diu,  
 Gur caoin an maoth-bhlas fortanach,  
 Bhios air an fhrois neo-bhruaidleinich

'Sè mios nam buaidhean taitneach è,  
 Bheir pòr an t-sluaigh gu h-apachadh ;  
 O'm fògrar gruaim an acrais dinn,  
 O's maireann pailteis pòrsain duinn ;  
 Miòs bog nan ùbhlan breac-mheallach,  
 Gu peurach, plumbach, sgeachagach,  
 A' lùisreadh sìos le dearcagaibh,  
 Cir-mhealach, beachach, groiseideach.

Mios mòlach, robach, bracuirneach  
 'Sè catoil ròiceil, tachdarach,  
 Gu h-iolannach, cuirrichdeach, adagach,  
 Trom-dhiasach, bhreac-gheal, sguaba-  
 Mios miagh nam fuarag stapagach, [nach :  
 Buntàtach, feolar, sgadanach,  
 Gu h-imeach, càiseach, ceapaireach,  
 Le bheirteas pailt gu truacantachd.

Gu saothreach, stritheil, lamhachair,  
 An òigri dhileas, thàbhachdach,  
 Ri taobh nan linngean sàile 'm biodh,  
 An sgadan a snamh 's a bhoinneireachd  
 Snàth-moineis garbh an snàthadan,  
 A' fuaigheal lìon ri 'm bràigheachan,  
 Gu sreangach, bollach, àrcanach,  
 Bheir bas do'n nàisein chleoc-lannach.

'Nuair dh'aomas oidhche chlar-ghlas oirn,  
 'S a dhubhas an iarmailt cheo-neulach,  
 Gur h-ullamh, ealamh, iasgaidh, dol  
 Air ghleus an iarmaid shonruichte ;  
 Grad bhrùcaidh iad 'nan ciaduibh, as  
 Gach taobh 'n uair dhiolar òrdugh dhoibh,  
 Air bhàrcaibh eutrom luath-rambach,  
 A'sguabadh a chuain ghorm-ghreannaich.

Gur dàicheil, surdail, cruadalach,  
 Fir ùr nan cruaidh lamh conspoideach,  
 A' stri co fuiribi 's luaithe bhios  
 Air thùs an t-sluaigh 's a chonnsucha ;  
 A cholluinn nan tonn buaireasach,  
 Le neart nan cuaille beo ghiubhais ;  
 Mar dhrùid nan speur cho luath dhuit iad,  
 Thair stuagh is uaimhreach crònanaich.

Air tàrla dhuibh san ionad, 's am  
 Bi'n t-iasg ri mire ghorraich, theid  
 Na lìn a chur ga h-iongantach  
 Air uchd a ghrinnail bhòchd-thonnaich ;  
 'Nuair thogar ann sa mhaduinn iad  
 Gu trom-lan, breac le lodalachd,  
 Gur sunntach, siubhlach dhathigh iad,  
 Le'n tachdar beairteach, sòlasach.

Gu h-aigeantach, eutrom, inntinneach,  
 Fir aighearach, ghleust, air linngéannan,  
 Le saighdean geur nan tri-mheuraibh,  
 Air ghallanaibh dìreach eruaidh shleagh-  
 A' sireadh an èisg le duibh-liasaibh, [ach ;  
 Theid seachad na leum air fìor-uisge ;  
 Na mordhachan reubach, diobhalach,  
 Gan tarruing gu tìr air bhruachannaibh.

'San oidhche chiùraidh fhiathail, gum  
 Bi sùrd air leis gam pleòiteachadh,  
 Gum pacar ann sna h-urraisgean iad  
 Speailt thioram ùr gu h-ordamail :  
 Bidh dearg a's cruaidh gan giulan ann,  
 Chuir smuid a suas gu beo-losgadh,  
 A ruidh nam bradan fad-bhronnach,  
 Feadh bhuinne cas nam mor-shruithean.

'Sam bradan eutrom, aineasach,  
 Brisg, grad-chlis, meamnach, luasganach,  
 'Na eidigh liath-ghlais, dhearg-bhallaich,  
 Dluth lannach, mean-bhreac, cluaineis-  
 each ;  
 Gur gob-cham, sliosmhor, tarr-gheal è,  
 Le stiuir bu shiabach earr-ghobhlach,  
 Ri lu-chleas bras air ghearr-sgiathaibh,  
 'An toirmrich gharbh nan cuairteagan.

Gun d'fhuair sibh dàn a nise uam,  
 Mar thug mi fios a' tòiseacha,  
 Mu bhuaidh nam miosaibh biotailteach,  
 Tha trom le gibhtean sòlasach,  
 Gu bheil da rann th'ar fhichead ann  
 'S o's mist è tuille ròpaireachd,  
 Gun cuir mi crìoch gu tiomail air,  
 M' am fàg mi sgìth le bòilich sibh.



AN GEAMHRADH. le E. M<sup>c</sup>L.

*Air fonn, 'Si so 'n aimsir a dhearbhar, &c.*

Tha Phoebus sna speuraibh  
 Ag éiridh na thriall,

Roi reultaichean Geur-sbaighead \*,  
 Bheumnaich nan sian ;  
 Ur-éifeachd a cheud ghath  
 Gu ceiteineach grinn,  
 A ni feum do gach creutair  
 O éireadh d'an dion.

Tha na tlà ghathan blàth ud  
 A b' fhàbharrach dhuinn  
 Gar fàgail aig nàmhuid  
 Na dh' fhàsas a h-ùir ;  
 O na thriall e roi chrìochaibh  
 Na Riaghailt † a nunn  
 Gu sign *Adharc Gaibhrè*  
 Bu duibh-reotach iùil.

Tha aoidhealachd nàduir  
 A b' fhàiltiche tuar,  
 Fad an t-saoghail air caochladh  
 Sa h-aogasg fu ghruaim :  
 Tha giùig air na dùilean  
 Le funntainn an fhuachd,  
 Fo dhù-liunn trom-thùrsach-  
 Ri ciucharan truagh.

Tha 'm Fogh'ar reachd'or fialuidh  
 Bu bhiadh abuich fàs,  
 Le cruachannaibh cnuachd-mheallach,  
 Sguab-thorach làn,  
 Air treigsinn a shnuaidh,  
 O'n a dh'fhuaireich gach càil,

\* Sagittarius and Capricorn, two constellations on the Zodiac or Ecliptic.

† Riaghailt, the Equinoctial line.

Roi'n mhìos chruaidh-ghuineach, ghruam-  
'S neo-thruacanta bàigh. [ach

Le stròiceadh na dòilichinn  
Thoirleum gu làr,  
Gorm chomhdach nam mòr-chrann  
Bu chròchd-cheannach barr,  
Ni fuigh-bheatha sùghor  
Nan ùr-fhaillein àrd,  
Roi fhéithibh nan geugan  
Grad thearnadh gum freumh.

Na h-eòineinean boidheach  
Is òrdamail pong,  
Le'n dlùth-fheadain shunntach  
O'n siubhlaiche fonn;  
Gum fògrar o'n cheol iad  
Gu clo chodal trom;  
'S ni iad comhnuidh 's gach còs  
Ann am frògaibh nan toll.

Thig leir-sgrios air treudaibh  
Nam feur-lui bhean gorm;  
Di-mhilltear gach dìthean  
Bu mhin-ghibeach dealbh:  
Fior aognaichidh aogasg  
Nan aonach 's nan learg,  
Le spìonadh nan siannaibh  
Dian-ghuineach, garg.

An ciar sheillein srian-bhuidhe  
'S cianaile strann,  
Bha dichìollach gniomhach,  
Feadh chìoch nan lùs fann,



Guu còmhnuch e'n stòr-thigh  
 Nan seomraichean cam ;  
 'S gu leoir aige bheo-shlaint  
 Air lòn-mhil nach gann.

Theid a mheanbh-chuileag shamhruidh  
 Le teanntachd gu bàs,  
 Ge b' éibhneach a leumnaich  
 'An ceud-mhìos a mhàigh :  
 Gach lùb shruth bu bhùrn-ghlan  
 A shiubhladh roi'n bhlàr,  
 Fo chruaidh-ghlais de'n fhuar-dheidh  
 Is nuarranta càil.

Bi'dh sàr-obair nàduir  
 Le fàillinn fo bhròn,  
 Feadh chàthar, a's àrd-bheann,  
 A's fhàsach nan lon :  
 Cha dearbhar, cluith mheammach  
 Nan garbh-bhradan mòr,  
 'S ni iad tamh-chodal sàmhach  
 Fo sgàil bhadaibh gorm.

Theid Æolus, rìgh fiadhaich  
 Nan sianntuinnean doirbh,  
 Gu fuar-thalla gruaim-ghreannach,  
 Tuath-fhrasan searbh ;  
 Grad-fhuasglar leis cruaidh-ghlas  
 Nan uaimh-bhéisdean garg,  
 Clach luath-mheallain, 's cuairt-ghaoth  
 Bu bhuaireanta colg.

Thig teann-chogadh Geamhruidh  
 Le h-aimhleas a nìos,



Ann an dorchadus stoirmibh  
 Air charbad nan nial ;  
 A duibh fhroiseadh shaighdean  
 Troi'n àidhbheis gu dian,  
 Geur, ruinu-bhiorach, puiseannta,  
 Chlaidheas gach ni.

Bi'dh armachd nan uabhas  
 Mu'n cuairt da gach laimh,  
 Ri beuchdaich a reubas  
 Na speuran gu h-àrd :  
 Ion-stròicear a chrochd-choille  
 Mhòr as a freumh,  
 Le spùtadh garbh-sgiùrsaidh  
 Na dùdlachd gun tlàths.

Gum bòchd a mhuir cheann-ghlas  
 Is gaill-bheinneach greann ;  
 Gur gorm-robach, diorbh-chorrach  
 Borbadh nan tonn ;  
 Gu h-àrdanch, càirgheal,  
 A' bàrcadh nan deann ;  
 Agus gàirich a bhàis bi'dh  
 Air bhàirlinn gach glinn !

Gum brùchd an fhras chiùrraidh  
 D'ar n-ionnsuidh a nuas,  
 A's bàthar gach àilein  
 Fo làn nan sruth luath,  
 A thaosgas san taomruich  
 Nam maom-thuiltibh ruadh ;  
 'Smarcachd-sìne na dìleann  
 G'ar mìobhadh le fuachd.

Thig clocha-meallain garbha  
 Le stairearaich mu'r ceann,  
 Gar spuachdadh mar chruaidh-fhrois  
 De luaidhe nan Gall ;  
 Gaoth bhuaireis ga sguabadh  
 O chruachaiùh nam beann ;  
 Luchd coiseachd gan léireadh  
 Le h-éireadh nach gann.

Thig ceo tiugh nan neoil oirn  
 O mhòr mheall nan cruach,  
 Le smùidrich an dù-reothaidh  
 Dhiughaltaich, fhuair ;  
 Ga leir dhuinn lag-éiridh  
 Na gréine ri h-uair,  
 Grad-fhalchaidh i carbad  
 Geal dealrach sa chuan.

Le dall-chur na failbhe  
 Gum folchar gach meall ;  
 Sneachd cléiteagach gle-thiugh  
 Nan speur os ar ceann ;  
 Gu h-àrd domhainn barr-gheal  
 Air fàsaich nan gleann ;  
 Bi'dh nàdur fo'n stràchd ud  
 Gu fàillinneach, fann.

Thig iom-chathadh feanntaidh  
 Fo shrannaich nan stoirm,  
 A ghluais as an luath-shneachd  
 Na fhuar-chithibhdoirbh ;  
 Bi'dh an smùid ud ad' sgiùrsadh  
 Le dù chuthach searbh ;  
 'Sa léireadh nan slèisnean  
 Mar gheur-shalann garg.

Bi'dh gach sùil agus aodunn  
 Ag aognachadh fiamh;  
 Agus ceòraich an reòt  
 Air na feòsagaibh liath :  
 Bi'dh spùtadh na funntainn  
 Is drùightiche sian,  
 A' tolladh roi d' ghrùdhan  
 Gu ciùrr-bheumnach, dian.

Mios reub-bhiorach, éircanda,  
 Chreuchdas gach dùil ;  
 Mios buairesach, buailteach,  
 'S neo-thruacant' a ghnùis ;  
 Mios nuarranta, buagharra,  
 'S tuath-ghaothach spùt,  
 Bhios gu h-earr-ghlaiseach, feargach,  
 Le stairearaich nach ciùin.

Mios burrughlasách, falmarra,  
 Gharbh-fhrasa fuar ;  
 Tha gliob-shleamhuin, dìleanta,  
 Grim-reotach, cruaidh,  
 Ged robh luirgnean gan ròsladh  
 Ri deagh theine guail,  
 Bi'dh na sàiltean gan cràdhladh  
 Gu bàs leis an fhuachd.

Mios colgarra, borb-chur,  
 Nan stoirmibh nan deann,  
 Gu funntainneach, puinnseunta,  
 'S diughaltach srann :  
 A' beuchdaich 's na speuraibh  
 Le leir-sgrios gu call :  
 Bior-dheilgneach, le gairisinn,  
 Bu mheill-chritheach greann.

Cha'n àireamh na thainig  
 De bhàrdaibh san fheoil,  
 Gach ànradh thug teanntachd  
 A gheamhruidh g'ar còir :  
 Ach, mum fairghear mo sheanchas  
 Gun dealbh air ach sgleo,  
 Gur tìom dhomh bhì crìochnachadh  
 Briathran mo sgeoil.

---

### AN T-EARRACH. LE E. M<sup>c</sup>L.

*Air fonn, "Thainig oirn do dh' Albuinn  
 crois," &c.*

THAINIG Earrach oirn m' an cuairt,  
 Theid am fuachd fo fhuadach cian,  
 Theid air imrich th' ar a chuan  
 Geamhradh buaireasach nan sian :  
 Ràithe sneachdach, reotach, cruaidh,  
 A dh' atas colg nan luath-ghaath dian  
 Sligneach, deilgneach, feanntai, fuar,  
 A lom, 'sa dh' aognuich snuadh gach ni.

Nis o'n thill a ghrian a nall  
 Tréigidh sìd a's ànradh garg ;  
 Islichear strannraich nan speur,  
 S ceanglar srian am beul gach stoirm ;  
 Sguiridh na builg shéididh chruaidh  
 San à'bheis aird, a b' uaibhrich fearg :  
 Eubhar sìothchaimh ris gach dùil,  
 S tiunndaidh iad gu mùghadh foirm.

Iompaichear an uair gu blàths,  
 Le frasaibh o'n aird-an-iar,  
 Leaghaidh sneachd na shruthaibh luath  
 O ghuailibh nan gruaim bheann ciar.  
 Fosglaidh tobraichean a ghruinnid,  
 A bhrùchdas nan spùtaibh dian ;  
 'S deith gu sgealbach, ceilleachdach, dlùth,  
 Le gleadhraich ghairbh ga sgùradh sìos.

Sgapaiddh dall-cheo tiugh nan nial  
 As a céile 'n-iar 's an ear,  
 Na mheallaibh giobach, ceigeach, liath,  
 Druim-robach, ogluidh, ciar-dhubh, glas,  
 A' snamh san fhailbhe mhoir gun cheann,  
 A nunn 'sa nall, mar luing fo-beairt ;  
 'S iathaidh iad nan rùsgaibh bàn  
 Mu spiodaibh pìceach àrd nam bacadh.

Nochdai Phœbus duinn a gnùis,  
 A' dealradh o thùr nan speur,  
 Le soillse caoimhneil, baoisgeil blàth,  
 Gu tluismhor, bàigheil ris gach creubh :  
 Na sgrios a ghailleann chiurraidh fhuar,  
 Mosglaidh iad a nuas o'n eug ;  
 Ath-nuadhaichear a bhliadhn' as ùr,  
 Gach dùil gu mùirneach ; surd air feum.

Sgeudaichear na lòin 'sna blàir,  
 Fo chomhdùch àluinn lusaibh meanbh ;  
 Sgaoilidh iad a màch ri gréin  
 An duilleach fein fo mhìle dealbh :  
 Gu giobach, caisreagach, fo'm blàth,  
 Le'n dathaibh àillidh, faan-gheal, dearg ;  
 Bileach, mealach, inaoth-bhog, ùr,  
 Luirgneach, sùghmhor, driùchdach, gorm.

Gur h-ionmhuinn an sealladh foanmhor  
 A chèitear air lom gach leachduinn;  
 'S cùbhrail leam na fion na Frainge  
 Fàile thom, a's bheann, a's ghlachdag;  
 Milseineach, biolaireach, sòbhrach,  
 Eagach cuach nan neoinein maiseach,  
 Siomragach, failleineach, brigh'or,  
 Luachrach, dìtheanach, gun ghaiseadh.

Thig mùilleinean de shluagh an fheoir  
 Beo fo thlus na 'm fann-ghath tlà,  
 Le 'n sgiathaibh sìoda, ball-bhreac òir,  
 'S iad daithte 'm boi'chead mìos a Mhaigh:  
 An tuairneagaibh geal nam fùr,  
 Dùisgidh iad le h-ìochd a bhlàis,  
 'S measgnaichidh an rìghle dlù  
 'Sa chéitein chiùin nach lot an càil!

Dìridh snothach suas o'n fhriamhaich  
 Roi cham-chuislibh shnìomhain bhada-  
 chrann,  
 Gu maoth-bhlasda, mealach, cùbhraidh,  
 Sior-chuir sùigh 'sna fiùran shlatach;  
 Bi'dh an còmhdach gorm a' brùchdadh  
 Roi shlios ùr nan dlù-phreas dosrach,  
 Duilleach, labach, uasal, sgiamhach,  
 Dreach nam meur is rìomhach coltas.

Bi'dh eoin bheaga bhinn a chàthair,  
 A' cruinneachadh shràbh gu neadan;  
 Togaidh iad 'sna geugaibh uaigneach  
 Aitribh chuaiртеgach ri faice;  
 Luidhidh gu clùth'or nan tamh  
 A blàiteachadh nan cruinn ubh breachda,



Gus am bris an t-slige làn,  
'S an d-thig an t-àlach òg a mach dhoibh.

Thig eibhneas na bliadhn an tùs,  
Mu'n crìochnaich an t-ùr-mhìos Màirt ;  
Bheir an spréidh an toradh trom  
Le fosgladh am bronn gu làr :  
Brùchdaidh minn, a's laogh, a's uain,  
Nam mìltibh m'an cuairt do'n bhàr ;  
'S breachd-gheal dreach nan raon 's nan  
stùchd,  
Fo chòisridh mheanbh nan lùth-chleas bàth !

Bidh gabhair nan adhaircean cràchdach,  
Stangach, cam, an aird nan sgealb-chreag ;  
Rob-bhrat iom-dhathach m'an cuairt doibh,  
Caitein ciar-dhubh, gruamach, gorm-ghlas ;  
'Sna minneinean laghach, greannar,  
Le meigeadaich fhann g'an leanmhuinn :  
'S mireanach a chleasachd ghuanach  
Bhios air pòr beag luath nan gearr-mheinn.

Caoirich cheig-rùsgach fo chòmhdach ;  
Sgaoilt air reithlein lòintean driuchdach ;  
'S uaineinean cho geal ri cainchein  
Air chluaintibh nan learg ri sùgradh.  
An crodh mòr gu liontai, làirceach,  
Ag ionaltradh fhàsach ùr-ghorm ;  
An dream lith-dhonn, chais'ionn, bhan-  
bhreachd,  
Ghuailleann, chrà-dhearg, mhàgach, dhùmh-  
ail.

'S inntinneach an ceol ri m' chluais  
Fann-gheum laogh m'an cuairt do'n chrò,



Ri coi'-ruidh timchioll nan raon,  
 Grad-bhrisg, seang-mhear, eatrom, beo;  
 Stairirich aig an luirgne luath,  
 Sios m'an bhruaich gu guanach òg;  
 'S teach 'sa mach a buailidh lain,  
 'S bras an leum ri bàirich bho !

'N aimsir ghnàthaichte na bliadhna,  
 Sgapar siol gu biadh san fhearann,  
 Ga thilge na fhresaibh diona,  
 'S na h-ìomairibh fiara, cama:  
 Sgalag, a's eich laidir ghnìomhach  
 Rì straihlich nan cliath gan tarruing;  
 S tiodhlaicear fo'n dùsluing mhìn  
 An gràinnein lìontai 's brìgh'or tòradh.

Sgoiltear am Buntàta cnuachdach  
 Na sgràilleagaibh cluasach, bachlach;  
 Theid an inneir phronn na lodaibh  
 Sochdach, trom, air chòmhnard achaidh;  
 Le treun ghearrain chùbach, chàrnach,  
 Chliabhach, spidreach, bhràideach, shrath-  
 rach:  
 Sùrd air teachd-an-tir nan Gaidheal,  
 Dh' fheuch an tàrar e fo'n talamh.

'N uair a thogas Phœbus àigh  
 Mach gu h-àird nan nial a ceann,  
 O sheomar dealràch a chuain  
 Ag òradh air chruach nam beann;  
 Brùchdaidh as gach cearnn an tuath,  
 'Stigh cha'n fhuirich luath no mall,  
 Inntrigidh air gnìomh nam buadh,  
 " Buntàta 's inneir ! suas an crann ! "

Theid an inneal-draibh an òrdugh,  
 Sean eich laidir mhor a' tarring  
 Nan ionnstramaid ghleadhrach, ròpach,  
 Beairt san lionmhor cord a's amull,  
 Ailbheagan nan cromag fiara,  
 Sochdach, coltrach, giadhach, langrach ;  
 Glige-ghlaige crainn a's iaruin,  
 Sùrd air gnìomh o'm biadhch'or toradh !

Hush ! an t-ùraiche 's am bàn-each,  
 Fear air crann, 's air crann, 'sa chorraig,  
 Buntàta, 's inneir theith na clìabhaibh  
 Ga taomadh san fhiar-chlais chorrnich,  
 Aig bannal clis lùthmhor gleusda,  
 Cridheil eutrom, brisg gun smalan ;  
 'S gillean òg a' diol na h-àbhachd,  
 Briathrach, gàireach, càirdeil, fearail.

'N uair dh' fholachar san ùir am pòr,  
 Thig feartan gar coir o'n àird,  
 A sgirtean liath-ghlas nan nial,  
 Frasaìdh e gu ciatach blàth,  
 Silteach, sàmhach, lionmhor, ciùin,  
 Trom na bhrùchdaibh, ciùbhrach, tlàth ;  
 'S miorbhuilleach a bhraonach dhlùth,  
 Iarbhach maoth-mhin, driuchdach, seamh !

'S lionmhor suaicheantas an Earràich,  
 Nach comas domh luaidh le fil'eachd ;  
 Ràidhe 's tric a chaochail earraidh,  
 'S ioma car o thùs gu dheireadh ;  
 Ràidhe'n d'thig am faoilteach feannaidh,  
 Fuar chloch-mheallain, stoirm nam peileir,  
 Feadag, sguabag, gruaim a Ghearrain,  
 Crainnti Chailleach is beurra frìodhan.

'N uair spùtas gaoth lom a Mhàirt oirn,  
 Ni 'n t-sìd ud an t-àl a chrannadh,  
 Mìos cabhagach, oibreach, saoitreach,  
 Nam feasgar slaod-chianail, reangach :  
 Ocras a' diogladh nam maodul,  
 Blianach, caol-ghlas, aognai, greannach ;  
 Deòghlar trian do t' fhior-liunn-tàth uait ;  
 'S mar ghad sniomhain tairngear fad thu.

Ràidhe san d'thig tùs annlainn,  
 Liteach, càbhrach, làdhan lapach, [pach,  
 Druin-fhionn, cean-fhionn, bruchdach, rias-  
 Robach, dreamsglach, riadhach, rapach ;  
 Càl a's feoil, a's cruinn-bhuntàta,  
 'S aran corca laidir, reachdmhor :  
 Bog no cruaidh, ma chanar biadh ris,  
 Se nach diult an ciad ni 's faigse.

'N uair thig òg-mhìos chèitein ciùin oirn,  
 Bidh a bhliadhn an tùs a maise ;  
 'S flathail, caoimhneil, soillse grèine,  
 Mìos geal ceutach, speur-ghorm, feartach,  
 Flùrach, ciùrach, bliochdach, maoineach,  
 Uanach, caorach, laoghach, martach,  
 Grudhach, uachdrach' càiseach, sùghmhor,  
 Mealach, cùbhraidh, drùchdach, dosrach.

Nis theid Earrach-uainn air chuairt,  
 'S thig an samhradh ruaig a nall ;  
 'S gorm-bhog duilleach gheug air choill ;  
 Eunlaith seinn air bharr nan crann ;  
 Driùchdan air feur gach glinn,  
 'S lan-thoil-inntinn sgiamh nam beann ;  
 Theid mi ceum roi 'n lòn a nunn,  
 'S tàirneam crìoch air fonn mo rann.

ORAN an t-Sambrui. Air fonn. Through  
the wood Laddie. le A. MACDHOMHNUILL.

'AN dèis dhomh dùsga 's a mhaduinn,  
'S an dealt air a choill,  
Ann am maduinn ro-sholleir,  
Ann an lagan beag doilleir,  
Gun cualas am feadan,  
Gu leadurra sèinn;  
'S mac-talla nan creugan,  
D'a fhreagra bròn binn.

Bi'dh am beithe deagh-bholtrach,  
Urail dosrach nan càrn,  
Ri mao-bhlàs drìuchd cèitein,  
Mar-ri caoin dhearsa gréine  
Bruchdai barraich trè gheugaibh,  
'S a mhìos cheutach sa Mhàigh;  
Am mìos breac-laoghach, buailteach,  
Bhainneach, bhuaghach, gu dàir.

Bithidh gach doire dlù uaigni,  
'S trusgan uain ump 'a' fàs;  
Bithidh an snomhach a' dìreadh,  
As gach friomhaich is isle,  
Tre na cùislinean sniomhain,  
Ga mheudacha blà;  
Cuach is smeòrach 's an fheasgar  
Seinn leadan 'n am bàrr.

A mìos breac-uigheach, braonach,  
Creumhach, mao-rosach, àighe;  
Chuireas sgeudach neo-thruailli,  
Air gach àite d'a dhuaichnead;

A dh'fhògras sneachd le chuid fuachda,  
 O gheur-ghruaim nam beann àrd ;  
 'S aig meud eagail roi *Phæbus*,  
 A theid 'sna speuraibh 'na smàl.

A mìos lusanach, mealach,  
 Feurach, failleanach blà ;  
 'S è gu gucagach, duilleach,  
 Luachrach, dìtheanach, lurach,  
 Beachach, seilleineach, dearcach,  
 Cùbhrai, dealtach, tròm, tlà ;  
 'S i mar chuirneinin daimein,  
 A Bhratach bhaoisgeil air làr.

'S moch bhios *Phæbus* ag òradh,  
 Ceap nam mor-chruach, 's nam beann ;  
 'S bithidh san nair sin le sòlas,  
 Gach eun binn-fhoclach, boidheach,  
 Ceuma mear-bhuillean ceòlar,  
 Feadh phreas, ògan, a's chrann ;  
 A choruil chuirteach gun sgreadan,  
 Aig pòr is beadurraich greann.

'S an àm tighinn do'n fheasgar,  
 Co'-fhreagra'n aon àm,  
 Ni iad co-sheirm, shèimh, fhallain,  
 Gu bileach, binn-ghobach, alloil,  
 A' seinn gu lù-chleasach, daingean,  
 A' measg ùr-mheangean nan càrn,  
 'S iad fein a beiceil gu foirmeil,  
 Le toirm nan organ gun mheang.

Bi'dh gach creutair ga laigid,  
 Dol le suigeart do'n choill ;  
 Bi'dh an dreathain gu balcant,  
 Foirmeil, talcorra bagont,

Sìor chuir fàilt air a mhaduinn,  
 Le rifeid mhaisich, bhuig, bhinn,  
 Agus ròbin da bhèusadh,  
 Air a ghèig'as a chinn.

Gur glan gaill-fheadain rìcheard,  
 A' sèinn nan cuislinnin grinn,  
 Am bàrr nam bilichean blàthor,  
 'S an dosna lom-dharag àrda,  
 Bhiodh 's na glacagaibh fàsaich,  
 Is cùbhràil fàile nam fìon;  
 Le d' phuirt thriolonta shiulbhlach,  
 A phronnar lùthor le dìon.

Sud na puirt is glan gearradh,  
 'S is ro-ealanta roinn,  
 Chuireadh m' inntinn gu beadra,  
 Clia-la t-fheadain m'an cadra,  
 'N am do'n chrodh bhi gan leigeadh,  
 An innis bheitir sa choill;  
 'S tu d' leig air baideal ri cion'ar,  
 'An grianan aon-chosach croinn.

Bi'dh bradan seang'ar an fhìor-uisg,  
 Gu brisg slinn-leumnach luath,  
 Nam buidhneibh tàr-ghealach lannach,  
 Gu h-iteach dearg-bhallach éarrach,  
 Le shoillsin airgid d'a earradh,  
 'S mion-bhreac lannaireach tuar,  
 'S è fein gu crom-ghobach ullamh,  
 Ceapa chuileag le cluain.

A bhealtuin bhog, bhailceach, ghrianach,  
 Lònach, lianach m'a ghràn,



Bhainneach, fhion-mheagach, uachdrach,  
 Othanach, loinideach, chuachach,  
 Ghruthach, shlamanach, mhiosrach,  
 Mhiodrach, mhiosganach, làn,  
 Uanach, mheannach, mhaoineach,  
 Bhocach, mhaoisleach, làn àil.

O ! 's fìor èibhinn r'a chluinntinn,  
 Fann-gheum laoigh ann sa chrò ;  
 Gu h-ùrail, mion-bhallach, àluinn,  
 Druim-fhionn, gearr-fhionnach, fàili,  
 Ceann-fhionn, colg-rosdach, cluas-dearg,  
 Tarr-gheal, guaineiseach, òg,  
 Gu mogach, bog-ladhrach, fàs'or,  
 'S è leum ri bàirich nam bò !

A shobhrach gheal-bhui nam bruachag,  
 Gur fann-gheal snuagh'or do ghnùis !  
 Chinneas badanach, cluasach,  
 Mao'-mhìn, bagonta, luaineach,  
 Gur tu ròs is fearr cruadal,  
 A ni gluasad a h-ùir ;  
 Bi'dh tu t-èididh as t-earrach,  
 'S càch ri folach an sùl.

'S cùbhra' fàile do mhuineil  
 A chrios-cho'-chu'-luinn nan carn !  
 Na d' chruinn bhabuidean rìobhach,  
 Lòineach, fhad-luirgoeach, sgiamhach,  
 Na d' thum ghiobagach, dhreach-mhìn,  
 Bhàr-shui, chas-ùlach, àrd ;  
 Timchioll thulmanas dìomhair,  
 M' am bi 'm biadh-ionan a' fàs.



'S gum bi froinisean boisgeil,  
 A thilgeas foineal n' as leoir,  
 Air gach lù-ghort do neonain,  
 'S do bharraibh shaimirean lòthar ;  
 Mar sin is leasaichean solleir,  
 De dh' fheada-coille nan còs,  
 Timchioll bhoganan loinneil,  
 Is tric an Eilid d'an còir.

Nis trèigi 'n coileach a ghucag,  
 'S caitein brucach nan craobh ;  
 'S theid gu mullach nan sliabh-chnochd,  
 Le chirc-ghèarr-ghobaich riabhaich ;  
 'S bith'd a' suireadh gu cùirteil,  
 'Am pillibh cùl-ghorma fraoich,  
 'S ise freagra le tùchan,  
 (Pihuhù tha thu faoin.)

A choilich chraobhaich nan gear-sgiath,  
 'S nam falluinne dui,  
 Tha dubh is geal air a mheasga,  
 Gu ro-oirdheirc a d' itich ;  
 Muineal lainnearach, sgipi,  
 Uaine slios-mhin, 's tric cròm ;  
 Gob nam pòncanan milis,  
 Nach faict a' sile nan rònn.

Sud an turaraich ghlan, loinneil,  
 Is àirde coilleag air tòrn,  
 'S iad ri bururus seamh ceutach,  
 Ann am feasgar bog ceutain,  
 Am bannal geal-sgiortach, uchd-ruadh,  
 Mala ruiteach, chaol, chrom ;  
 'S iad gu uchd-àrdach, earr-ghéal,  
 Ghriann dhearr-sgni, dhruim-dhonn

## ONAN AN t-SAMHRUIDH

le D. Mac-an-t-saoir.

NUAIR thig an Samhra' geugach oirn,  
 Theid sian nan speur o'n ghruamaiche,  
 Thig tlus is blàs is aoibhneas. Theid  
 Gach mi g'a reir am buadhalachd,  
 Thig feart le neart na greine oirn,  
 Ni'n saoghal gu leir a chuartachadh ;  
 Thig teas o slios 'nuair dh'éir'eas i  
 Ni feum 's cha treigear uainne e.

Bi'dh pòr ann an tìr ghràiseirean,  
 Chur sil ann san tim ghnàthaicht ;  
 A'toirt bridh as an ùir nádurra ;  
 O'n bhlàr g'a bhàrr a ghluaiseas e.  
 Gu reachdmhor, breac, neo fhailleanach,  
 Trom chuinionach garbh ghràineanach,  
 Gu diasach, riathach, càilleanach,  
 Gu biadhchar, làn 'nuair bhuainear e.

'Sglan fàileadh nan geug liòmhora,  
 Mu ghàrradh nan sèud lion'ara,  
 Am biodh àileagain gle riamhacha  
 Le blàs a' sior-chuir snuadh orra.  
 Gu h-ùbhlach, peurach, fiogusach,  
 Glan, brioghmhor, diomhair, guaimiseach  
 Gach sràid is 'àillidh grìneachan,  
 Mar phèalas Rìghr'an cuartachadh.

'Sro-ghreannar gach gleann fìor-mhonaidh,  
 Cur riomhaigh ghrinn an uachdar air ;

Gach lus le bhàr cho-'mhior'ailteach,  
 A' fàs fuidh mhìle suaicheantas ;  
 Gu duilleach, lurach, dìtheanach,  
 Glan, riombach, lionmhor, cuaicheanach,  
 Gu ropach, dosach, mìsleanach,  
 Gu millteachail, mìn-uainealach.

Bidh fonn air gach neach nàdurra,  
 Bhi sealltuin gach nì gnàthaichte ;  
 Am blàr lom a' cur dreach fàsaich air,  
 Gach là 'cur stràchd neo-thruaillidh air,  
 Gu molach torach, càtuineach,  
 Gu craobhach, cràsgach, cruasachdach,  
 Gu h-ùrar, dù-ghorm, àileanta,  
 Le frasa blàtha bruaidleanach.

Bi'dh gach fri gu liontach, feurach ; 's theid  
 Na fèidh 'nan èididh shuaicheanta,  
 Gu h-uallach, binneach, ceumannach,  
 Grad-leumanach, biof-chluaiseanach,  
 Gu cròeach, caprach, céir-ghealach,  
 Gu mangach, eangach, eildeagach,  
 'Gan grianadh sa mhios chéiteanach,  
 Air slios an t-sléibh man-cuartaich iad.

Bi'dh laogh ri taobh gach aighe-dhiubh,  
 'Nan luidhe mar is còir dhoibh ; bi'dh  
 Gach damh is manng cho aithearach,  
 'Nuair thig Fìll-leathan-ròid orra ;  
 Bu tuille lòn is saoghail,  
 Do gach neach a ghabhadh gaol orra,  
 Bhi tric ag amharc caol orra,  
 Is ag éisdeachd gaoid an crònanaich.

Bi'dh maoisleach a chinn ghuaanaich,  
 A cur dreach is snuadh is tuar orra,  
 'Si tilgeadh cuilg a' gheamhraidh,  
 A chuir gurt a's greann a's fuachd orra.  
 O'n thainig blathas an t-Samhraidh oirn,  
 Cuiridh ise manntal ruadh orra,  
 'Stha inntin ghrinn g'a reir aice,  
 Gu fallain, feitheach, fuasgailteach.

Bi'dh am minnein ùrar meanbh-bhallach,  
 Gros tioram air a ghnùis bu sgeinmeile;  
 Gu mireineach, lùthar, anmadail,  
 Re slinnein na h-earb' an guailleachan  
 Bu chlis feadh pris mu anmoch iad,  
 Gu tric fo iochd nam mean'-chuileag,  
 Gu sgrideil, gibeach, gearr-mhasach,  
 An sliochd gan ainm na ruaghagan.

Bi'dh gach creutair failinneach,  
 A bha greis ann càs na fuaralachd,  
 A togail ann cinn gu h'àbhachdach,  
 O'n a thainig blàths le buaidh orra,  
 Na h-coin sa phonn am b'abhaist doibh  
 Gu ceolmhar, fonnar, failteachail;  
 Feadh phreas a's thom ri gàirdeachas,  
 Gun chàs a dh'fhàgadh truailidh iad.

'Sneo thruailidh am por lionmhor ud,  
 'Sgur spéiseil grinn a ghluaiseas iad,  
 Le'm beus a 'seinn mar fhèileirean,  
 Gur h-aoibhinn binn re m'chluasaibh iad,  
 'S glan luinneagach, fìor inntineach,  
 A' chànmhain chinn thig uatha san:  
 'S iad gobach, sgiathach, cireineach,  
 Gu h-iteach, dionach, cluaineiseach,

Bi'dh an coileach le thorman tùchanach,  
 Air chnocana gorm a dùrdanaich,  
 Puirt fhileanta, cheolmhor, shiubhlacha,  
 Le ribheid a' dlú-chur seoil orra,  
 Gob crom nam ponca lùthora,  
 'Sa chneas le dreach air a dhùblacha'  
 Gu slios dubh, girt-gheal, úr bhallach,  
 'Sdá chirc a sùgradh boidheach ris.

Thig a chuag sa' mhios chéitein oirn,  
 'Sbi'dh 'n uiseag, na séuchdan comhladh  
 'San dreathan a gleusadh sheannsoirean, [ris  
 Air a ghéig a s àird'a mhòthuicheas e.  
 Bi'dh choill gu leir 'sna gleanntaichibh,  
 Air chrathadh le h-aoibhneas canntair-  
 Aig fuaim a chuanail cheannsalaich [eachd,  
 Feadh phreas, a's chrann, a's òganan.

Na doireachan coill, bu diomhaire,  
 'Sna croinn mun iadh na smeoraichean,  
 Theid gach craobh an ciatoichead,  
 Bi'dh coachladh fiamh a's neoil orra ;  
 Gu meanganach, dìreach, sniomhanach,  
 Theid cridhe nam friamh ann sóghair-  
 Le trusgan úr g'a mhiadachadh, [eachd  
 Bar-guc air mhiaraibh nòsara.

Bi'dh am beatha gu cuisleach, fiùranach,  
 'Gu failleanach, slatach, úr-fhasach ;  
 Thig snothach, fuidh 'n chairt a's drùiseal-  
 achd,  
 Bi'dh duilleach is rùsg mar choimdach air ;  
 Le bruthainn theid brìgh na dùslaing ann,  
 Am barrach dlúth nan óganan,  
 Gu pluireineach, caoin, mao'-bhlada,  
 Mo roghainn de shnaoisean sròine e.

'Sa bhiolaire luidneach, shliom-chluasach,  
 Ghlas, chruinn-cheannach, chaoin, ghorm-  
 neulach,  
 Is i fas glan, uchd-ard, gilmeineach,  
 Fuidh barr-geal, iomlan, sonraicht ;  
 Air ghlaic, bu taitneach cearmanta,  
 Le seamragaibh 's le neoineanaibh,  
 'Sgach lus a dh' fhaodainn ainmeachadh,  
 Cuir anbharr dreach boidhchead air.

Gur badanach, caoineil, míleanta,  
 Cruinn, mopach, mín-chruthach, mongoin-  
 each,  
 Fraoch groganach, dúbh-dhonn grís dearg  
 Barr cluigeanach, sinteach, gorm-bhil-  
 Gu dosach, gasach, uain-neulach, [each ;  
 Gu cluthor, cluaineach, tolmagach ;  
 'Sa mhil na fúdar gruaige dha,  
 'Ga chumail suas an spòrsalachd.

'Si gruag an deataich riomhaich i,  
 'Smór a brìgh 's is lionmhor buaidh orra ;  
 Ceir-bheach nan sgeap a cinntinn orr ;  
 Seillein breac feadh tuim 'ga chnuasachd  
 sud,  
 Gu cianail, tiomhadh, srann aige,  
 Air bharr nam meas a' dranndanach,  
 Bhiodh miann bhan og a's bhan-tighearnan  
 'Na fhárdaich ghreannar, ghuamaisich.

Is é gu striteach, riathach, ciar-cheannach,  
 Breac, buidh, stiallach, srian-bhallach,



Gobach, dubhanach, riasgach, iargalta,  
 Ri gnìomh gu dian mar thuathanch ;  
 Gu sùrdail, grunn-dail, dianadach,  
 Neo-dhiomhanach'na uaireinean,  
 'Se 'faile lusan fiadhaiche  
 Bhios aige bhiadh' sa thuarasdal.

Gach tain is àirde chruinnicheas,  
 Do'n àirigh uile ghluaiseas iad ;  
 Thig blioc is dàir gun uireasbhuidh,  
 Craobh árd air cuman gruagaiche ;  
 Na h-aighean is óige làidire,  
 Nach d' fhiosraich tra' nam buaraichean,  
 Bi'dh luinneag aig rìghbhìn chùl duinn,  
 doibh  
 'Gam brìodal ciuin le duanagaibh,

'S fìor ionmhuin mu thra' nòine,  
 Na laoigh oga chòir na buaile sin,  
 Gu tarra-gheal, ball-hhreac, bòtainneach,  
 Sgiathach, druim-fhionn, sròin-fhionn,  
 guailinneach  
 Is iad gu lìth-dhonn, ciar-dhubh, cáraideach,  
 Buidh, grìs-fhionn, crà-dhearg, suaich-  
 ionta,  
 Seang, sliosara dìreach, sàr-chumpach,  
 Mìn, sliogta, barr an suanaiche.

Bi'dh foirm is colg air creutairean,  
 Gu stoirmeil, gleust 'g ath-nuadhachadh ;  
 Le forgan torchuirte feodalach,  
 An treud 'san spreidh, 'sam buachaille ;  
 An gleann, barrach, bileach, réidhleanach,  
 Creamh, raineach, reisg is luachaireach,

'Se caoin, cannach, min-chruthach ceutach,  
Fireach, sleibhteach, feurach, fuaranach.

Bi'db mionntain, camomhil 's sòghraichean,  
Geur bhileach, lònach, luasganach,  
Cathain thalamhonta's carbhin chròc-chean-  
nach,

Gharg, amlach, romach, chluas-bhiorach,  
Suthan làir, a's fàile ghròiseidean  
Lan liligh's rósa cuaicheanach,  
Is clann-bheug a trusa' leòlaichean,  
Buain chòrr ann còs nam bruachagan.

Bi'dh'm blár fo strachd le úraireachd,  
Oidhch' iuchair bhrùinneach, cheo-banach  
Gach sràbh sa barr air lúbadh orra,  
Le cud-throm an drùchd's le lòdalachd,  
'Na phaideirean lionmhor, curnaineach  
Gu brioghmhor, súghmhor, sòlasach ;  
Cuiridh ghrian gu dian 'na smúidibh è  
Le fiamb agnùis san òg-mhaduinn.

'Nuair a dhearsas a gnùis bhaoisgeil,  
Gu fial, fathail, fiamb, geal, caoineil oirn,  
Thig maitheas a's gnìomh le saibhireachd,  
Chuir loinn air an Roinn-eorpa so ;  
Le aoibhneas gréine soillseachadh,  
Air an speur gu reith a spaoileas i,  
Chuir an céill gach feum a rinn i dhuinn,  
G'a fhoillseachdh 's ga mhòideachadh.

ORAN a Gbeamhruidh ; Air fonn, Tweed-side.  
Le ALASTOIR MACDHOMHNUILL.

THARRUING grian, rìgh nam planad 's nan  
Gu sign chancer diciadoin gu beachd, [reull,  
A riaghlas cothrom m'an crìochnaich e thriall  
Da-mhios-deug na bliadhna ma seach :  
Ach gur h-e 'n dara di-sàthairn na dhéigh,  
A ghrian-stad-shamhruidh, aon-deug, an là 's  
'S an sin tiunndaidhe chùrsa gu sèimh, [faid ;  
Gu seas-ghrian a gheamhruidh gun stad.

'S o dh'imich e nis uainn m'an cuairt,  
Gum bi fuachd oirn m' am pill e air ais ;  
Bi'dh gach là dol an giorrad gu feum,  
'S gach oidhche ga réir dol am fad :  
Sruthaidh luibhean, a's coill, agus feur,  
'Na fais-bheotha crìon-éugaidh iad as ;  
Teichidh 'n snothach gu freumhach nan  
crann,  
Sùighidh 'n glaodhan an sùgh-bheatha steach.

Seachdaidh geugan glan cùbhraidh nan crann,  
Bha 's an t-samhradh trom-stràchdta le meas ;  
Gun tòrr-leum an toradh gu lar,  
'S gum sgriosar am bar bharr gach lios :  
Guilidh feadain, a's creachain nam beann,  
Sruthain christáil nan gleann le trom  
sprochd,  
Caoi nam fuaran ri meacuinn gun cluinn,  
Deoch shunnta nam maòisleach 's nam boc.

Luidhidh bron air an talamh gu leir,  
Gun aognaich na sleibhitean 's na cnoichd ;

Grad dhubhaidh caoin-uachdar nam blar,  
Fàl-rùisgte, 's iad fàillinneach bochd.

Na h-eoin bhuchallach, bhreac'-iteach,  
ghrinn,

Sheinneadh basganta, binn am barr dhos ;

Gun d-theid a ghlas-ghuib air am beul,

Gun bhodha, gun teud, 's iad nan tosd.

Sguiridh bùirdisich sgiathach nan speur,

D'an ceileiribh grianach car greis ;

Cha seinn iad sa mhaduinn gu h-àrd,

No feasgairean-cràbhach sa phreas :

Codal clùthor gun dean anns gach còs,

Gabhail fasgaidh am frògaibh nan creag ;

'Siad ag iontrainn nan gathannan blàth

Bhiodh ri dealradh o sgàile do theas.

Cuirear daltachan srian-bhuidh nan ròs

Bharr mìn chioch nan òr-dhìthean beag ;

'S ionann gucagach lili nan lòn,

Nam flùran, 's gheal neoinein nan eug ;

Cha deòghlar le beachaibh nam bruach,

Cròdhaidh fuarrachd car cuairt iad nan sgeap ;

'S cha mhò chruinnicheas seillein a mhàl,

'S thar gheal-ùr-ròschranngàraidh cha streap.

Tearnaidh bradan, a's sgadan, 's gach iasg,

O t-iarguinn gu fìor-ghrunnd nan loch ;

'S gum fan anns an aigean dubh-dhonn,

Ann an doimhneachd nam fonn a's nan  
slochd,

Na bric tharra-ghealach, ear-ghoblach shli-

Leumadh mearrdha ri usgraichibh chop, [om,

Nan cairtealaibh geamhruidh gun tamh,

Meirbh, samhach, o thamh thu fo'n ghlob.

Chas a's ghreannaich gach tulaich, 's gach  
 tom,  
 'S dòite lom chinn gach fireach, 's gach glac ;  
 Gun d'-òdh'raich na sìtheanan feoir,  
 Bu luiseineach feoirneanach brate  
 Thiormaich menai'nean, 's ruadhaich gach  
 fonn,  
 Bheuchd an fhairge 's ro thonn-ghreannach  
 gart ;  
 'S gun sgreitich an dùdlachd gach long,  
 'S theid an càhlach nan long-phort a steach.

Neulaich pàircean a's miodair gu bàs,  
 Thuit gach fàsach, 's gach àite fo bhruid ;  
 Chiaraich monadh nan iosal 's nan àrd,  
 Theirig dathanan gràs'or gach luig :  
 Dh' fhalbh am fàile bha taitneach, 's am fonn,  
 Dh' fhalbh am maise bhàr lombair gach  
 buig ;  
 Chaidh an eunlaidh gu caoithearan truagh,  
 Uiseag, smeorach, a's cuach, agus druid.

A fhraoich bhadanaich, ghaganaich, ùir,  
 D' am b' ola 's d' am b' fhùdar a mhil ;  
 B' i bhlàth-ghrian do thàbhachd 's gach uair,  
 Gu giullachd do ghruaige le sgil :  
 'S a mhaduinn iuchair 'n uair bhaoisgeadh  
 a gnùis  
 Air bhuidhinnin driùchdach nan dril,  
 B' fhior chùbhraidh, 's gum b' éibhinn an  
 smùid,  
 So dh' éireadh bhàr chùirnein gach bil.

Gun do theirig sùgh talmhuinn nam bruach,

Dh' fhalbh an ènuasachd le'n trom-lùbadh  
slait ;

Thuit an t-ubhall, an t-siris, 'sa pheur,

Chuireadh bodha air a ghéig anns a bhad.

Dh' fhalbh am bainne o'n eallach air chùl,

Ma 'm bi leanaba ri ciùcharan bochd,

'S gum pill a ghrian gu sign Thaurus nam  
buadh,

'S treun a bhuaidhaicheas fuachd agus gort.

Theid a ghrian air a turus m'an cuairt,

Do thròpic Chapricorn ghruamaich gun  
stad,

O'n tig geal-shìon chruinn mheallanach luath,

Bheir air mullach nan cuairteagan sad ;

Thig tein'-athair, thig toirinn na dhéigh,

Thig gaillean, thig éireadh nach lag,

'S cinnidh uisge na ghlaineachaibh cruaidh,

'S na ghlas-leugaibh, mìn, fuar-licneach rag.

Am mios nuarranda, garbh-fhrasach, dorch,  
Shneachdach, cholgorra, stoirm-shionach  
bith,

Dh'isleach, dhall-churach, chathach, fhliuch,  
chruaidh,

Bhiorach, bhuagharra, 's luath-ghaothach  
cith,

Dheitheach, liath-reotach, ghlib-shleamhuin  
ghairbh,

Chuireas sgiopairean fairge nan ruith,

Fhliuichnich, fhùntuinneach, ghuineach gun  
tlàs,

Cuiridh t-anail gach càileachd air chrith.

Am mios cratanach, casadach, lom,

A bhios trom air an t-sonn-brochan dubh ;



Churraiceach, chasagach, lachdunn a's dhonn,  
Brisneach, stocainneach, chom-chochlach,  
thiugh ;

Bhrògach, mhiotagach, pheiteagach bhàn,  
Imeach, aranach, chàiseach gun ghruth ;  
Le'm miann bruthaiste, mart-fheoil, a's càl,  
'S ma bhios blàth na dean tàir air gnè stuth.

Am mios bratagach, toiteineach sògh,  
Ghionach, stròghail, fhior gheocail gu muic,  
Liteach, làganach, chabaisteach chorr,  
Phoiteach, ròmasach, ròiceil gu sult.  
'S an taobh a mùigh ged a thugh sinn ar còm,  
Air an àile gheur-tholltach gun tlùs ;  
'S faodar dram òl mar linnige cléibh,  
A ghrad fhadas tein'-eibhinn san uchd.

Bi'dh greann dubh air cuid mhor de'n Roinn-  
eorp

O lagaich sgiamh òrdha do theas ;  
Do sholus bu shòlas ro mhòr,  
Ar fradharc 's ar lochrann geal deas ;  
Ach an uair a thig e gu geimnidh a rìs,  
'S a lannair 's gach rioghachd gun cuir,  
'S buidhe soillsein nan còireiu 's nan meall,  
'S riochdail fiamh nan òr-mheall air a mhuir.

Theid gach salmadoir ball-mhaiseach ùr  
An crannaig chùbhrail chraobh-dhlù-dhuillich  
chais,

Le'n ceol fein a seinn *hymns* 's a' toirt cliu,  
Chionn a phlanaids' a chùrsadh air ais.  
Gum bi còisir air leth anns gach géig,  
An dasgaibh éibhinn air réidh-shlios nan slat ;

A' toirt lag iobairt le'n ceileir d'an triath,  
Air chaol chorraibh an sgiath anns gach  
glaichd.

Cha bhi creutair fo chupan nan speur  
'N sin nach tìunnairi speurad, 's ri 'n dreach;  
'S gun toir Phœbus le buadhaibh a bhlàis  
Anam-fàs doibh a's càileachdain ceart;  
'S ni iad ais-éirigh choitchionn o'n uaigh,  
Far 'n do mheataich am fuachd iad a steach;  
'S deir iad guileag *dora-b idola-b-ann,*  
*Db' fbalbh an geambradh, 's tha'n sàmbradh*  
*air teachd.*



ORAN, *Allt-an-t-siucair. le A. MAC DHOMH-  
NUILL. Tune of, "The Lass of Patie's  
Mill."*

A' dol th'air Ault-an-t-siucair,  
Am maduinn chùbhraì Chèit;  
Is paideirean geal dlu chneap,  
Do'n drùchd ghorm air an fheur;  
Bha *Richard's Robin*-bru-dhearg,  
Ri seinn, 's fear dhiùt 'na bheus;  
'S goic mhoit air cumhaig chùl-ghuirm,  
'S *gug-gùg* aic air a ghèig.

Bha smeorach 'cur na smuid dhi,  
Air bacan cùil lea fein;  
Bha'n dreathum donn gu sùrdail,  
'S a rifeid chiuil 'na bheul;

Am bricein-beath a's lub air,  
'S è 'gleusadh lùth a theud ;  
An coileach dubh ri dùrdan,  
'S a ehearca ri tùchan rèidh.

Na bric ag gearra shùrdag,  
Ri plubraich dhlu le chèil ;  
Taobh-leimnich mear ri luth-chleas,  
A' burn, le muirn ri grein ;  
Ri ceapadh chuileag siubhlach,  
Le 'm briseadh luth'or fein ;  
Druim-lann-ghorm, 's ball-bhreac-giùran ;  
'S an lannair chùil mar lèig.

Mil-dheocla sheillein strianach,  
Le crònan 's fiata srann ;  
Nan dithibh baglach, riathach,  
Ma d' bhlathaibh grianach chrann ;  
Sraibh-dhriucain dhonna, thiachdai,  
Fo shinean ciochan t-fheoir,  
Gun teachd-an-tir no bhiadh ac ,  
Ach fàile ciatach ròs.

Gur milis, brisg gheal, burn-ghlan,  
Meall-chuirneanach 's binn fuaim,  
Bras-shruthain Uilt-an-t-siucair,  
Ri torman siublach luath,  
Gach biolair, 's luibh le'n ùr-ròs,  
A' cinntinn dlù ma bhruaich :  
'S è toirt dhoibh buaghan sùgh'or,  
Ga'n sui bheathacha m'an cuairt.

Burn tana, glan, gun ruaghan,  
'Gun deathach, ruaim, no ceo ;

Bheir anam fàs, a's gluasaid,  
 D'a chluaineagan ma bhòrd ;  
 Gaoir bheachan bui 's ruagha,  
 Ri diogla chluaran òir,  
 'S cir-mheala ga chuir suas leo,  
 'An cèir-chuachagaibh 'na stòr.

Gur sòlas an ceol cluaise,  
 Ard bhàirich bhuar m'an chrò ;  
 Laoigh cheann-fhionn, bhreac, a's ruagha,  
 Ri freagra nnullan bhò ;  
 A bhanarach le buaraich,  
 'S am buachaille d'an còir,  
 Gu bleothann a chruidh ghuailinn,  
 Air cuaich a thogas cròic.

Bi'dh lòchrain mheal a' lùbadh  
 Nan sràbh, 's bru air gach géig,  
 Do mheasaibh milis cù'rai,  
 Nan ùbhlán a's nam peur :  
 Na duilleagan a' liùgadh,  
 A's fallas cuil diu fein ;  
 Is clann a' gabhail tùchai,  
 Gan imlich dlù le'm beul.

B'è crònan t-easan srùlaich,  
 An dùrdail mhùirneach mhàigh ;  
 'S da bhoirchibh daite, sgùm-gheal,  
 Tingh flùranach, dlù, tlà ;  
 Le d' mhantul do dhealt ùr mhin,  
 Mar dhùra cuil m' a d' bhlà :  
 'S air calg gach feoirnein dùir-fheoir,  
 Gorm shniamhain dhriuchd a fàs.

Do bhrat lan shradag daoimein,  
 Do bhraoin ni soills' air làr ;  
 A chairpet 's gasta foineal.

Gun a cho-fine ann an *White-ball* ;  
 Ma d' bhearra gorm-bhreac coillteach,  
 'An cinn an lóinn le h-àl ;  
 Na sòghraichean mar choillibh,  
 'N an colleiribh a d' sgàth.

Bi'dh guileag eala tùchan,  
 'S eoin bhuchuinn am barr thonn ;  
 Aig inbhear Uilt an t-siucair,  
 Snàmh lu-chléasach le fonn ;  
 Ri seinn gu moiteil, cuirteil,  
 Le muineil-chiùil, 's iad crom,  
 Mar mhàla piob, a's lùb air ;  
 Ceol tiomhai, ciùin, nach trom.

'S grinn an obair ghràbhail,  
 Rinn nàdur air do bhruaich,  
 Le d' lurachain chreabhach, fhàs'or,  
 'S am buicein bàn orr shuas ;  
 Gach saimeir, neonain, 's màsag,  
 Min-bhreac air làr do chluain ;  
 Mar reullan reot an dearsadh,  
 Na spangain àluinn nuadh.

Bi'dh cruinn 's am barr mar sgarlaid,  
 Do chaorran àluinn ann ;  
 A's craobhan bachlach, àrbhui,  
 A' faoisgneadh ard mu d' cheann ;  
 Bithidh dearcan, suithean sùgh'or,  
 Trom lùbadh an luis fein,  
 Caoin seachdai, blasta, cùbhraì,  
 A' call an drùis ri gréin.

'S co làn mo lios ri Pharrais,  
 Do gach cnuas as fearr an coill  
 'Na reileach arbhar fàsaidh,  
 Bheir piseach ard a's sgoinn ;  
 Pòr reachd'or minear, fàs'or,  
 Nach cinn gu fàs na loim ;  
 'S co'-reamhar, luchd'or càileachd,  
 'S gun sgàin a ghràn o dhruim.

Do thachdar mar' a's tìre,  
 Bu teachd-an-tir leis fein ;  
 Nan treudan, fèigh ad fhrìgheabh,  
 'S ad' chladach mìltean éisg ;  
 A d' thràigh tha maorach lionar ;  
 'S air t-uisge 's fìor bhras leus,  
 Aig òganachaibh rìomhach,  
 Le mordha fìor chruaidh geur.

Gur h-ùrar, sliochdar, cuanda,  
 Greidh each air t'fhuarain ghorm,  
 Le'n iòta tarruing suas ruit,  
 Le cluintinn nuall do thoirm ;  
 Bi'dh buicein binneach, 's ruadhag,  
 'S minn mheanbh-bhreac, cluas-dhearg, òg,  
 Ri h-ionaltra gu h-uaigneach,  
 'S ri ruideis luath mu d' lòn.

Gur damhach, aghach, laoghach,  
 Mangach, maoisleach, t-fhonn ;  
 Do ghlinn le seilg air laomadh,  
 Do garbhlach chraobh, 's do lòm :  
 Gur h-àluinn, barr-fhionn, braonach,  
 Do chanach caoin gheal thom,  
 Na mhaibeinibh caoin, mao-mhin :  
 A d' mhointich sgaoth chearc donn.



B' è sud an sealladh èibhinn,  
 Do bhruachaibh gle-dhearg ròs ;  
 'S iad daite le gath greine,  
 Mar bhoisgnich leug-bhui òir :  
 B'iad sid an geiltre gle-ghrinn,  
 Cinn dèideagan measg feoir ;  
 Do bharraibh luibhean ceutach,  
 'S foirm bhinn aig teud gach eoin.

O lili, rìgh nam flùran !  
 Thug barr mais air ùr-ròs gheug ;  
 Na bhabagan cruinn, plur-mhìn,  
 'S a chrùn geal, ùr, mar ghrèin ;  
 Do'n uisg ud Ault-an-t-siucair,  
 'S e cubhrai dha o bheud ;  
 Na rionnagan ma lùbaibh,  
 Mar reullan iuil nan speur.

Do shealbhag ghlan 's do luachair,  
 A' borcadh suas ma d' chòir ;  
 Do dhìthein lurach, luaineach,  
 Mar thuairneagan do'n òr ;  
 Do phris làn neda cuachach,  
 Cruinn cuairteagach aig t-eoin ;  
 Barr braonain, 's an t-sail-chuchaig,  
 Nan dos 'an uachdar t-fheoir.

B' e sid an leigheas leirsinn  
 Do loingeas breid-gheal, luath,  
 Nan sguadronaibh seol-bhrèid-chrom,  
 A' bordadh geur ri d' chluais ;  
 Nan giusaichibh beo ghleusta,  
 'S an cainb gu leir riu suas ;  
 'S Caol-muile fuar d'a reuba,  
 Le anail speur o thuath.

'S cruaidh a bhàrluinn fhuair mi,  
 O'n fhuaran 's blasda gloir,  
 An caochan 's mughà buaighean  
 Ata fo thuath 's an Eorp ;  
 Lion ach am bòla suas deth,  
 'S do bhrandai fhuar n' as coir ;  
 'Am puinse milis guanach,  
 A thairneas sluagh gu ceol.

Muim altrom gach poir uasail,  
 Nach meith le fuachd nan speur ;  
 Tha sgiath fo'n airde tuath oirr,  
 Dh' fhag math a buar, 's a feur ;  
 Fonn deisearach, fìor uaibhreach,  
 Na speuclair buan do'n ghrein ;  
 Le spreidh theid duine suas ann,  
 Co luath ri each 'na leum.

'S aol a's grunn do dhailibh,  
 Dh' fhàg nàdur tarbhach iad ;  
 Air a meinn gun toir iad arbhar,  
 'S tiugh starbhanach ni fàs ;  
 Bidh deatrsanaich shearr-fhiaclach,  
 D'a lannadh sìos am boinn ;  
 Le luingeaga binn nìonag,  
 An ceol is millse roinn !

An Coir' is fearr san dùthaich,  
 An Coir' is sùgh'or fonn ;  
 'S e Coirein Uilt-an-t-siucair,  
 An Coirein rùnach lom ;  
 Ga lom, gur molach, ùrail,  
 Bog mhiador dlu a thom,  
 M bheil mil a's bainn' a brùchdadh,  
 'S uisg ruith air siucar pronn.

An Coire searrachach uanach,  
 Meannach, uaigneach, àigh ;  
 An Coire gleannach, uaine,  
 Bhliochdach, luath gu dàir ;  
 An Coire coillteach, luachrach,  
 An goir a chuach 's a mhàrt ;  
 An Coir' am faigh duin-ualsal,  
 Biast-dhubh, as ruagh 'na charn.

An Coire brocach, taobh-ghorm,  
 Torcach, faoili, blà ;  
 An Coire lònach, uaosgach,  
 Cearcach, craobhach, gràidh ;  
 Gu bainneach, bailceach, braonach,  
 Breacach, laoghach blàr ;  
 An sult'or mart a's caora,  
 'S is torrach laoimsgir bàrr.

An Coir' am bi na caoraich nàn caogadaibh  
 Le'n reamhad gabhail faoisgni, [le'n àl,  
 A'n craicnibh maoth-gheal, tla ;  
 B' iad sid am biadh san t-aodach,  
 'Na t-fhaoin-ghleannaibh, 's a d' àird ;  
 An Coire luideach gaolach,  
 'Se lan do mhaonaibh gràis.

An Coire lachach, dràcach,  
 'Mbi guilbnich, 's tràigh-gheoidh òg,  
 An Coire coileachach, làn damhach,  
 Is moch 's is anmoch spòrs ;  
 'Sticm dhomh sgur d'a àireamh,  
 An Coire is fàs'oir pòr ;  
 Gu h-ìnnseach, doireach, blàrach,  
 Is ìmeach, càiseach bo !

MOLADH an Leomhainn, air fonn Cabar Fèigh,

le ALASTOIR MÀC DHOMHNUILL.

FAILT an leoghainn chrèuchdaich,  
 Is eugsamhuil spracalachd,  
 'Nuair dheire do chinn-fheadhna,  
 Bu mheagrach am brataichean,  
 'Nuair chruinniche gach dream dhiu,  
 Gu ceannsgalach tatarach,  
 Bhiodh pronnadh agus calldach,  
 Air naimhdean a thachradh ribh;  
 Iad gu h-oirdheire air bharr corr-ghleus,  
 Teinnteach foir-dhearg, lasrachail,  
 'S ard an stòirm air mhìre-chonbhaidh,  
 'S Iainn nan dorn ri spèaltoireachd,  
 Le'n geur cholg ri strachda bholg,  
 A' gearra cheann is chorpunnan;  
 'S cha sluagh gun chruaigh gun cheannsgal,  
 Le'n Iann bheireadh fosadh ort.

Dùisg a leomhainn éuchdaich,  
 'S dean èirigh gu farumach,  
 Air brat ball-dearg, breid-gheal,  
 'S fraoch sleibh mar bharran air;  
 Tog suas do cheann gu h-eatrom,  
 'S na speuraibh gu caithreasach,  
 'S theid mi fhin cho-geire,  
 'Sa dh'fhaodas mi d' arabhaig;  
 Togam suas do mhola priseil,  
 'S do cheann rioghail farusta,  
 Cha'n 'eil c'ann na corp san riochachd,  
 An cruai-ghnìomh thug barrachd ort,

An ceann cruadalach ard sgiamhach  
 Maiseach fìor-dheas arranta,  
 'S tric thug sgairt ri h-uchd àn fhuathas;  
 Ri h-àm luchd t-fhuatha tarruing' ruit.

Co b'urrainn tàir no dì-bleachd,  
 Gu dìleinn a bharalucha,  
 No shamhluiche ruit mi chliu,  
 A rìgh nan ceann barrasach ;  
 A chreutair ghasta, rìomhaich,  
 'S garg fìor-dheas do tharruingse,  
 Air brat glan do'n t-sìoda,  
 Ri mìn-chrann caol gallanach ;  
 E ri plapraich ri crann-brataich,  
 A' stailce chas gu h-eangarra ;  
 Is cò'-lain ghasta lan do ghaisge,  
 Teanailt bras gu leanailt ris,  
 Fearg gu casgairt 'nan gnùis dhaite,  
 Fraoch is fras gu fearachas ;  
 Bhi dh sgrios is lannadh sìos,  
 Air luchd mi-ruin a bheana ruit.

Cha robh garta gleois,  
 Air an t-seòrta o'n ghineadh thu,  
 An dream rathail mhor-chuiseach,  
 Chò'-ragach, iomairteach ;  
 Bu ghunnach, dagach, òr-sgiathach,  
 Gòirseadach, nimheil iad ;  
 Bu domhain farsuing creuchdach,  
 Cneidh èuchdach am firionnach ;  
 Iad gn surdoil losga fùdair,  
 Toirt as smuid o lasruichean ;  
 Na fir ùra gheala lùthar,  
 A ghearra smuis a's aisnichean ;

Lannan dù-ghorm geura cùl-tiugh,  
 'N glaic nam fiuran aigeantach,  
 A' sgolta chorp a sios gun rumpaill,  
 Sùrd le sunnt air stracaireachd.

'S foinni, fearail, laidir,  
 Cuanda, dàicheil, cinneadail,  
 Sliochd nan Collaidh lamh-dhearg,  
 'S iad lan do dh' ard spiorad annt,  
 Cho dian ri lasair chrà-dheirg,  
 'S gaoth mhàirt a' cuir spionnaidh innt,  
 Gun mheang gun mheirg gun fhàillin,  
 'Nar càileachd ge d' shirear sibh;  
 Na fir chogach theid 's na trodaibh,  
 Nach biodh ro lotaibh gioragach;  
 Nach iarr prosna ri h-àm cosgraidh,  
 A phronna chorp is mhionaichean,  
 A' sgatha cheann is lamh a's chos diubh,  
 Ann san toit le mire-chath,  
 Na fir bhéurra threin-fhearrdha,  
 Gheur armach fhineadail.

An cinne maiseach treubhach,  
 Nan rè-chuilbheir acfuinneach,  
 Nach diulta dol air ghleus,  
 Ri h-àm feuma gu grad-mharbhadh,  
 Madaidh is ùird ghleusta,  
 Gu beuma nan sradagan,  
 A' conas dearg ri chèile,  
 A' cuir èibhlean gu lasraichean,  
 Frasan dealanach dearg pheileir,  
 Teachd o' feine tartarach,  
 A pada 's a pronnadh 's a leadairt,  
 Nan corp ceigeach casagach,



Lannan dù-ghorm dol gan dùlan,  
 A gearra smùis is aisnichean,  
 Aig na treunaibh cruai-bheumnach,  
 'S luath bhuala speachannan.

Clann Domhnuill tha mi 'g ràite,  
 'N sár chinneadh urramach,  
 'S tric a fhuair 's na blàraibh,  
 Air namhuid buaidh iumanach ;  
 Iad fearra tapui dàna,  
 Co-làn do nimh-ghuineadaich,  
 Ri nathraichean an t-sleibhe,  
 Le'n geur-lannaibh fulangach ;  
 Iad gu sitheach gleusta cos luath,  
 Rùnach, bos-luath, fulasgach,  
 Cruas na craige, luathas na draige,  
 Chluinnte fead am buillinnean ;  
 Na fir dhàna, lùthar, nàrach,  
 Fhoinneadh, làidir, urranda,  
 Cho-garg ri tuil-mhaoim sleibhe,  
 No falaisg gheur nam munainean:

A charraig dhaingean dhìleant,  
 Nach dìobair gun acarachd,  
 Gluais suas gu spòrsail riogbail,  
 Ro d' mhìlinibh gaisgeanta,  
 'S iad mire geal na cruadhach,  
 Gun truaille, gun ghaise iad,  
 'S bòcain a chuir ruaig iad,  
 Bheir buaidh le 'n sluagh bras-bhuilleach ;  
 'S ioma fleasgach cùl-bhui dòid-gheal,  
 Is garbh dorn is slinneinean.  
 A dh' èireas leat an tùs na co'-stri,  
 A nì còmhrag min-bhuailteach,  
 Iad gu bonn-mhall, bas-luath, cròdha,  
 Saitheach, stròiceach, iomairteach,

A' dol a sìos an àm na teughbail,  
'S lèomhuinn béuc air mhireadh ac.

A leomhuinn bheucaich, ghruamaich,  
'Bheil cruadal air tuineacha,  
Is tric a dhearbh an cruài-chùis;  
'Sna buan ruagaibh cumasgach.

'Nuair a spailpte suas thu,  
Le d' bhuaidh ri crann fullangach ;  
Chìte conadh ruaimleach,  
'An gruaidhibh na h-uile fir ;  
S daingean, seasmhach, rang do fhleasgaich,  
'Nuair bhiodh deise tarraing orr,  
Cha toir eagall nàmhuid eag ionnt,  
'S iad mar chreag nach càraicheadh ;  
'S glan am preas iad chaoi cha teich iad,  
'S fiodh nach peasg, de'n darach iad,  
'S tric a fhuair sibh air ur nàmhuid,  
'S na blàruibh buaidh-chaitheamach.

Nan tigeadh ortsa foirneart,  
Ge d' leon o chrich aineolaich,  
Coigrich le rùn do'-bheirt,  
Gu d' chòir thoirt a dh' aindeoin diot,  
S iomad làn cheann-ileach,  
'S lainn liobha 'm-beairt dhaingean ann,  
A thairneadh suas ri d' shìoda,  
Dheth t-fhior-fhuil d' ad anagladh,  
Fuiribin chomasach nach cromadh,  
Roi fhrois tholla phearsunnan,  
Nach biodh somult dhol air cholluin,  
'Nam bhi sonnadh chlaigeannan ;  
Crùn-luath lomarra 'ga phronnadh,  
Air piob loinneich thartaraich,  
A chuireadh anam ann sna màirbh,  
A dhol gu fearr-ghleus gaisge leo.

Stoc Chlann Domhnuill dh' èirgheadh,  
Le'n geugaibh 's le meanganaibh,  
B'i sid a choille cheutach,  
A b' eugsamhuil 's bu cheannardaich,  
'Nuair thàirneadh iad ri chéile  
Gach treubh dhiu gu fearachail,  
'S mairg a spiola feusag  
Nan leomhann, ga ghreannacha ;  
Bhiodh cinn is duirn ga sgatha dhiubh-san,  
Ann an dùiseal lannaireachd,  
Fuil ri feur-imeachd 's ri strùladh,  
Feadh nan lùb 's nan camhanan,  
Bhiodh lannan lotach du-ghorm,  
Cuir smùidrich do cheannaibh ghall,  
Is caoithrean cruaidh is rànaich,  
'S an árfhaich gu gearanch,

C' ait a bheil san rioghachd,  
'Am fear-ghniomh thug barrachd oirbh,  
Na phrosnaiche chum stri sibh,  
A mhìlinean barraideach ;  
Na tuirin sgairteil prìseil,  
Do'n fhior-chruaidh nach fannaicheadh,  
D'am b' àbhaist a bhi dileas,  
'S nach dìobradh na ghealladh iad,  
Gadhair chatha theid mar shaighid,  
Sios le'n claidheamh dealanaich,  
Nach toir atha gun dad athais,  
Gus an sgath iad bealach romp ;  
Cuirp gan sgatha 's cruaidh ga crathadh,  
'S orra patha falanach,  
Chluintear fead ar claidhean,  
Truagh ghàir agus langanaich.

Tha iomad mìle an Alba,  
Do gharbh-fhearaibh fulusgach,

Sliochd Ghàidheal ghlais a Scòta  
 Thig deonach m' ar cularaibh ;  
 Gun tig iad le rùn cruadail,  
 'S gum fuaigh iad gu bunailteach,  
 Ri teanchair ghairg an leomhainn,  
 'S ri spògaibh dearg fuileachdach ;  
 Togaibh leibh gun aire gun easbhui,  
 Trom fheachd seasmhach cunnbhalach,  
 Dò laochraibh dheise, shunntach, threiseil,  
 Theid neo-leisg 's an iomairt sgleo ;  
 Cha'n fhacas riamh na suinn 'nan geiltibh  
 Dol 'an teas nan cumasgan,  
 Teichidh iad o'r stròicibh,  
 'S o'r sròlaibh breac duilleagach.



ORAN do Eachunn ruadb nan Catb, a mbar-  
 bba la Iner-cheitein ; Air fonn, Là Roinn-  
 Ruairi.

GUR h-oil leam an sgeul sin,  
 A dhèist mi di-dòmhnuch,  
 Gun bhi tuille d'a sheachas,  
 Ach an fhòill so rinn Hòbrun ;  
 Dh' fhag iad deagh Mhac-Ghillean,  
 A' cur a chatha 'na aonar,  
 'S theich iad fèin tre a cheile,  
 Gun fhear èilidh an òrdugh.

Bu mhor bha dh'uireasbhui lamh ort,  
 Ge d'thug àrdan ort fuireach,  
 Ach tuill' as an t-an-bharr.  
 Theachd a nall air an luingis,  
 'S mis a chuireadh an geall,  
 Mar biodh ann ach na h-urrad,  
 Nach buaileadh iad baingean,  
 Ann sa Champa le sulas.

Chuir thu ghràbhailte chruadhach,  
 Air gruag nan ciabh amlach,  
 Lann than' air do chruachain,  
 'S i 'na cruaidh chum a barra-dheis,  
 Sgiath dhaingean nan cruaidh-shnuim,  
 Agus duail nam breac meinmneach,  
 Agus paithir mhath phiostal,  
 Air chrìos nam ball airgid.

Cha bu shlachdan aig òinid,  
 Culai cho'-raig a ghaisgich,  
 Dol 'an coinneamh do naimhdean,  
 Cha chrith-mhantain so ghlac thu,  
 'N uair a bhuail thu bèum sgèithe,  
 Dh' iarr thu cèud an com-bat riut,  
 'S nuair a thug thu nan còmhail,  
 Theich Hòbrun 's a mharc-shluagh.

'S ann a thug thu do dhualchas,  
 O'n fhear a bhuaileadh 'an Gruinneart,  
 Cha d' rug iomairt gun fhuathas,  
 'S cha robh buannachd gun chunnart,  
 Gun robh toirinn an làmhaich,  
 Agus tairneanach ghunna,  
 Ri deas-laimh mo ghràise,  
 'Cuir a chàirdean gum fulang.

'N uair thogta leat lèibhi,  
 'S a dh' èighte fear air a mharg leat,  
 Mhoire 's ioma bean baile,  
 Dh' fhàg sud tamull 'na banntreach ;  
 Agus leanamh beag cìche,  
 'Na dhilleachdan anfhann,  
 Ach ga duilich do mhuintir,  
 Cha 'n ann ump tha ar dearmad.

Gur h-iomad laoch dorn-gheal,  
 Chaidh 'an òrdugh mu d' brataich,  
 Agus òganach sgiamhach,  
 Bha ga riasladh fo eachaibh ;  
 Agus spailp do fhear-tighe,  
 Nach tugadh agha d'a phearsuin,  
 A bheireadh claidheamh a' duilli,  
 Bhiodh co guineach ri h-ealtuinn.

'N uair a thogamaid feachdan,  
 A rìgh bu ghaist ar Ceann-armailt,  
 Ga b' e thigeadh air t-eachdruì,  
 Ghabh iad tlachd dhiot air Galltachd ;  
 Bu tu caraid a Mharcois,  
 A bh' ann Sasunn gun chean air ;  
 Agus co-ainm an Eachuin,  
 Leis n do ghlacadh an Càbhlach.

'S fhad 'o dh' imich am fear ud,  
 'S cha n ann ga ghearann atha sinn,  
 Ach mar dh' fhàga gun sealla,  
 Suil mheallach an armunn ;  
 Ach gu math an t.aon Dia dhuinn,  
 Gur è iarguin a chràidh sinn,  
 Gun robh aoidh fir an domhain,  
 Ann na cho-sheis a' fàs ruit.



Ga b' è thug dhuit cion-falaich,  
 Na thog do ealantain litrich,  
 Ga bu nighean Mhic-Chailein,  
 Bu diol mariste dh'is thu ;  
 Gur mairg i thug gaol duit,  
 Ma chaochlas i nis è,  
 'S nach faic i air thalamh,  
 Do mhac-samhailt 'am misnich.

M'a dheireadh an t-sàmhraidh,  
 Cha robh meinm no deagh sgeul oirn,  
 'S beag an t-ìoghna do rauntachd,  
 Bhi fo champar as t-èugais ;  
 Agus muinntir do dhùcha,  
 Bhi fo chùram mu d' dh' èibhinn ;  
 Gun robh 'n t-aobhar ud aca,  
 Ga ruig 'sa leas agus crèufag.

Tha iunntraichinn uainne,  
 'S cha bu shuarrach an call e,  
 Gum bu mhor an luach taisgeil,  
 Ma tha 'n taisgeala dearbha,  
 So bheireadh daoine uaisle,  
 As an uachdran ainmeil,  
 'S as ar tighearna smachdail,  
 'S cha bu lapach an ceannard.

C' àit an robh e air thalamh  
 Boinne fala a b' àilli,  
 Nan t-oighre so Dubhairt,  
 Lochabui a's Arois ;  
 Gur iomad bean uasal,  
 A bha gruag air dhroch càramh,  
 Ga nach d' fhuair iad do sgeula,  
 Ach gun do chreucha sa bhlàr thu.

Tha do phàirc air a dùna,  
 Ionad lù-ghart nan gaidheal,  
 Gur deacair sid innse,  
 Aig ro dhìllseid do phàirtidh;  
 Tha chraobh a b' fhearr ùbhlan,  
 Air a rusgadh an drast diu;  
 Ach a mhoire mo dhiubhail,  
 Chaidh am flùr fair a ghàrradh.

Ach mas duin a chaidh dhinn e,  
 Guidhibh Crìost leis na th' agaibh,  
 Thugaibh aire do'n ordugh,  
 A fhuair Iob mu na macaibh;  
 Thugaibh thairis è n aon fhear,  
 Mas e chuibhreach an Caisteal,  
 Na bu ghiorrad a làithean,  
 'S ann fo ràith-sin a thachair.



## CUMHA do MHAC-LEOID,

*le Ruairi Mac-Mhuirich.*

Tha muld, tha mulad,  
 Lion mulad ro mhor mi,  
 'S ge d' is èigin domh fhulang,  
 Tha tuille 's na leoir orm;  
 Thromaich sachd air mo ghiulan,  
 Le dùmhladas dòrainn,  
 Dh' amais dosgaich na bliadhn orm,  
 Creach na Ciadain so leon mi

Creach na Ciadain so leòn mi,  
 Dh' fhàg mi breòite gun fhiabhirus;  
 A dh'fhògair mo shlaìnte,  
 'S tearc mo bhràthair 's na crìochaibh;  
 Agam glaoth an loin bhrònaich,  
 'N dèigh a h-eoin 's i 'ga iarguin,  
 Dh' fhalbh gach sòlas a b' àbhaist,  
 'S dh' fhuirich càillein a m' fhiacaill.

Dh' fhuirich càillein a m' fhiacaill,  
 So i bhliadhn' a thug car dhomh,  
 Dh' fhag uthar fo m' lèine,  
 Nach fothair leigh tha air thalamh,  
 Mo leigheas cha'n fhaodar,  
 Cha rè dhomh bhi fallain,  
 Fhuair mi dìnneir la càisge,  
 'S cha b' fheairde mo ghoin i.

Cha b' fheairde mo ghoin i,  
 Ge do bha mi mun chò'roinn,  
 'N diugh gur buan domh ri aithris,  
 Gun do bhuaill an t-earrach so bròg orm;  
 Mi mum Màighsteir gle mhath,  
 'S fad a leus orm nach beo è,  
 Ge do racha mi seachad,  
 Cha'n fhaigh mi facall dheth d' chòmhra.

Cha'n fhaigh mi facall dheth d' chòmhra,  
 Chleachd mi mòran deth fhaotainn,  
 'N diugh dh' fhaodas mi ràithin,  
 Gur uan gun mhàthair san treud mi,  
 'S ann is gna dhomh bhi tùrsach,  
 Gun bhrath furtachd as t-eug'ais,  
 'S o'n a chaochail thu àbhaist,  
 'S tearc a chaoi mo ghàir èibhinn.

'S tearc a chaoi mo ghàir èibhinn,  
 Cha bheus domh bhì subhach,  
 Ghabh mi tlachd am bì tùrsach,  
 Chuir mi ùigh am bì dubhach,  
 Man tì tha mi 'g iomradh,  
 Chuir an cuimhne mo phuthar,  
 Nis o'n fhuair an uaigh e-san,  
 Chaidh an caisead mo bhruthadh.

Chaidh an caisead mo bhruthadh,  
 'S mi fo chumha da dhìreadh,  
 Doi an truimead 's an àirde,  
 An diugh a thainig mo dhìobhail,  
 Dh' fhalbh mo lathachan éibhinn,  
 O'n a thrèig sibh \* Clàr-sgìthe,  
 Tha mo thaic ann sna h-Earaibh  
 'N dèigh fholach 'na aonar.

'N dèigh fholach 'na aonar,  
 Bìdh è daonnan 'an uaigneas,  
 Sgeul mun gearanach daoine,  
 Mnàì chaointeach nan luath-bhos,  
 'S iad a' co'stri r'a chèile,  
 Ceol gun aoibhneas seachd truaighe,  
 Leum mo chridhe 'na spealtaibh,  
 M' an chaismeachd 'n uair chualas.

Gur i chaismeachd so chualas,  
 A luathaich orm tioma,  
 Dh' fhàg fo m' osnaich fuil bhrùite,  
 A' sior-dhrùthadh air m' innigh,  
 'S fhaide seachduin na bliadhna,  
 O'n a thriail sibh thair linnidh,

\* A name for the Isle of Sky.

Le friamhach na fialachd,  
Bh'ann san lion bhrat air fhilleadh,

'S ann san lion-bhrat air fhilleadh,  
Dh'fhàg mi spionna nan anfhann,  
Ceann-uidh luch-ealai,  
Marri eattras luchd seanchais.

Agus ulaidh aos-dàna,  
Chuir do bhàs iad gu h-imcheist ;  
'S o'n a chaidh tu sa chisti,  
Cha bu mhis a chùis fharmaid.

Cha bu mhis a chùis fharmaid,  
Ghabh mi tearba o'n treud sin,  
Far an robh mi a'm mheanbh-ghair,  
'An toiseach àimseir mo chèitein,  
'S ann an deireadh a charbhaïs,  
A dhearbhadh ar feuchainn  
Chaill mi 'n ùr-ghibht, a chreach mi,  
Ann an seachduin na Cèusda.

Ann an seachduin na Cèusda,  
Diciadain mo bhriste,  
Chaill mi iuchair na féudail,  
Cha mhi aon neach is mist è,  
Gun bhrath faighinn gu bràth orr',  
S geul a shàruich mo mhisneach ;  
'S ann fo dhìomhaireachd m' àirnean,  
A tharmaich mo niosgaid.

A tharmaich mo niosgaid,  
Ch'ò'n fhaidh mise bhì slàn deth,  
'Se fear tinn a chinn ghàlair,  
A ni'n gearan bochd cràiteach,

'S ann air ata 'n easlaint,  
 Nach d' fhiosraich a nàbui,  
 'Scha mho dh' àraich è thinneas  
 Leis 'n do mhille, mo shlainte.

Far 'n do mhille mo shlainte,  
 'S ann a thàrmaich dhomh m' easlaint,  
 Gun d' chuir aimsir na càisge,  
 Mi gu bràth fo throm airsneal,  
 Gheibh gach neach do na dh' fhàg thu,  
 Rud 'an àite na bh' aca,  
 Ach mis agus Màiri,  
 Chuir a bràthair 'an tasguidh.

Chaidh do bhràthair 'an tasguidh,  
 'Sè mo chreach gur fìor sud,  
 'S ann an diugh tha mi 'g acain,  
 Mar bhia mhac ma mhaol-ciarain,  
 Agus ise bochd bronach,  
 'N dèigh a leonadh o'n chiadain,  
 Thug mo mhai'stir math uamsa,  
 Leis 'n do bhuaineadh mo phian-bhron.

Mo phian-bhron a Mhàiri,  
 Mar tha thu fo chumha,  
 Nach faic thu do Bhràthair,  
 Mar a b' abhaist gu subhach,  
 An sean-fhocal gnàthaichte,  
 An diugh 's fìor e mar thuirt,  
 Nach robh meoghaíl ga miad,  
 Nach robh na dèigh galach, dubhach.

Nach robh na dèigh galach, dubhach,  
 'Sè 'm fear subhach am beairteas,



Cha'n fhaigh piuthar a bràthair,  
Ach gheibh bean àluinn leth-leapach,  
Thainig àr air an dùthaich,  
Dia dhùbladh an carta,  
'S ga cumail an uachdar,  
Gus am buadhaich do mhac e.

Gus am buadhaich do mhac è,  
'N déigh a ghlasadh le gruagaich,  
Lan saibhris is sonais,  
Ann san onòir bu dual duit,  
Lean cùis 'sna bì leanbail,  
'S na biodh marbh-ghean air t-uaislean,  
Cum an coimeas ruit fein iad,  
Sna toirbeum dha t-ai m m Ruairi.

Ruairi reachdar run-meamnach,  
Tartach, toirbeartach, teannta,  
Do shean-sean-athair o'n tainig,  
Cha b'ion do namhaid dol teann air,  
S Ruairi gasta 'na dhiaigh,  
Cha b'e roghainn bu tàire,  
'S an treas Ruairi fa dheire,  
Cha b'e'n gainneanach fàs è.

ORAN a rinneadh do'n Chath-bhuithinn Riogh-  
ail-Ghae'lich, 'n uair a bba iad a' dol do dh'  
America sabhliadbna, 1756, leis na URRAM-  
ACH MR. MAC LAGAIN.

BEIR soraidh uam le deagh rùn buaidh,  
Dh' fhiosghaisgeach stuama gharbh-chrioch;  
Ogain uaisle bhreacan uaine,  
Eithle sguabaidh, 's ghearr-chot;  
Lann dù-ghorm chruaidh air arm-chrios uall-  
'S deilg 'nan guailibh cearr ac'; [ach,  
Ùr laoich chruadalach thug buaidh,  
An laimhseach luath lann, 's thargaid.

Buitheann chridheil Mhoir-fhear Iain,  
Flath de'n Fhine lamh-thréin,  
Ni naimhde dubhach, 's cairdean subhach,  
'N deagh fhuil Mhuireach, 's ceannard:  
'S ge h-e Loudan théid air leibh,  
Tha e fearail sionnsár;  
Glic gun mhoille, tréun san tarruing,  
Bheir sibh caitheam nall leibh.

Leomhnai gharg de'n fhuil Albnaich,  
Lean' ri'r, n-airm, 's ri'r n-éididh;  
Faghaibh taraguid eutrom bhall-bhuidh,  
Ghabhas dearg-thuadh Chaoilt'ach;  
'S cuilbheir earr-bhuidh 'n laimh gach sealg-  
air,  
Seòid air marbhadh chaol-daimh;  
O's mithich dh' Albnaich dol a shealg  
Air Frangaich chealgach, 's Choill'tich.

Togaibh baideil àrd ri aigean,  
 Sdiùraibh grad tréun Chàbhlach,  
 Air Cuan cas-thonn, stuadhach, bras, àrd,  
 Uaibhreach, glacach, beanntach,  
 Beuchdach, tartrach, gailbheach, lasrach,  
 Bhuailleas craig le stàirn-thoirm ;  
 Ach shleuchdas grad do'r Suaichiontas,  
 'S do'n phiob, toirt caismeachd falbh dhuibh.

Tha 'n cuan gu mìn a' tairgse sìth dhuibh,  
 Choisg e strìgh throm shiubhlach :  
 Tha thonnaibh mìn ri plubraich bhinn,  
 Seinn iorram dhuibh, a's thùg air :  
 Tha dearrsa grinn na gréine leibh,  
 San speur gach roinn air luasgadh,  
 A sheoladh dhuibh ur sligh th'air sàil  
 Do'n chaladh àigh is annsadh.

Air mòr-thìr chì sibh òighean rìomhach,  
 Teachd le mìle fàilte,  
 A's braon 's gach mìn-shùil, mhaoth air  
 'Nan gnùis bhian-ghil àillidh, [shior-chrith,  
 A' guidh an dèidean o'n luchd mi-rùin,  
 Eignich, millidh chràidh iad :  
 A chreach an tìr, a mharbh an dillsean,  
 An gràdh, am fir, 's am bràithrean.

M'as òglaoich sibhse a thug gaol,  
*Ars òighe* nan aodunn ghràdhach,  
 Bithibh treubhach, 's buidhnibh saors  
 Do mhnaibh, 's chloinn ur cairdibh ;  
 Bheir buaidh air Coillt'ich 's Fraing na foill,  
 Do rìbhinn mhaoth nam bàn bhos ;  
 Mas fios do mhaighd'nibh rùn maighdinn,  
 Leibh gun aom gun ain-deoin.

Ma 's àill leibh cliu dhuibh fein, 's do'r dùthaich,

'S gloir mar chiumhne bhàs-mhoir,  
Ruaigibh 's sgiùrsaibh null gach Mùisi,  
Leum th' air sruth *Naomb Laubbruinn* ;  
Gu deas o bhruaich na fàgaibh cluain,  
O cheann gu cuan aig Frangach ;  
No n-ear o *Mhisisipi* na cuairt,  
Gu muir an luailteach càbhlach.

'S tearuint dòchas chuir sna leomh'naibh  
Chleachd o'n òig an cruadal ;  
Bhi measradh, cròdha, air bheag lòin,  
A' siubhal mòintich, 's fhuar-bheann ;  
Bhi luth'or seòlt air marbhadh eoin,  
Air feachd, air thòir, 's an tuasaid  
Air claighe stròiceadh 'n cùis na còrach,  
'S reachd'or mòr-chuis, uaibhreach.

'S cuimseach sealgoire nan garbh-chrìoch,  
'An àm an dairich theintich,  
Ni iad call le'm peileir tàirnich,  
Ge b' e ball ri 'n caog iad :  
Ri rùsg an lann, 's àrd screadraich chnamh,  
Bi'dh àr nan laimh dheis 's maoin romp ;  
Bi'dh sgrios do-shàsuich le sguaid làir,  
A chaoi 'm bun sàil ur naimhde.

Ri leanailt ruaig mar ghaoith o thuath,  
No seobhag, luas non éibhl-fhear,  
Nach leig as uatha Frangaich luaineach,  
No cos luath nan coillt-each :  
A dh' fhògras ruadh-mhad Fraing gu tuath,  
Bheir sith-shaimh shuas a beinn doibh,

'S le giulan suairc a bheir orr' buaidh,  
A chaomhnas luaidh a chaoidh dhuinn.

'N sin gabhaidh craobh na sìth le freumh,  
Teann ghreim de'n doimhne thalmhuinn,  
A's sìnfidh geuga gu nuig nèamh,  
Gach àird le seimh-mheas. 's geal-bhlàth;  
Bi'dh ceileir éibhinn eun na meanglain,  
'S daoine le'n cloinn a' sealbhachadh,  
Toradh a's saothair an lamh gun mhaoim,  
Fo dhubhar caomh a sgàil-san.

Gach gleann ni éibhneas, 's maoth-bhlà  
éiridh

Air gach beinn bha fàsail :

Bi'dh daoine a's spréidh, 's tuath-iteach  
speur,

Ri mireig, 's seirm luadh ghàirich ;

Thig pailteas, saorsa, gràdh a's aoi'eachd,

Am measg dhàoine dh' àiteach ;

Bheir sìth do'n ghrein, teas 's lonnrachd, 's  
gleus,

Do chò-sheirm nèamh, luaidh 's nàduir.

Air fàgail sìth, 's gach math thig dhi,

A's ceannachd a's tir mar b' àbhuist,

Mun *Obio* rìomhach nan lùb lionmhor,

Thig sibh rìs gur n-àros,

Th'air chuan le piob-cheol, subhach grinn,

'S le caithream binn 'n ur càbhlach!.

Bi'dh mai'dne rìomhach mar na mìtibh,

'S éisg mur pìob a' damhsadh.

Bi'dh cumh o'n rìgh, a's bui'cheas tìre,

'S cliu gach linn gu bràth dhuibh,

Dhion còir ur tìr o shannt a mhillt-fhir,  
 'Sa dhearbh mor bhrì nan Gaidheal :  
 'S 'n uair thig sibh rìs bi'dh cairdean mìn  
 A's bàird bheul-bhinn d'ar failteach ;  
 'S cha diult an ribhinn lamh do'n fhior-laoch,  
 Thug 's gach stri buaidh-làraich.

Ni 'r deagh ghiulan Deors a lùbadh,  
 'S bheir e dhuinn ar n-èididh,  
 'N èididh shùrdail bha o thùs ann  
 O linn Adhamh as Eubha ;  
 'S ma bheir e'n tràs dhuinn mar a b' àbhuist  
 Ar n-inbh, ar n-airm, 's ar n-éididh,  
 'Sinn saighde 's fearr bhios nà bhalg,  
 'S e 'n t-ìochd ni Alb dha fein dinn.

Bi'dh Breatunn, 's Eirinn, 's Eorp gu leir,  
 Geur amharc Ghaidheal Albannach ;  
 Ur tìr 's mì fhìn mar mhàthair chaomh,  
 A' guidh nèamh libh soirbheach :  
 Rì ceol no caoidh, réir mar thig dhuibh,  
 Chaoi cumaibh 'n cuimhn ur n-Aithreachd,  
 Nis, beannachd leibh : làn shonas 's buaidh  
 Gur cliuthsa luaidh-ghàir chàirdean.



ORAN do'n *Cbath-bhuidbinn Rioghail, Ghae-lich, an deigh Cath na b-Eipbit 'sa bhliadhna 1803, leis an Aos-dána.*

'S an ochd-ceud-deug, a's bliadhna,  
 'S am béuc na siantan àrd,  
 Tha gaoth an Ear air sciathaibh  
 Toirt sceul an Iar gun chàird,  
 Faraon tha cliuiteach, 's cianail,  
 " Gun thuit mor Thriath 'san àr,  
 D'ar sloigh<sup>t</sup> gu'n thuit na ciadan,  
 Fa-leith laoich fhial nan Gaël."

Ma thuit, cha b'ann gun deagh-chliu,  
 A dh'èug an laochraidh ghar,  
 Gun d'aithnich Raogha nan Saor-fhear,  
 Gur garbh an glèus na'm fearg.  
 Dhi-làraich iad gu leir sgrios  
 Do-cheannsuich threin 'san t-sealg,  
 A's chuir am Bratach bheudach,  
 Mar chuimhn<sub>2</sub> an éuchd dá'n Alb'.

Is cha b'e co-throm Feinne,  
 A fhuair na trein 'sa' bhlàr ;  
 O'n cùl, 's fudh dhuibhre oiche  
 Do-cheannsuich thain' na'n dàil,  
 'S cath bhuidheann eil' re'n aodan,  
 Bu leor r'an claidh 'san àr ;  
 Ach thionndaidh, 's chuir gu maiom sud,  
 'S am fuil ga taom' gu làr.

'Nuair shaoil Menou gu'n d'aom iad,  
 Chuir Marc-shluagh trein gu'n còir  
 Eich Arabach, luath, leimneach,  
 A dheanadh èuchadh air thòir :  
 Dh'ath-bheothaich Gaël ghleusda,  
 A's chuir na'n steud sud fós ;  
 Bha Breat'naich uile treubhach,  
 Ach sibhse treun th'ar glòir.

O'r fcaidain ghlas' ag smuidrich  
 Bha frasa drùiteach gèur',  
 Ur gunna-bhiodaga ruisgte  
 Mach air an Druim na'n stèud,  
 Ur claidhean sgaiteach, lùthmhor,  
 Ag snaigheadh smùis, a's fhèith,  
 Sin dhearbh nach sibh na Lùb-fhir,  
 Bha faoineis riu mu'n Rèn.

Ni bheil e'n comas dhaoine  
 An trèine dol ni's àird,  
 Na chaidh na Gail ghleusda  
 An tìr na h-Eipht an tràs,  
 An cliu a bha co daor dhuibh,  
 Mo dhoigh, a chaidh nach caill,  
 Bithidh neart, a's cliu nam fraoch bheann,  
 Sior chuir re'r daoine, 's re'r càil.

Leam 's duilich na fir chròdha,  
 A bhi fudh'n fhoid gun deo,  
 Ro fhad' o'n dilsibh brònach,  
 Nach cluinn an glòr ni 's mò ;  
 Ach 's aoibhinn do na beothaibh,  
 Gu'n robh iad mòr na'n lò  
 Nach dean iad tuille gòrraich,  
 'S nach èug an glòir, na'n sògh.

Ge duilich leinn na dh'èug dhibh,  
 Tha'n luaidh ac cèutach, cìinnt',  
 O thuit iad an deagh aobhar,  
 'S gun d'fhag luchd ea-coir sìnt',  
 An gealtair bàs cha chaomhainn,  
 Gu dian ge d'shraon o rainn,  
 'S bithidh draim an Eagail reubtadh,  
 Ge fada leum na h-oilt.

Cha b'iongna leinn ur diobhail,  
 O ionnsuidh dhian ur naimh,  
 A shaoil tre sgrios na Fiannachd,  
 Gu'm fagta fiamhach càch;  
 Ach mheall sibh tùr am mì-run,  
 (A' miosgain thug gu'n call)  
 A's sgath sibh catha lionmhor,  
 Na'n doigh, bha cinnt' de'r bàs.

O thug na Francaich buaidh air  
 An fhuigheall thruagh, bha'n Gàl,  
 An deighs' do Cheusar uaibhreach  
 Am marbhadh, 'n ruag, 's an cràdh,  
 Shaoil iad gu'm b'ionann cruas do  
 Shaor-Ghàil uasal Alb',  
 Bha ionnsuicht', aonuicht', cruadhaicht',  
 'S d'an dù sior bhuidh nan colg.

Sibh Iarmad Iapheit, 's Ghomeir,  
 A ghluais o'n Tor do'n Eorp,  
 Sliochd Choillteach, Ghaël mhor-thir,  
 A's Ghaël-dònach cròth;  
 Nach geilleadh do shluagh Ròimhe  
 'S Teutònuich thain' na'r còir,  
 A chuid o chuid le seoltachd,  
 'S cha b'ann le treoir co mòr.

Na Lochlannuich thug ionnsuidh  
 Ar ceansuchadh gu tur,  
 Le foghmhoireachd, 's droch thionsgna  
 Faraon air tràigh, 's air muir ;  
 Ach uaigh thug Gaël dhoibh sud,  
 Leo gus am b'annsadh sgur ;  
 'S bheir sibhse dearbh gach àm air  
 Gur sibhse'n clann chruaidh, mhear.

Ar gaisg do dhuisc dhuinn mi-run,  
 Nan Gotach fiata, searbh,  
 Seadh Iarmad Ghaël, tha lionmhor,  
 A' sàth na'r bian an calg.  
 Nis ni'm bheil Got a sgrìobhas,  
 Nach bheil le miosgain garg,  
 Do nach sop-reic ar riabadh,  
 Thoirt fiach d'a Fharnisg bhorb.

Ach choisin giulan laochmhor  
 Dhuibh meas cuid dhaoin' thug fuath ;  
 D'ur tìr, gun fhios cia'n t-aobhar,  
 Mur e bhi daonnan cruaidh.  
 Is aithne d'ar deagh rìgh sibh,  
 'S d'a theaghlach rimheach suairc,  
 Dhuibh chaoidh cha'n easbhuidh inbhe,  
 'S sibh 'n tòir co dian air buaidh.

Cha ghann duibh luchd ath-lionaidh,  
 'S ur cliu co cian, 's co binn,  
 Bithidh oig-fhìr ghleusta, dhiana,  
 'G ar'n iarraidh as gach beinn,  
 Tairngidh fuaim ur pioba,  
 Na miltean as na gleinn ;  
 Bithidh breacain, 's claidhean llomha,  
 Ag dùsgadh miann gach linn.

O ! Aberchromie chliuitich,  
 Gur mor ar tùirs' ad' dheigh,  
 Gur mor a chaill do dhùthaich  
 'N ad' chleachd, na d'iul, 's na d'threim';  
 Do Bhantrach, a's t'òg fhiurain,  
 Tha frasadh dlù nan dèur  
 Ach 's mòr am meas a's dù dhoibh  
 Air sgà an Fhiùì dh'èug.

Ach Alastair àigh Stiùairt,  
 Is aoibhinn leamsa t'éuchd,  
 A stiuir na Gaël shundach  
 An còmhrag cliuiteach Eipht;  
 Ged thug aois, a's droch dhùthaich  
 Dhiom slainte, lùths, a's glèus,  
 Chaoidh leanaidh mo cheud rùn sibh,  
 'S is beatha ur cliu do m' chrè.

Nis saoghal fad', a's soirbheas  
 Do ghaisgich gharg nan Gaël,  
 A dhionadh còir na h-Alba,  
 'S a chosgadh buirb nan nàmh,  
 A bhuanach' sith, a's sealbh dhuinn,  
 Air chuantaibh garbh, 's air tràigh,  
 Gu mair ar reachd, 's Co-dhealbhadh,  
 Fudh rìgh math soirbh 's gach àl.

Bu dian ag ruith air àimhleas,  
 Neach a thionndaidheadh a'n tìr,  
 Ar cinneadh dileas, lamh-laidir,  
 Tre ghionach saibhris chrìn;  
 A's co a choimhdeadh dhoibhsin sud,  
 Gun chàirdean daimh an sgiath?  
 Tba Bonaparte eibhneach dhèth  
 Mar leimeas iad muir shiar.

An deigh saothair, a's dòrainn,  
 Is aoibhneach sògh, a's sàimh,  
 Deagh chliu o dhaoine còire,  
 A's failte mhòr o dhaimh;  
 Ach c'ait' am faighear glòr dhomh  
 A dh'aithris sògh nan òigh,  
 Thug meas, a's gaol an òig dhuibh,  
 'S nis tha gun deo le h-àgh.

Ged tha sibh an tìr chian uam,  
 Mo shoruidh sior 'nur còir,  
 Biodh tearmunn an aird Thriath leibh,  
 Gur dìon o lochd, 's o leon;  
 Is acibhinn leam deagh sgial oirbh,  
 Ged tha mi crionaidh, breoit,  
 Ach mis', mas Oisein liath mi,  
 Mo dhòigh, bithidh m'Fhiann sior bheo.



## ORAN d'a Chèilidh. le D. Mac-an-t-saoir.

A Mharai bhàn og, 's tu 'n óigh th'air m'-aire,  
 Ri'm bheo bhi far am bithinn fhein;  
 O'n fhuair mi ort cóir cho-mór 's bu mha' leam,  
 Le pósadh ceangailt' o'n chleir,  
 Le cúmhanta teann, 's le banntaibh daingean,  
 'S le snaim a dh'fhanas, nach treig:  
 'S é t fhaotain air láimh le gràdh gach caraid  
 Rinn sláinte mhaireann a'm' chré.

'Nuair bha mi gu tinn's mi dhìobhail leannain,  
 Gun chinnt co theannadh rium fhein,  
 'S ann a chunna' mi 'n óigh air bord tigh-leanna,  
 'S bu mhóthar ceanalt' a beus:  
 Tharruing mi suas ria, 's fhuair mi gealladh  
 O'n ghruagaich bhanail bhi 'm reir:  
 'S mise bha aobhach t-fhaotainn marrum,  
 'S croch-laòigh a' Bharain a'd' dheigh.

Maduin Di-luain, ge buan an t-slighe,  
 'Nuair ghluais mi ruidhinn mar ghaoth,  
 A dh'fhaicinn mo luaidh 's rud uainn' nar d'athist  
 Nach dual da rithist gu'n sgaoil;  
 Thug mi i 'n uaigneas uair abhruithinn,  
 'S ann fhuair an ni'an mo ghaol,  
 A's chluinneadh mo chluas an fhuaim a bhitheadh  
 Aig luathas mo-chridhe ri 'm thaobh.

Sin'nuair chuir Cupid an t uldach a'm 'bhroilleach,  
 G'a shaighdean corranach caol, [chòran,  
 A dhruinn air mo chuisibh chuir luchd air mo  
 Leis an do thuit mi ge p'oil leam 's gu'n d'adm,

Dh'innis mi sgeul do'n té rinn m' acain,  
 Nach leigh a chaisgeadh mo ghaoid;  
 'Sé leighis gach creuchd, i fhein le feartaibh  
 Theachd réidh a'm' ghlaicibh mar shaoil.

Bheir'inn mo phóg do'n óg-mhnaoi shomult',  
 A dh' fhàs gu boinneanta, caoin,  
 Gu mìleanta, cómhuard, seócail, foinneamh  
 Do chómhradh gheibh mi gu saor.  
 Tha mi air sheól gu leoir a'd' chomain,  
 A mhóid 'sa chuir thu gu faoin  
 Do m' smaointean górach, próis nam boireannach,  
 'S cóir dhamh fuireach le h-aon.

Chaidh mi do'n choill', n robh croinn as gallain  
 Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,  
 'S bha miann mo shúl do dh'fhiuran barruicht,  
 An dlú's nam meanganan shuas,  
 Geng fo bhlá' o bár gu talamh,  
 A lúb mi farasd a nuas:  
 Bu duilich do chách gu bráth a gearradh,  
 'S é'n dán damh 'm failleam a bhuaib.

Shuidhich mi lion air fìor-uisg tana,  
 'S mi stri' 'ga tharruing air bruaich,  
 'S thug mi le sgríob air tír a ghealag,  
 'S a líth mar eal' air a' chuan;  
 'S toilicht' a dh'fhàg a 'n la sin m' aigne,  
 An roinn a bh'agam san uair;  
 B'i coimeas mo cheud mhna' reult na maidne,  
 Mo chéile codail 's mi 'm shuaib.

'Sé b'fhasan leat riamh bhi ciallach banail  
 Ri gnìomh, 's ri ceanal mna-uaisl':  
 Gu páirteach, báigheal, blá'. gun choire,  
 Gun ghíomh, gun ghoinne, gun chruas,

Gu déir'each, daonntach, faoilidh, farrasd',  
 Rì daoine fanna, boc', truagh ;  
 Is tha mi le'd' sheól, an dóchas ro-mhath,  
 Gur lón a d' anam do dhuais.

Chuir mi air thús ort iùl as aithne,  
 Le sùgra' ceanalta, suairc,  
 'Nuair theannain riut dlù, bu chùraidh' d' anail  
 Na ùbhlán meala 'gam buain :  
 Cha bhiodh sgeul rùin air grunn-dmo stamaic,  
 A b' fhiu, nach mealladh i uam ;  
 Nan cuireadh i cúl rium 's diulta' baileach,  
 Bu chúis damh anart as uaigh.

Do bhriodal bla' sdo mhàran milis,  
 Do nàdur grinneas gach uair,  
 Gu bialchair gaireach aluinn coineil,  
 Gun chás a thoille dhuit fuath ;  
 Chuir i guin bhais fad rái 'm mhuineal  
 Dh'fhag lán mi mhulad sa ghruaim,  
 Nuair thuig i mar bha sa thár mi n-ulaidh  
 Ghràd sparr i 'n cunnart ud uam.

'S ann thog e mi 'm pris o'n tíom so 'n uraidh,  
 An ní 'san urrain a fhuair,  
 'Sguab do'n ìre fhíor-ghloin chruineachd,  
 An síol a's urramach buaidh.  
 Sin na chuir mi co-riomhaich umad ;  
 Bha d' inntin bunailteach buan :  
 Lónadh do sgiamhachd miann gach duine,  
 An dreach, fiamh, an cumachd, 's an snuagh.

Do chuach.fhalt bán air fás cho-barrail,  
 'Sa bhár lán chamag as dhual ;  
 T-aghaidh ghlan, mhálta, nárach, bhanaill,  
 Do dhà chaol mhalaidh gun ghruaim ;

Súil ghorm, líonntach, mhin-ros, mheallach,  
 Gun díth cur fal' ann a'd' ghruaidh,  
 Deud gheal íobhraidh dionach, daingean,  
 Beul bìth nach canadh ach stuaim.

Shiúblhadh tu fásach áiridh gliane  
 'San áit' an cinneadh an spréidh,  
 G' am bléothan mu chró, 's bhi chóir na h innis,  
 Laoigh óg a' mireadh 's a' leum ;  
 Cha mhiosa do lámh 's tu láimh re coinnil  
 Na 'n seómar soilleir ri gréin,  
 A' fuaidheal 's a' faithmeadh bhann as phionar,  
 An ám chur grinnis air greus.

Do chneas mar an éiteag glé-ghlan, fallain,  
 Corp seamh mar chanach an t-sléibh ;  
 Do bháigh co-nhin, 's do chíochan corrach  
 Siad líontach, soluist le chéil' ;  
 Gaoirdeine tlá' geal lámh na h ainnir,  
 Caol mheoir, glac thana, bas réidh ;  
 Calpa deas úr, troigh dhlu' 'm broig chuimir  
 Is lúthar innealta ceum.

'S ann fhuair mi bhean chaoin aig taobh Mhám-  
 charraidh,  
 'Sa gaol a'm' mhealladh o'm chéill' ; [tharruing,  
 Bha do chridhe dhomh saor, 'nuair dh'fhead mi  
 Cha b'fhapin domh bharaill bhi d' reir :  
 'S ioma' fuil nasal, uai' reach, fharumach,  
 Suas ri d' cheann-aghaidh fhein,  
 Gad' chumail am pris an Rìgh 's MacCailein,  
 'S tu shìol nam fear a bha 'n Sléit'.

Nam faighinn an drást do chàramh daingean  
 An éite faluich o'n eug ;

Ge d' thigeadh é d' dháil, as m' fhágail falamh  
 Cha b' áill leam bean eil' a'd' dheigh :  
 Cha toir mi gu bráth dhuit dranndan teallaich,  
 Mu'n ardaich aileag do chléibh,  
 Ach rogha' gach márrain, grádh as furan,  
 Cho-bla' 'sa b'urrainn mo bheul.

Dheanainn duit ceann, as crann, as t-earrach,  
 An ám chur ghearran an éill,  
 Is dheanainn mar chách air tráigh na mara,  
 Chur áird air mealladh an éisg :  
 Mharbhainn duit geoidh, as róin, as eala,  
 'S na h eoin air bharra nan geug,  
 'S cha bhí thu ri d' bheo gun seól air aran,  
 'S mi chomhnuidh far am bi féidh.

---

## MURTA GHLINN-COTHANN.

Mile marbhaisg\* ort a shaoghail  
 Tha thu carach, mar chaochla nan sion,  
 An ni nach guidheamaid fhaotuinn  
 Mar na sruthaibh a' maom oirn a nìos ;  
 'Si chneidh fein, th'ar gach aobhar,  
 Bhios gach duine a' caoine, 's e tinn,  
 Breth mhic samhain air saoidhein,  
 Tighinn a ghleachd ruinn a thaobh cùl ar cinn.

\* Marbh-phasg.



A Rìgh fheartaich na gréine  
 Tha'n caithir na féile, dean sìth,  
 Rì cloinn an fhir a bha ceutach,  
 Nach bu choltach rì féile-fir chrion;  
 'N uair a thogta leat bratach,  
 Croinn chaola, fraoch daite, agus pìob,  
 Bhiodh mnàì ghaoil, le fuaim bhos  
 A' caoi laoiach nan arm sgaiteach san strì.

Gun robh aigne duin uasail  
 Aig a bhail' agus uaithe a' d' chòir,  
 Cha b' i ghéire gun tuigse  
 Bha sa bheul bu neo-thuisliche glòir ;  
 Ceann na ceill a's na cuideachd  
 Rinn na-h-eacoraich cuspair de t'-fheoil :  
 Cha b' e 'm breugair a mhurtadh  
 Le luchd shéideadh nam pluic air stòl.

Ach fear mor bu mhath cumadh,  
 Bu neo-sgàthach an curaidh gun ghiomh,  
 Cha robh barr aig mac duine ort  
 Ann an àilleachd, 's an uirigleadh cinn :  
 Anns a bhlàr bu mhath t-fhuireach  
 Chosna làrach, a's urram do'n rìgh ;  
 Mo sgread chràiteach an fulachd  
 A bha 's tìgh chlàraidh 'n robh furan nam pìos.

Cha robh dò chridhe mar dhreagon  
 Tarruing slighe na h-eacoir a'd' chùis,  
 'S tu le d' chloidheamh ag éiridh  
 As leth t'athar 's rìgh Seumas a chrùin :  
 'Taid an Albainn 's an Eirinn,  
 Luchd a thathaidh, 'sa rèiteach do chùis ;  
 Bi'dh la eile ga dheuchainn :  
 'S tus' ad luidh an cist' anns an ùir.



B'iad mo ghràdh na cuirp gheala  
 Bha gu fiughantach, fearail, neo-chrìon,  
 'S maireg a chunnaic ur n-uaislean  
 Dol fo bhinn ar luchd fuatha gun dìon;  
 Ach nam bitheamaid 'nar n-armaibh  
 Mun do chruinnich an t-sealg air an tìr,  
 Bhiodh luchd chòtaichean dearga  
 Gun dol tuille do dh' armait an rìgh.

Cha robh gnothach aig lèigh  
 Dh'ol a leigheas nan creuchd nach robh slan,  
 A' cail am fola fo'n lèintibh  
 Bha na fir bu mhòr feill ri luchd dhàn,  
 Nam b'e cothrom na Feinne  
 Bhiodh eadar sibh fein 's Clanna-gall,  
 Bhiodh eoin mholach an t-sleibhe  
 'Gairsinn salach air chrèibheagaibh chàich.

Cha b'e cruadal an cridhe  
 Thu, dhoibh buannachd air baidheann mo ruin,  
 Tilge luaidhe na cithibh  
 Sud an uair a bha mi-shealbhach dhuinn,  
 Eadar uaislibh a's mhithibh  
 Gun robh bhuaidh ud a'ruidh oirn o thùs;  
 O'n 's i'n uaigh ar ceann-uidhe  
 Bi'dh na sluaisdean a' frithealadh dhuinn.

Cha b'i sud an fhuil shalach  
 Bha ga taomadh mu'n talamh sa ghleann,  
 'Sa liuthad ùmaidh mar ghearran  
 A bha cuir fùdair na dheannaibh mu'r ceann;  
 A Rìgh dhùlaich nan aingeal  
 Gabhsa cùram da 'r n anam, 's sibh thall,  
 Chaidh ur cunntas an t-inead  
 Le garbh dhùsgadh na malairt a bh' ann.

Thrus do chinne r'a chéile

Dheanamh coinneamh an de' anns an Dùn,  
Cha d' aithris thu sgeuladh

Fhir a b' urrainn a rèiteach gach cùis;  
Ibhte dhaingean nan sgéith thu,  
'S am baranta treun air an cùl  
Bi'dh là eile ga reiteach,

'S mise druidte fo dhéilidh san ùir.

Cha bu chòcairean giùraig

Chumail còmhuard an slinnein roi chàch;  
O'n là thòisich an iomairt

Chaill Clann-Domhnuill ceann-fineadh no dha;  
'N Gleacair òg ur Ceann-cinnidh

Chuir a dhòchas 'an smioraibh a chnàmh;  
Gheibheadh còcaire bioradh  
Rogha spoltaich o spionnadh a lamh.

Luchd a thràgladh nam buideal

Bheireadh earrach air rùban de'n fhìon,  
'Nuair a thàrladh sibh cuideachd

Bu neo-bhrùideil mu'n chupan ud sibh;  
Ag iomairt thàileasg, a's chluichibh

Air a chlàr bu neo-thrù'ail ur gnìomh;  
Cha bu chearr am measg truid sibh

'Nam pàidheadh na cuideachd, 's g'an diol.

Gu bheil mise fo mhulad

Ag anharc ur gunnadh air steill,  
Sàr ghìomanaich ullamh

Leis an cinneadh an fhuil anns a bheinn,  
Ann am frìgh nan damh mullaich

Far an deanar libh munasg air seilg,  
Ga bu tric sibh gan rùsgadh

Cha d' iarr sibh riamh cunntas sna béin.

Cha bu sgàthairean gealtach  
Bhiodh a' maoitheadh an gaisge gach là,  
Tha san Eilean nan codal  
Nach dùisg gus am faicear am bràth,  
Luchd dhireadh nan èit-bheann  
Le'n cuilbheiribh gleusta nan laimh,  
'S lionmhor fear nach d'rinn éiridh  
Bha na ghìomanach treun air a h-earr,

Rìgh gur mis tha fo airtneul  
Ri àm dhomh bhi faicinn ur beann,  
Cha lugha mo chuid cùraim  
Ri bhi cuimbneach ur dùchanna thall,  
Mu'r mhithe mar thachair  
'S ann leamsa gum b'ait bhi dol ann,  
Gus an d-thainig a chreach oirn  
Mar gun tuiteadh a chlach leis a ghleann.

'S lion'ar fear tha toirt sgainneil  
Do'n tighearn òg air an fhearann so thall,  
Eadar ceann locha Raineach,  
Rugha shleibhte, 's bun Gharaidh nam beann,  
Bha thu feicheannach daingean  
Far an èisdte ri d' theangaidh an cainnē,  
Mar iurball peuchdaig gu tarruing,  
'S mar ghath reubaidh na nathrach gu call.

Leum an stiùir bharr a claiginn  
Le muir suigh, 's gun sinn ath-chainnteach dho,  
Dh'fhalbh na croinn, 'sna buill bheairte,  
'S leig sinn uallach na slait air an sgòid;  
'S bochd an dùsgadh sa mhaduinn  
So fhuair sinn gu grad a theachd oirn,  
'S ma gheibh sinn ùine ri fhaicinn  
Bheir sinn fùcadh mu'n seach air a chlò.

ORAN nam Fìneacha Gae'lach, le IAIN dubb MAC  
IAIN 'ic AILEIN.

'S i so 'n aimsir a dhearbhar  
An dearganach dhuinn,  
'S bras meamnach fir Alba  
Fo 'n armaibh air thùs ;  
'N uair dh' éireas gach treun-laoch  
Nan èididh ghlan ùir,  
Le rùn feirg agus gairge  
Gu seirbhis a chrùin.

Theid mathaibh na Gae'ltachd  
Gle shanndach sa chùis,  
S gur lionmhor each seang-mhear  
A dhamhsas le sunnt,  
Bi'dh Sasgannaich cailte  
Gun taing dhoibh ga chionn,  
Bi'dh ná Frangaich nan campaibh  
Gle theann air an cùl.

'N uair dh' éireas clann Domhnuill  
Na leomhainn tha garg,  
Nam beo-bheithir mhòr-leathunn  
Chòanspunnaich gharbh,  
Luchd sheasamh na còrach  
Gan òrdugh lamh-dhearg,  
Mo dhoigh gum bu ghorracli  
Dhoibh tòiseachadh oirbh.

Tha Rothaich a's Ròsaich,  
 Gle dheonach air teachd 'nar ceann,  
 Barraich an treas seorsa,  
 Tha chomhnuidh measg ghall ;  
 Clann Donachaidh cha bhreug so  
 Gun eireadh libh 's gach àm,  
 Mar sin is clann Reabhair  
 Fir ghleust nach éisd bhi annt.

'S iad Clann-an-Nab an seorsa  
 A theid boidheach nan triall,  
 'S glan còmhdach nan cò'-llan  
 Luchd leonadh nam fiadh ;  
 Iad fein a's Clann-Pharlain  
 Dream àrdanach, dhian,  
 'S ann a b' àbhaist gan àireamh  
 Bhi 'm fàbhar Shiol-chuinn.

Na Leòdaich am pòr glan  
 Cha b' fhòlach ur sìol,  
 Dream rioghail gun fhòtus  
 Nan gòrsaid, 's nan sgiath,  
 Gur neartmhor, ro-eolach  
 Ur n-oig-fhir, 's ur liath,  
 Gur e crudal ur dualchas  
 A dh' fhuasgail oirbh riamh.

Clann Iomnhuinn o'n Chréithich  
 Fir ghle ghlan gun smùr,  
 Luchd nan cuilbheire gleusda  
 Nam feuma nach diult :  
 Thig Niallaich th' air sàile  
 Air bhàrcaibh nan sùgh,  
 Le 'n cabhlach luath làn mhor  
 O Bhàghan nan tùr.

Clànn-Illean o'n Dreollainn  
 Theid sanntach san ruaig,  
 Dream a chlosadh aineart,  
 Gun taing choisinn buaidh ;  
 Dream rioghail do chòsaicht,  
 Nach strìochda do'n t-sluagh,  
 'S iomad mìle deas dìreach  
 Bheir inntinn dhuibh suas.

Gur guineach na Gui'nich  
 'Nam bhriseadh cheann,  
 Bi'dh cnuachdan gan spuachdadh  
 Le cruadal ur lann,  
 Dream uasal ro uaibhreach,  
 Bu dual bhi san Fhraing,  
 'S ann o Dhiarmad a shiòlaich  
 Pòr lionmhor nach gann.

Tha Stiùbhartaich ùr ghlan  
 Nam fiùrain gun ghiomh,  
 Fir shunntach nan lùth-chleas  
 Nach tionndai le fiamh,  
 Nach gabh cùram roi mhùiseag  
 Cha b' fhiu leo bhi crìon,  
 Cha bu shùgradh do dhù-ghall  
 Cùis a bhuin dhibh.

Gur lionmhor lamh theomadh  
 Aig Eoghann Loch-iall,  
 Fir cholganda bhorganda,  
 'S oirdheirce gniomh,  
 Iad mar thuilbheum air chorra-ghleus,  
 'S air chon-fhadh ro dhian  
 'S i mo dhùilse nam rùsgadh  
 Nach diult sibh dol sìos.



Clann-Mhuirich nach sòradh  
 A chonnspairn ud ial,  
 Dream thuilteach gun mhòr-chùis  
 Ga'n còir a bhi fial,  
 Gur gaisgeal fìor-sheolta  
 Ar mòr thionail cheud  
 Ni sibh spòlta air feolach  
 A stròiceadh fo 'n eun.

Tha Granntaich mar b' àbhuist  
 Mu bhràigh uisge Spé,  
 Fir laidir ro-dhàicheil  
 Theid dàn anns an streup,  
 Nach iarr cairdeas no fàbhar  
 Air nàmhuid fo'n ghrein ;  
 'S i n-ur làmhach a dh' fhàgas  
 Fuil bhlàth air an fheur.

Tha Frisealaich ainmeil  
 Aig seanchaibh nan crìoch,  
 Fir gharbha ro chalma,  
 Ur fearg cha bu shìth ;  
 Tha Catanaich foirmeil  
 Si 'n armachd am miann,  
 'An cath gairbheach le 'r n-armaibh  
 A dhearbh sibh ur gnìomh.

Clann Choinnich o thuath dhuinn  
 Luchd bhuanachd gach cìs ;  
 Gur fuasgailteach, luath lamhach  
 Ur n-uaislean san strìgh ;  
 Gur lionmhor ur tuadh cheathairn  
 Le 'm buailtibh de ni ;  
 Thig sluagh dùmhail gun chnntas  
 A dùthaich Mhic-Caoidh.

Nis o chuimhnich mi m' iomrall,  
 'S fàth iuntraichinn iad,  
 Fir chunbhalach chumaite,  
 Ni cuimse le 'n laimh,  
 Nach deau iumluas mu aon-chuis  
 Chionn iunntais gu bràth,  
 Gur muirneach ri 'n iomradh  
 Clann-Fhiunnlaidh Bhràì-bhàrr.

Thig Gordanaich, 's Greimich,  
 Grad gleusd as gach tir ;  
 An cogadh rìgh Tearlach  
 Gum b' fheumail dha sibh ;  
 Griogaraich nan geur-lann  
 Dream speiseil nam pìos,  
 Air leam gum bi 'n eucoir  
 'Nuair dh' èigheadh sibh sìos.

Siosalaich nan geur-lann  
 Theid treun air chùl arm,  
 An Albuinn san Eirìan  
 -B' e ur beus a bhì garg,  
 An àm dol a bhualadh  
 -B' e 'n cruadal ur calg,  
 Bu ghuineach ur beuman  
 'N uair dh' éireadh oirbh fearg.

Nam biodh gach curaidh treun-mhor  
 Le cheile san àm,  
 Iad air aon inntinn dhìrich  
 Gun fhìaradh, gun chàm,  
 Iad cho chinnteach ri aon fhear,  
 'S iad tìtheach air a gheall,  
 Dh' aiaideoin mùiseag nan dù-ghall,  
 Thig cùis th' air an ceann.

*Coire-cheathaich, le D. MAC-AN-T-SAOIR.*

'Se Coire-cheathaich nan aighean siùbhlach  
 An Coire rùnach is ùrar fonn,  
 Gu Iurach, miad-fheurach, mìn-geal, sùgh'or,  
 Gach luisean flùar bu chùbhraidh leam ;  
 Gu molach, dùbh-ghorm, torrach, lùisreagach,  
 Corrach, plùireanach, dlù ghlan, grinn ;  
 Caoin, ballach, dìtheanach, cannach, mìsleanach,  
 Gleann a mhìlltich, san lionmhor mang.

Tha falluing dhùinte gu daingean, dùbailt,  
 A mhaireas ùine mu'n rùisg i lom,  
 De'n fheur is cùl-fhinne dh'fhàs na h-ùrach,  
 'Sa bhàrr air lùbadh le drùchda tròm,  
 Mu choire ganach nan torran uaine,  
 'Bheil luibh a's luachair a suas gu cheann ;  
 'S am fàsach ganach 'an càs a bhuanadh,  
 Nam b' àite cruaidh e'm biodh tuath le'n suim.

Tha trusgan faoilidh air cruit an aonaich  
 Chuir sult a's aoidh air gach taobh a d' chom,  
 Mìn-fheur chaorach, a's barraibh bhraónan,  
 'S gach lus a dh'fhaodadh bhì'n aodunn thom,  
 Mu'n choir' is aoidheala tha ri fhaotainn,  
 A chuannaic daoine an taobh so'n Fhraing ;  
 Mur dean e caochladh b'e'n t-aighear saoghalta  
 Do ghillibh eatrom bhi daonnan ann.

'S ann mun ruadh ais-rìgh dh'fhàs na cuairteagan  
 Clùthor, cùaicheanach, cuannar, àrd,

A h-uile cluanag 's am bàrr air luasgadh,  
 'S a ghaoth gan sguabadh a nunn 's a nall :  
 Bun na cipe, a's bàrr a mhìlltich,  
 A chuisseag dhìreach, 's an fhìteag cham ;  
 Muran brìogh'ar, 's an grunnusg lionmhor  
 Mu'n chuilidh dhìomhair am bi na suinn.

Tha sliabhna làirig an robh Mac-Bhaidi  
 Na mhothar fàsaich, 'sna stràchda trom ;  
 Slios na bàn-leachduinn, cha'n i's tàire,  
 Gur tric a dh'àraich i'n làn-damh donn ;  
 'S na h-aighean dàra nach d-théid a'n bhà-thigh,  
 A bhios le'n àlach gu h-àrd 'nan grunn,  
 'S na laoigh gu h-ùiseil a là 'sa dh' oidhche,  
 'S na h-urrad cruinn diubh air druim clach-fionn.

Do leachda chaoineil gu dearcach, braoileagach,  
 Breac le feireagaibh 's cruinn dearg ceann ;  
 An creamh na chaithrichibh am bac nan stairi-  
 Stacan fraoineasach nach bu ghann : [chean.  
 Am bearnan-brìde, 'sa pheighinn rioghail,  
 'San canach mìn-gheal, 's am mìslean ann ;  
 'S a h-uile mìr dheth o'n bhun is ìsle  
 Gu h-ionad cìrean na crìch is àird.

'S rìomhach còta na craige mòire,  
 'S cha'n'eil am fòlach ad chòir san àm,  
 Ach meunan còinich, o's e bu nòsaire,  
 Air a chòmhdachadh os, a's thall :  
 Na lagain chòmhnard am bun nan srònag,  
 Am bi na sòghraichean, 's neònain fann,  
 Gu bileach, feòrnaineach, mìlis, ròineagach,  
 Molach, ròmach, gach seors' a th' ann.

Tha mala ghruamach de'n bhiolair uaine  
 Mu'n h-uile fuaran a th' anns an fhonn ;

A's doire shealbhag aig bun nan garbh-chlach,  
 'San grinneal gainich gu meanbh-gheal, pronn,  
 Na ghlugaibh plumbach air ghoil gun aon teas,  
 Ach coileach bùirn tighinn a grund eas lom ;  
 Gach sruthan uasal na chuailean cùl-ghorm  
 A' ruith 'na spùtaibh, 's na lùbaibh steoll.

Tha bradan tarra-gheal sa choire gharbhlaich  
 Tha tigh'nn o'n fhairge bu ghaileach tonn,  
 Le luinneis mheamnach a' ceapa mheanbh-chuileag  
 Gu neo-cheurbach le cham-ghob crom ;  
 Air bhuinne borb, a's e leum gu foirmeil  
 Na éididh cholgail bu ghorm-ghlas druim,  
 Le shoillsibh airgid, gu h-iteach meanbh-bhreas,  
 Gu lannach, dearg-bhallach, earr-gheal sliom.

'S e Coire-cheathaich an t-aighear prìseil.  
 'San t-àite rioghail mu'm bìdht a sealg ;  
 'S bi'dh féidh air ghiulan le lamhach fùdair  
 Cur luaidhe dhù-ghuirm gu dlù nan calg :  
 An gunna gleusda, 's an cuilean eatrom,  
 Gu fuileach, feumannach, treubhach, garg,  
 A' ruidh' gu siùbhlach, a gearradh shùrdag,  
 'S a' dol ga dhùlan ri cùrsan dearg.

Gheibhte daonnan mu d' glacaibh faoine,  
 Na h-aighean maola, na laoigh, 's na maing ;  
 Sud bu mhiann leinn 'am maduinn ghrianaich  
 Bhi dol gan iarruidh, 'sa fiadhach bheann ;  
 Ged thigeadh sìontan oirn, uisg a's dile,  
 Bha seol gar dìdean mu'n chrìch san am,  
 An creagan ìosal am bun na frìdhe,  
 San leabaidh dhìona, 's mi m'shìneadh ann.

Sa mhadaian chiùin-ghil, an àm dhomh dùsgadh,  
 Aig bun na stùice b' e 'n sùgra leam,



A chearc le sgiùcan a' gabhail tùchain,  
 'San coileach cùrteil a' dùrdail crom :  
 An dreathan sùrdail, 'sa ribheid chiùil aige  
 Cur na smùid deth gu lùth'or binn,  
 An druid 'sam brù-dearg, le moran ùinich,  
 Ri ceilear sunndach bu shiubhlach rann.

Bha eoin an t-sleibhe nan ealtuin ghle ghloin  
 A' gabhail bheusan air gheig sa choill,  
 An uiseag cheutach, 'sa luinneag fein aice,  
 Feadan speiseil gu réidh a' seinn ;  
 A chuag 's smeorach am barr an ògain,  
 A' gabhail òrain gu ceolmhor binn ;  
 'N uair ghoir au cuannal gu loinneil guanach,  
 'S e 's gloine chualas am fuaim sa ghleann.

'N uair thig iad còmhla na bheil ad chòirse  
 De na h-uile seòrsa bu chòir bhi ann,  
 Damh na cròice air srath na mòintich  
 'S e gabhail crònain le dreòcam àrd,  
 A' dol san fhèithe gu bras le h aoibhneas  
 A' mire-leumnaich ri éildeig dhuinn ;  
 B' i sin an rìbhinn a dh' fhàs gu mìleanta,  
 Foinneamh, finealta, dìreach, seang.

Tha mhaoisleach chùl-bhui air feadh na dùsluing  
 Aig bun nam fiuran gan rùsga lom,  
 'S am boc gu h-ùluidh ri leaba chùrteil,  
 A's e ga bùrach le rùdan crom ;  
 'S am minnein, riathach bu luime cliathach,  
 Le chuinnein fiata is fiadhaich ceann,  
 Na chodal guamach an lagan uaigneach  
 Fo bhàrr na luàchrach na chuarraig chruinn.



Is lionmhor cnuasachd a bha mu 'n cuairt duit,  
 Ri àm am buain gum bu luaineach clann ;  
 Ri tional guamach, gu fearail suarce,  
 'S a' roinn gu-uasal na fhuair iad ann :  
 Céir-bheach na cnuachdaibh, 's an nead na chnairt-  
 'Sa mhil ga buannachd air cruaidh an tuim, [eig,  
 Aig scillein riathacha, breaca, srianach,  
 Le 'n crònan cianail is fiata srann.

Bha cus r'a fhaotuinn de chnuthaibh caoine,  
 'S cha b' iad na caochagan eatrom gann ;  
 Ach bagailt mhaola, bu taine plaoisg,  
 A' toirt brìgh a laoghan na maoth-shlait fann.  
 Srath nan caochan na dhosaibh caorain,  
 'S na phreasaibh caola, làn chraobh a's mheang ;  
 Na gallain ùra, 's na faillein dhlùtha,  
 'S am barrach dùinte mu chùl nan crann.

Gach àite timchioll nam fàsach íomlan,  
 Am màm a's fionn-ghleann, 's an tuilm ga chòir ;  
 Meall-tionail laimh ris, gu molach, tlàthail,  
 B' e chulaidh dh' àrach an àlaich òig :  
 Na daimh 's na h-eildean am maduinn cheitein,  
 Gu moch ag éiridh air réidhlein feoir ;  
 Greidhein dhearg dhiubh air taobh gach leargain,  
 Mu 'n Choire gharbhlaich, 'gan ainm an CEO.

MARB-RANN do'n *Ard-Urramach* MR. SEUMAS BEATTIE, *Fear-teagaisg Cà'n'ain, 's nan Eolus nàdurra, ann dn Aoltigh Uir-Obairreadhain, a chaochail sa Mhadainn Diardaoin, an 4amh. là do'n ochdamb mìos 1810. " Air fonn, Murta Gbhinne-combann."* Le E. M<sup>c</sup>L.

— κρυερόιο τεταρτόμεθα γοῦνο!

*Homer*

OCH nan och! mar a ta mi!  
 Thrèig mo shùgradh, mo mhàntan, 's mo cheol!  
 'S trom an aiceid tha 'm chràdh lot,  
 'S goirt am beum a rinn sgàinteach 'am fheòil;  
 Mi mar anrach nan cuaintean,  
 A chailleas astar feadh stuaghaibh sa cheò;  
 O'n bhuail teachdair a bhàis thu,  
 A Charaid chaoimh bu neo-fhàilteumach glóir.

A Ghaoil! a Ghaoil de na fearaibh!  
 'S fuar a nochd air an darach do chrèubh  
 'S fuar a nochd air a bhord thu,  
 Fhìurain uasail bu stòild ann ad bhèus!  
 An lamh gheal, fhurach, chàirdeil,  
 Is tric a ghlac mi le fàilte gu 'n phlèid,  
 Ri d' thaobh 's an anairt na sìneadh,  
 Na meall fuar creadhe, fo chis aig an èug.

A mhìog-shuil donn bu tlà sealladh,  
 A nis air tionnda, gun lannair a d' cheann !  
 'S sàmhach binn-ghuth nan ealaidh !  
 'S dùint am beul ud o'm b' annasach cainnt !  
 An cridhe firinneach soilleir,  
 Leis 'm bu spideil duais foille, no sannt ;  
 A nochd gun phlosg air an dèilidh !  
 Sian mo dhosgain, nach breugach an rann.

Gun smid tha 'n ceann anns na thàrmuich  
 Bladh gach coluis a b' àird ann am mlagh ;  
 Gliocas eagnai na Grèige,  
 'S na thuig an Eadailt bu gheur-fhoclaich brìgh !  
 'S balbh fear-rèitich gach teagaimh ;  
 Anns a bheurla chruaidh, spreigearra, ghrinn !  
 'N uair bhios luchd foghlum fo dhubhar,  
 Co na t' ionads o dh' fhuasglas an t-snuim ?

'S balbh an labhraiche pòngail,  
 Bu tearc r'a fhaotainn a chombanach beoil ;  
 'Am briathraibh snaighte, sgèimh-dhealbhach,  
 A chur na h-ealaidh no 'n t-seanchais air neoil ;  
 Ge b' è Bard an dàin chèutaich,  
 Mu chian-astar Ænèais o Thròidh ;  
 'S firinn cheart nach bu diù leis,  
 E fe'n thoirt seachad mar Ughdair do sgeoil.

Gun smid tha'n Gliocair a b' eolach,  
 Air fad na criutheachd a dh' òrduich Mac Dè  
 Gach gue an saoghal na Fairge,  
 'S a mbachthir chòmhnaird no 'n garbhlaich an  
 Gach bileag ghorm a tha lùbadh, [t-sléibh :  
 Fo throm eallaich nan drùchd ris a ghrèin :  
 'S an riòghachd mheatailtich b' àghor,  
 Do phurp ag innse dhuinn nàdur gach seud.

'S balbh fear-aithne nan ràidean,  
 A shoillsich Aingil a's Fàidhean o thùs ;  
 A's soisgeul ghloirmhor na slainte,  
 Thug fios air tròcairean Ard-Rìgh nan dùl :  
 'An stèigh gach teagaisg bu ghrásmhoir,  
 'S tearc Pears'-eaglais thug bàrr ort, a Rùin !  
 Dòchas t-anma bu làidir,  
 'S an fhuil a dhortadh gu Phárrais thoirt dhuinn.

Riaghluich t-eolas de ghiulan,  
 Modh na foirfeachd a b' iuil duit 's gach ceum :  
 Do mhòr-chridh uasal gun tnùth ann  
 Gun ghoimh, gun uabhar, gun lùbaibh, gun  
 Cha b' uailse tholgach an fhasain, [bhrèug :  
 Cha dealradh saibhris a thatadh do spèis ;  
 'Si 'n inntinn fhior-ghlan, a b' fhiu leat,  
 A's foghlum dìchill ga stiuradh le cèill.

Mo chreach lèir an tìgh mùirneach,  
 'S am faict' a ghreadhain gu sunntach mu'n bhòrd,  
 Dreòs na cèire toirt soillse,  
 Gach fion bu taitniche faoileas, fo chròichd :  
 Do chuilm bu chonaltrach, failteach,  
 B' aiseag slainte dhuinn mànan do bheoil ;  
 Bu bhinn a thogail na tèis thu,  
 'Sa chruit fhonn'or ga gléusadh gu ceòl.

'N uair dh' èirgheadh còisridh bu choinnealt,  
 A dhànn's' gu lùth'or ri pronnadh nam pòng ;  
 Gum b' èibhinn cridh do mhnà-comuinn,  
 Do chròilein maoth, 's iad gu tomanach, donn ;  
 A ghearradh leum air bhòrd loma,  
 Dol seach a chèile mar ghoireadh am fonn,  
 Ach dh' fhàlbh sid uile mar bhruadar,  
 No bristeadh builgein air uachdar nan tonn,

A Rìgh ! gur cianail mo smaointean,  
 Rì linn do t-àrois bhì faontrach, gun mhùirn !  
 Sguir a chuilm 's an ceol gàire,  
 Chaidh meodhail ghreadhnach a's mànràn o'r cùl:  
 Chinn an talla fuar fàsail;  
 'S è chuir mullach na fardoich 'na smùr,  
 Ceann na didinn, 's na riaghailt,  
 A bhì sa chodal throm shiorruidh nach dùisg !

Do bhantrach bhochd mar eun tiamhuidh,  
 Rì truagh-thùrsa, 'sa sgiathan mu h-àl;  
 A neadan creachta, 's i dòineach,  
 Mu gaol a sholair an lòn deibh gach tràth:  
 O'n dh'imich Fir-eun na h-ealtainn,  
 Tha'n t-searbh-dhìle 'tighinn thart as gach àird !  
 A Rìgh nan Aingeal ! bi d' dhìon doibh,  
 'S tionndaidh ascaoin na sìne gu tlàths.

'S ioma sùil ata silteach,  
 A thaobh Uigh nam fear glic gun bhì buan;  
 Tha mìltean ùrnuigh ga d' leanailt,  
 Le mìltean dùrachd, a's beannachd gu t-uaigh;  
 A liuthad diùlannach ainnis,  
 A dh' àrduich t ionnsachadh ainneamh gu h-uail;  
 'S gach la bhios càirdeas air faoineachd,  
 A Bheattie chliùitich ! bi'dh cuimhn' air do luach,

Rinn t-èug sinn uile gun sòlas,  
 Tha teach nan innleachd, 's an òigridh fo phràmh;  
 Chaidh Albainn buileach gu èislean,  
 Sgur na Ceòraidhean Grèugach de n dan:  
 Thainig dall-bhrat nn h-oidhch' oirn,  
 O'n chaidh Lochrann na soillse na smàl:  
 B' è sid an crìth-readhadh cèitein  
 A mhìll am fochann bu cheutaiche bàrr !



Bu tu craobh abhull a ghàrraidh,  
 A chaoidh cha chinnich ni's àillidh fo'n ghrèin !  
 Dealt an t-sàmhruidh mu blàthaibh,  
 Lùisreadh dhuilleag air chràchdaibh, a geug:  
 Ach thilg dubh-dhoireann a gheamhruidh,  
 A bheithir theinndi le srann as an spèur ;  
 Thuit an Gallan ùr riomhach,  
 'S uile mhaise ghrad-chrìon air an fheur !

A Thì tha stiuradh na cruinne !  
 'S tu leig d'ar n-ionnsuidh am buille bha cruaidh !  
 Sinne chaill an t-sàr Ulaidh,  
 Neònad priseil nan iomadaì buaidh !—  
 Dh' fhalbh a chombaisd, 's na siùil oirn,  
 Chaidh an gaisreadh 's an fhiùbhai 'n am bruan,  
 Gach creag na cunnart do'n fhiùraich,  
 O laidh an duibhr' air *Rèull-iùil* an taobh Tuath.

Och nan och, mar a ta mi !  
 Mo chridhe 'n impis bhi sgàinde le bròn !  
 Tha 'n caraid-cùirt' an dèigh m' fhàgail,  
 A sheasadh dùrachdach d'an air mo chòir :  
 Bi'dh sid am chliabh 'na bheum cnàmhain,  
 Gus an uair anns an tàr mi fo'n fhòid ;  
 Ach 's glic an *t-Aon* a thug cìs dhinn,  
 'Sda òrdugh naomh bitheamaid strìochdta gach ló.



## ORAIN GHAOIL Agus Luinneagan,

ORAN a rinn té ga leannan, nuair a bha eagal orra  
gum pòsadh e bean uasal.

Horo Iain taobh rium fhin,  
'Sna bi stri ri amaideachd,  
Feumaidh mnathan uaisle tì,  
'Sgoirt an cinn mar fhaigh iad i.

Tiunndaidh rium a's leugh a chòir,  
Tha mise deonach teannadh ruit,  
M'as òlc no math gam bi mo dhòigh  
Cha chluinn na h-eolaich gearan uam.  
Horo Iain taobh, &c.

Cha'n iarr mi siùcar no TÌ  
Sròl no sìod a cheannach dhomh,  
'Si obair mo dha laimhe fhin  
Is cinnticheadh mí leanailt rium,  
Horo Iain taobh, &c.

Gabh thusa Iain a mhuir làn,  
Mar phàtaran s' cha'n aireach dhiut,  
Ge be co fhad sa theid i 'n àird  
Gum faic thu tràigh an ealachd ann.  
Horo Iain taobh, &c.

Bin mar bhitheas luchd na stràichd,  
Le'n curachdean ard s'le'n cailleaguth,

Ni 'm pòsadh bochd an toirt gu làr,  
 Mar shneachdadh bàn na gaillinne.  
*Horo Iain taobh, &c.*

An rìomhath cheannaicheas iad gu daor,  
 An saoghal bheir e'n car asda,  
 Bith gùn a's gùn gan cuir mu sgaoil,  
 Gu h-aodach do na caileagaibh.  
*Horo Iain taobh, &c.*

'Nuair theid iad amach gu fèill,  
 Gur gann dhiut te dhiubh aineachadh,  
 Gun searg iad mar ni ròs na gèig,  
 Ri teas na grein a dh'fhannaicheas.  
*Horo Iain taobh, &c.*

An uailse bhòchd gùn chas gun làmh,  
 Th' n dàn mar dh'fhàg an sean fhacall,  
 Cha chuir e salunn air a chàl,  
 Bi t-fhaicill tra' mun lean i riut.  
*Horo Iain taobh, &c.*

An uailse, bhochdainn, a's an spòrs,  
 Nan triuir a chòir na h.amaideachd,  
 Ma gheibh a cheathrar ud ort còir  
 Gur mairg' bean òg o leanas riut,  
*Horo Iain taobh, &c.*

'Nuair thig am bothan le chraos cam,  
 Am màl, 'sa chlaun, 'sa 'n ceannach ort,  
 Bu taitneach dhiut a bhean 'san àm sin  
 'Thairneadh ceann an amuill dhiut.  
*Horo Iain taobh, &c.*

Bn mhàth do bhean a bhi gun spòrs,  
 Gun mhòit na pròis na eallaich orr',

Ma bhitheas an t-airgiod pailt na pòchd  
 Tha h-uile glòir a leanailt ris.  
*Horo Iain taobh, &c.*

An deise mharcachd gun an t-each,  
 Co àrd nam beachd 's co amaideach,  
 Cha'n ioghnadh cogadh agus plàigh  
 Bhi anns gach àit' an tachair iad.  
*Horo Iain taobh, &c.*

Na ruffles gun sgillinn 'sa phòchd,  
 Na brògan 's linndigh anairt annt,  
 Toirt iasad a sgiath gach eòin,  
 Sè 'n doigh 'am faod thu 'm faineachadh.  
*Horo Iain taobh, &c.*

Tha 'n draighin donn ann as na h-eoin,  
 An iolair mhor 'san ealadh ann,  
 Tha'n sgiathan fein a reir gach seors  
 A leum san doigh am math dhoibh iad.  
*Horo Iain taobh, &c.*

Tha diubhair eadar rèull a's reull,  
 Co àrd 'san speur ra aithneachadh :  
 Tha tàlandan an t-sluaigh gu leir,  
 Air leith fo cheil a dealachadh.  
*Horo Iain taobh, &c.*

Tha thus a's mise reir a chéil',  
 Air 'n òr air spreidh 's air seanairean,  
 'S mu gheibh mi each gu ruith na rèis  
 Cho chruaidh riut fein gun lean mi ris.  
*Horo Iain taobh, &c.*

Dò'n uaisle cha d'thugainn beum,  
 Na h-àite fein, 's cha teannainn ris,

Cha chliu 's cha ghliocas dh'fhear gun sprèidh  
'Bhi foirneadh te a dh'aindeoin diu.

*Horo Iain taobh, &c.*

*Horo Iain taobh rium fhin  
'Sna bi stri ri amaideachd,  
Feùmaidh mnathan uaisle tì,  
'Sgur goirt an cinn mar fhaigh iad i.*



Do AILEAN CAMSHRON: *Iner-sgathadail le*  
S. SHAW.

*So deoch slainte ghae'il ghabta  
'Choisinn cliu air thùs nan gallan,  
Lumb a ni na crùin a sgapadh  
'S nach bi airsneulach gan diòladh.*

Dh'iansinn air thoiseach an òrain  
Fìneadh an Fhiurain gun fhòtus,  
Cam'shronaich o bhun na Mòr-thir  
'S e Lochaidh an òilte fìon.  
*So deoch slainte, &c.*

S'ima meangan a tha lùbadh,  
'S a' dìreadh mu ghuailnibh an Fhiùrain,  
Bi'dh na Cam'shronaich air thùs ann,  
A's Dombnullaich nach diùltadh stri.  
*So deoch, &c.*

'S beag an t-ìoghnadh sud a thachairt,  
 Ga nach tionnda thu le gealltachd,  
 'S fuil nan Stiùbhardach o n Apuin  
 'Bualadh bras cuir reachd mu d' chrì.

*So deoch, &c.*

Do na h-Uaislean tha thu càirdeach,  
 Cha'n ann gan iomall a dh'fhàs thu,  
 Eadar Ardghobhar 's Cinghearloch  
 Far an àird am fàs a choill.

*So deoch, &c.*

'S beag an t-ìoghnadh i bhi èibhinn,  
 Ga b' è tè a' gheibh dhi fhein thu,  
 Cridhe fialuidh 'n còm na céille  
 Nach cuir èislein orr 'a chaoidh.

*So deoch, &c.*

Damhsair thu air ùrlar clàraidh,  
 Cho math 's a tha measg nan Gaidheal;  
 Cha mhios thu'd sgiopair air Bàta,  
 Ga toirt sàbhailte gu tìr.

*So deoch, &c.*

Dà shùil mheallach ann a' d' aodunn,  
 Aghaidh mhaiseach, thlachd'or aobhach,  
 Slios mar Ealaidh bhàin nan Caoiltin.  
 'Shnamhadh eatrom air an tuinn.

*So deoch, &c.*

'S ioma Talladh a's Tigh-tàirne,  
 Am bi iad a'g òl do dheoch slainte,  
 'S sgoileir thu 'sgriobhas gu sàr-mhath;  
 Dòbhar àrd air a chrodh laoigh.

*So deoch, &c.*



'S ioma Baintighearn le cuid stòrais,  
 A bhiodh toileach air do phòsadh,  
 Le fàinneachan air am meoraibh,  
 Le 'n gùnndaichinn sròil a's sìod.  
*So deoch, &c.*

Dh' èircadh tu moch maduinn chèitein,  
 Bhiodh damh nan cabar fo èislein ;  
 Cha'n'eil fios aig neach fo 'n ghrèin so,  
 Ciod an ceudfath tha ga d' dhì.  
*So deoch, &c.*

'S beag an t-ìoghnadh thu bhi ainmeil,  
 'S tu 'n fhuil rioghail mhùirnich, mheamnaich,  
 Tha thu do'n Fhine neo-chearbach,  
 Gallain ris an earbda 'n Rìgh.  
*So deoch, &c.*



## LWINNEAG.

*A nighean donn an t-sùgraidh,  
 Mo rhaileag laogbach, shunndach,  
 A nighean donn an t-sùgraidh,  
 Gun sùilainnse air m'aineal leat.*

Gun h-ann oi'ch Fhillbride,  
 A bhruadair mi os n-ìosal ;  
 'S 'nuair thionndai mi gu brìodal,  
 Cha d' fhuair mi fhìn ach faileas diot.  
*A nighean donn, &c.*



A cheud dìluain do'n ràidhe,  
 Ghabh mi mòran gràidh ort,  
 Gu'm fàgainnse mo chàirdean,  
 'S air sàile rachainn thairis leat.  
*A nighean, &c.*

Tha t-fholt a sios mud' ghuailibh,  
 Mar an t-òr, na dhualaibh ;  
 'S math thig sìoda luachmhor  
 Mu ghuailibh na h-Ainnire.  
*A nighean, &c.*

Do ghruaidhibh mar na ròsan,  
 Do bhràidhe mar an neònain,  
 An gaol a thug mi òg dhuit,  
 Cha bhi mi beo mar faigh mi thu.  
*A nighean, &c.*

Do phòg air bhlas nam fioguis,  
 Do dheud cho gheal 's an ibhri ;  
 'S lionar fear tha'n tì ort,  
 'S gu dilinn nach fhaigh iad thu.  
*A nighean, &c.*

Gur i mo ghaols' an òg-bhean  
 Troigh shocair am bròig chòmhnaird  
 Gum faighinn' as a pòcadh  
 Na chumadh òl gu latha ruinn.  
*A nighean, &c.*

Cha 'n è meud do stòrais,  
 A chuir mi fhìn an tòir ort,  
 An gaol a thùg mi òg dhuit,  
 'N uair a bha mi gòrrach amaideach.  
*A nighean, &c.*

Ga bu leam do stòras,  
 Na bheil san Fhràing 's an Olaind,  
 Gum b' fhearr leam bhì riut pòsda  
 Na òr an Rìgh ga d' fhaighinn e.  
*A nigbean, &c.*

'S mise tha fo éislein,  
 Gach latha mi èiridh,  
 A' cuimhneachadh air m' èucaig,  
 A's Mac-a-ghèill, a' luidhe leath.  
*A nigbean, &c.*

---



---

## LUNNEAG.

*S'è luath-bheul na b-igheana duibh*  
*Cbuir grùaim air mo leannan rium,*  
*Tha m' fhuathb' air an nighinn duibh,*  
*Nach urrainn mi ga àicheadh.*

Gum d' thug mi cion do'n Chìopair,  
 Do chàol a thug do'n tìr mi,  
 Gur mis' a tha fo mhi ghean,  
 Ma dhìobair thu cho trà mi.  
*S'è luath-bheul, &c.*

Do ghruidhean mar an caorrann  
 D' shlios cho gheal san fhaoilean,  
 Da shùil ghorm a t' aodunn  
 Do mhàla chàol a chràidh mi.  
*S'è luath-bheul, &c.*

'alp' an t-siubhail bhòidhich,  
Troigh shocair 'am bròig chòmhnaird;  
Iar a faigh mi còir ort,  
Chà bheo mi gu Feill-màrtuinn.  
*'S è luath-bheul, &c.*

'S è mo ghaol an t-òig-fhear  
Is deise thèid 'an òrdugh;  
Gur mise th' air mo leònadh,  
O'n sheol thu nàin air sàile.  
*'S è luath-bheul, &c.*

'S ann aig taobh na dìge,  
A shuidh mi leat a bhrìodal;  
'S bu toilichte bha 'm inninn,  
Na sgrìobhadh air na h-àrduibh.  
*'S è luath bheul, &c.*

Dh' fhalbh mo leannan bòidheach,  
Ann bliadhna' a dh' arm Rìgh Deorsa,  
'S cinnteach mi th' air mhòran,  
Gun còird thu ris a Mhàidseir.  
*'S è luath bheul, &c.*

Gur mise tha gu brònach,  
'S mi m' shuidh air cnoc am aonar  
'S mi 'n so a' deanamh orain,  
Do'n Oig-fhear tha mi 'n gràdh air.  
*'S è luath-bheul, &c.*

Gur è mo ghaol an t-uasal  
A dhìr as ris a chruachan,  
Do ghunnadh air do ghualainn  
'S an Eilid ruadh fo phràmh ann.

## ORAN GAOIL ro-thaitneach.

O Iain a Gleanncuaich,  
 Fear do choltais cha dual da fàs;  
 Do chùl bachlach nan dual,  
 Air a phleatadh 'an cuaich gu làr;  
 Thoir an t-soraidh so uam  
 A dh'fhios an fhleasgaich is uaisle dreach,  
 A dh'fhàg tacaid am thaobh,  
 Chuir saighead an aoig fo m' chrìos.  
 Thoir an t-soraidh, &c.

'S math thig sud air mo rùn,  
 Boineid bhallach is dù-ghuirm neul,  
 'S dos do'n t-sìoda 'na cùl,  
 Air a chàramh gu h-ùr o'n t-snàthaid,  
 Marri còta cho daor,  
 Do'n bhreacan is craobh-dheirg neul;  
 Air faithir an Rìgh,  
 Bu briagha leam fhìn an Gàidheal.  
 Marri còta cho daor, &c.

O Iain a ghaoil,  
 C'om 'n do leig thu mi faoin air cùl,  
 Gun chuimhn air a ghaol,  
 A bh' aguin araon o thùs;  
 'S nach d' thug mise riamh spèis,  
 Do neach tha fo'n ghrèin ach thu;  
 'S cha d' thoir a' d' dhèigh,  
 Gus an càirear mi rè san ùir.  
 'S nach d' thug, &c.

Do phearsa dheas ghrinn,  
 Dan d' thug mise luaidh th' air chàch,  
 Cha 'n 'eil coir' ort, air chinat',  
 O mhullach do chinn gu d' shàil,  
 'S ioma maighdeann deas òg,  
 Thig le furan ad chòir air sràid,  
 Ge d' tha m' fhortan co cruaidh,  
 'S gun d' thug mi dhuit luaidh th' air chàch,  
 'S ioma maighdeann, &c.

Trian do d' chliu,  
 Cha chuirinn a rùin 'an cèill,  
 Gun eòlas as ùr,  
 'S gum fiosraichinn thu ni b' fhearr;  
 Gum b' è miann mo shùl,  
 Bhi 'coimhead gu dlù ad dhèigh,  
 'S gum b' aithrigh mo rùn,  
 Air Ban-oighre a Chrùn ad sgèith.  
 Gum b' è miann, &c.

Bha mi uair 's cha do shaoil,  
 Gum bithinn co faoin diom fhein,  
 'S gun tugainn mo ghaol,  
 Do dh' fhear a shealladh co caol am dhèigh,  
 'S è is beus do gach aon,  
 Do mhnathan an t-saoghail gu leir;  
 Bhi gam mealladh araon,  
 Le sgialachd n faoin o' d' bheul.  
 'S e is beus do, &c.

Cha b' è 'n doire nach b' fhiù,  
 As 'n do chinn am furan àrd;  
 Ach a choille thiugh, dhlùth,  
 Bhròdh a lùbadh a nunn gu làr;



Far am bi 'n t-abhull fo bhlàth,  
 'S a ghàrradh am bi na seoid ;  
 Cha'n è crìonach nan crann  
 Gan do chrom mi mo cheann co mòr.  
 Far am bi 'n t-abhall, &c.

O Iain a luaidh  
 Nach truagh leat mise mar tha,  
 A liuthad latha agus uair,  
 Chuir tha'n cèill domh gur buan do ghràdh ;  
 Ach ma rinn mi ni suarrach,  
 'S gun do choisinn mi t-fhuath no t-fhearg,  
 So mo bheannachd ad dhèigh,  
 'S fiach an gleidh thu dhuit tè ni's fearr.  
 Ach ma rinn, &c.

An cuimhne leatsa 'n uair bha,  
 Sinn annsan àth linn fhein ;  
 Cha deanadh tū m' àicheadh,  
 Nam bithinn san àm ad rèir ;  
 C'om am bi mi fo ghruaim  
 Gad tha mi san uair leam fhein ;  
 Man chaoirich bhi slan,  
 'Sam mada bhi làn na dèigh.  
 C'om am bi mi, &c.

'S c'om am bi mi fo bhròn,  
 'S gur ioma gill 'òg tha'm rèir,  
 Nach cùntadh an t-òr,  
 Dhol a cheannach mo bhròg air féill ;  
 Imich thusa mar' s àil,  
 Da' th os na tè ga bheil gràdh agad fhein,  
 'S mas mis' tha san dàn,  
 Cha d' thèid ise gu brath fo brèid.  
 Imich thusa, &c.



'S ann a tha mo luaidh  
 Annsan fhireach a'cuallach sprèidh,  
 Cha'n è sud dùchas bu dual,  
 Dod' shinnsir, mar fhuair mi sgeul,  
 Ach bhi'n ceardaich a ghuail,  
 A'g èisdeachd ri fuaim nan òrd,  
 B'e sid dùchas mo luaidh,  
 'Scha b'è aithris air cuallach bhò.  
 Ach bhi'n ceardaich, &c.



ORAN Gaoil, do mbaighdinn àraid.

A nighean donn na buaile,  
 Gam bheil an gluasad farusda :  
 Gu'n tug mi gaol co buan duit,  
 'S nach gluais è air an Earrach so ;  
 Mheall thu mi le d' shùgradh,  
 Le d' bhrìodal, a's le d' chiùine,  
 A's lub thu mi mar fhiuran,  
 'S cha dùchas domh bhi fallain uaith.

Do chul donn daite an ordugh,  
 Gu bachlach, boidheach, camagach ;  
 T-aghaidh h'athail, chomhnard,  
 Mar ite'n eoin do mhalaidhean ;  
 Do shuil chomrach mhaogach,  
 Rosg glan a' cumail dion orr,

Do ghruaidhean meachair, mine,  
'S do phog mar fhiogais mheanganan.

Mar reull a measg an t-sluaigh thu,  
Nam gluasad a chum tionalaidh ;  
Cha tuga Bhenus buaidh ort,  
'S ard thug do shnuadhsa barrachd orr ;  
Chit' am fion a' dealradh,  
Ann àm dol sìos tre d' bhràghad ;  
Gur math thig sìod' an càramh,  
Mu mhuineal ban na h-ainnise.

Do sheang chorp fallain sunntach,  
Nach do chiurr an an-shocair ;  
'Nuair racha tu air ùrlar,  
Bu luth'or ann sna caraibh thu ;  
Le d' chalpinnan deas boidheach,  
Crùinn, cumadail, neo-lodail,  
Troigh chruinn ann am broig chomhnaird,  
Nach toir air feornain caruchadh.

Do bheul o'mi binn thig orain,  
Ceol, agus ceilearan ;  
Gur binne leam da chòra,  
Na smeorach air na meanganan ;  
O'n chuir mi'n tùs ort eolas,  
Gun tug mi gaol cho mor dhuit,  
'Smàr faigh mi thu ri phosadh,  
Gun cuir do bhron fo'n talamh mi.

Nam b'è 's gum biodh tu deonach,  
'S gum posamaid an ath-ghoirid  
Cha'n iarrain deat do-storas  
Ach còmhdacha na banaraich ;  
Ge b' leamsa an Roinn Eorpa,  
'S America le mhor-shluagh,

Nam faighinn domh fein coir ort,  
 Bu leat gach stòr, 's gach fearann diu.

A Ghaoil na creid droch sgeul orm,  
 Ge d' robh luchd bhreug a labhairt riut :  
 Tha m'inntinnse co reidh dhiut,  
 'S nàch br aón sèud 'an an-fhìos duit ;  
 Ge d' their iad riut le bòilich,  
 Gur bèag leo mo chuid stòrais,  
 A chaoi cha chùram lòn duit,  
 'San rìgh cuir seol air aran duinn.

---



---

ORAN *gaoil*.

LUINNEAG.

*Mo nigbean dubh, tha boidheach dubh,  
 Mo nigbean dubh, na tràig mi ;  
 Ge d' theireadh cach gu bheil thu dubh,  
 'S co geal 'san gruth leam fhein thu.*

Moch la Coille ann sa mhaduinn,  
 Air mo leabai, 's mi gun eirigh,  
 Gum faças òigh an taice rium,  
 'Sa gnuis rø dhreach'or, ceutach.  
*Mo nigbean, &c.*

Cha'n urra mi gun labhairt ort,  
 Gus do mhaise leughadh,  
 Di-dònaich dol do'n Ghlachan,  
 Bean do-dhreach cha leir dhomh.  
*Mo nighean, &c.*

Thig stocai gheal air raogha dealbha,  
 Air do chalpa gle gheal,  
 Brogan barr-chumhunn, 's bucaill airgid,  
 Oigh air dhealbh na grein thu.  
*Mo nighean, &c.*

Do chom meanbh-gheal, mar thonn gailbheach,  
 Air fonn gain'ich ag eiridh,  
 Mar dharr-geal bric iasg na fairge,  
 Tha do dhealbh, a's t-eug'as.  
*Mo nighean, &c.*

Do shliòs fallain mar shneachd bheannaibh,  
 Thig o smal na speuran,  
 Mar fhàoilean mara ri la gaillinn,  
 Air chuan mara 'g eiridh.  
*Mo nighean, &c.*

'S math thig gùn san fhasun duit,  
 Co math 's a tha'n Duneidin,  
 Mu d' mheadhon caol ga theannacha,  
 'S a' chamhanaich 's tu 'g eiridh.  
*Mo nighean, &c.*

Thig brad sioda chosdas guinea,  
 Mu do chichean gle gheal,  
 'Sè dh'fhag m' inntinnse fo mhi-ghean,  
 Nach d' fhaod mi bli rèidh riut.  
*Mo nighean, &c.*

Thig plasg òmair air t-uchd boidheach,  
 Ann an ordugh gle mhath,  
 'Sè gaol do phoig a rinn mo leon,  
 'S a dh'fhag mi beo gun speirid.  
*Mo nighean, &c.*

Do shuilean mar na dearcagan,  
 Do ghruaidh air dhath na cèire,  
 Cul do chinn air dhreach an fhithich,  
 'Se rùn mo chridhe fein thu.  
*Mo nighean, &c.*

Suil chorrach ghorm fo d' chaoil mhala,  
 O'n tig an sealladh eibhinn,  
 Mar dhealt cambanaich san Earrach,  
 'S mar dhruichd meala Cheitein.  
*Mo nighean, &c.*

Tha falt dubh, dualach, trom, nio-luai'te,  
 An ceangal sguaidh air m' Eachdaig,  
 Gur boidheach e mu d' chluasaibh,  
 'S cha mheas' an cuailein breid e.  
*Mo nighean, &c.*

Cha dean mi tuille molaidh ort,  
 O 's-tu mo rogha ceilidh,  
 'S ann ort a tha'n cùl faineagach,  
 Mar sud 's am bràighe gle gheal.  
*Mo nighean, &c.*

'S olc a riunn do chairdean orm,  
 'S gun d' rinn iad part ort fein deth,  
 Nach chuir iad as an dùthaich thu,  
 'S mi'n duil gun deanain fein dhuit.  
*Mo nighean, &c.*



'S ge nach deanain fidhealairachd,  
 Gun deanain sgrìobha, 's leughadh,  
 'S air nàile dheanain searmain duit,  
 Nach talacha neach fo'n ghrein orr.  
*Mo nighean, &c.*



## MOLADH AN UISGE-BHEATHA

le *Uilleam Ross.*

### LWINNEAG.

*Hò rò gur toigh leinn drama.*  
*Hò rò gur toigh leinn drama*  
*Hó rò gur toigh leinn drama,*  
*'S ioma fear tha'n geall air.*

Mo ghaol an coilgearnach spraiceil,  
 Dh'fhàs gu foirmeil, meamnach, maiseach,  
 Dh'fhàs gu speiseil, treubhach, tapai,  
 Neo-lapach san aimhreit.  
*Hò rò, &c.*

Ach trocair g'an d'fhuair a chailleach,  
 Bba uair-eigin ann sna Hearadh,  
 Cha mheasa ni mi do mholadh,  
 Ge do lean mi 'm fonn aic.  
*Hò rò, &c.*



Thagh i'm fonn so, 's sheinn i cliu dhuit,  
 Dh' aithnich i'n sgoinn a bh' ann san drùthaig,  
 'Nuair a bhiodh a broinn san rùpail,  
 B'è rùn thu bhì teann oirre.  
 Hò rò, &c.

Ach 'stu 'm fear briodalach, sùgach,  
 Chuireadh ar mi-ghean air chùl duinn,  
 'Sa chuireadh teas oirn san dùlachd,  
 'Nuair bu ghnù an geamhradh.  
 Hò rò, &c.

Stuth glan na Toiseachd gun truailleadh,  
 Gur ioc-shlaint choir am bheil buaidh e,  
 'S tu thogadh m' inntinn gu suairceas,  
 'S cha b'è druaip na *Frainge*.  
 Hò rò, &c.

'S tu'n gill' eibhinn, meanmnach, boidheach,  
 Chuireadh na cailleachan gu bòilich,  
 Bheireadh seanachas as na h-òighean,  
 Air ro-mhoid am baindeachd.  
 Hò rò, &c.

Chuireadh tu uails' anns a bha'laoch,  
 Sparradh tu uail ann san arrachd,  
 Dh'fhàgadh tu co suairc fear dreamach,  
 'S nach biodh air' air drandan.  
 Hò rò, &c.

Stu mo laochan soitheamh, siobhalt,  
 Cha bhì loinn ach far am bi thu,  
 Fògrai tu air falbh gach mi-ghean,  
 'S bheir thu sìth a aimhreit,  
 Hò rò, &c.

'S mor tha thlachd air do luchd thòrachd,  
 Bithidh iad fialai pailt m'an stòras,  
 Chaoi cha sgrubair 's an tigh-osd iad,  
 Sgapadh òir 'na dheann leo.  
 Hò rò, &c.

Cha'n 'eil cleireach, no pears Eaglais,  
 Cràbhach, Teallsanach, no Sagart,  
 Dha nach toir thu caochladh aigne,  
 Sparra cèill san aumhlair.  
 Hò rò, &c.

Cha'n 'eil cleasaich anns an rioghachd,  
 Dha 'm bu leasa dol a stri riut,  
 Dh'fhaga tu e-san na shineadh,  
 'S pìoban as gach ceann deth.  
 Hò rò, &c.

Dh'fhagadh tu fear mosach fialaidh,  
 Dheana tu fear tosdach briathrach,  
 Chuire tu sog air fear cianail,  
 Le d' shoghraidhean greannar.  
 Hò rò, &c.

Dh'fhaga tu co slan fear bachdach,  
 'S è gun'ich, gun oich, gun acain,  
 'G' eiridh le sunnt air a leth-chois,  
 Gu spailpeil a dhamhsa.  
 Hò rò, &c.

Chuire tu bodaich gu beadradh,  
 'S na crumaichean sgrogach, sgreagach,  
 Gu eiridh gu frogail, sa cheigeis,  
 Sgcig air an t-sean aois.  
 Hò rò, &c.

Bu tu suiricheadh mo rùin-sa,  
 Ge d' thuirtna mnathan nach b' fhiu thu,  
 'Nuair a thachaireas tu sa chuill riu,  
 Bheir thu cùis gun taing dhiu.  
 Hò rò, &c.

Bu tu caraid an fhir-fhacail.  
 Bheireadh fuasgla dha gu tapaidh,  
 Ge nach òl e dhiot ach cairteal,  
 'S blasdmhoirid a chainnt e.  
 Hò rò, &c.

Tha cho liutha buaidh air fàs ort,  
 'S gu là luain nach faod mi'n aireamh,  
 Ach 'se sgaoil do chliu sgach àite,  
 Na Baird a bhì'n geall ort.  
 Hò rò, &c.

Ach thogadh ort nach b'fheairde mis' thu,  
 Gun ghoid thu mo chuid gun fhios uam;  
 Ach gun taing do luchd do mhiosguinn,  
 Cha chreid mise drannd dheth.  
 Hò rò, &c.

Ach bha mi uair, 's bu luachmhor t-fheum dhomh  
 Ge nach tuig mal-shluagh gun chèill e,  
*Dum amabam, sed quid refert,*  
 Na ghràisg, *quæ amanda.*  
 Hò rò, &c.

MOLDADH, na h-oigh Gaelich, leis a Bhard cheudna.

A NIGHEAN bhoidheach  
 An òr-fhuil bhachalajch,  
 Nan gorm-shuil miogach,  
 'S na mìn bhás sneachda-gheal,  
 Gu'n siubh'lain reithleach,  
 A's sleibhteap Bhreatain leat,  
 Fò earradh sgaoilte  
 De dh'aodach breacain orm.

'S e sud an t-aodach  
 Ri 'n eireadh m'aighe-sa,  
 'S mo nighean ghaelach,  
 'Aluinn agam ann;  
 O bheul na h-oiche  
 Gu soills' na madaine,  
 Gu'm b'ait nar sùgradh  
 Gun dùiseal cadail oirn.

Ged tha' na bain-tighearnan  
 Gallda fasanta,  
 Thug oigh na gaelic  
 Barr am mais' orra,  
 Gur ainneir shoigh i  
 Gun scoid ré dearc oirre,  
 Na h earradh gle-mhaith  
 De dh'aodach breacanach.

Gur foinnidh, mìleanta,  
 Direach, dreach mhor i,

'S cha lùb am feornain  
 Fo broig, nuair shaltras i,  
 Tha deirge, a's gile  
 Co-mhire gleachdanaich,  
 Na gnuis ghil èibhinn,  
 Rinn ceudan airtneulach.

Reidh dheud chòmhnard  
 An ordugh innealta,  
 Fo bhilibh-sàr-dhaitht',  
 Air bhilath *bbermillian*,  
 Tha h-aghaidh nàrach  
 Co làn de chinealtachd,  
 'S gun tug a h-aogasg  
 Gach aon an ciomachas.

Gur binne còradh  
 Na òraid fhileanta,  
 Tha guth ni's ceolmhoir'  
 Na oigh-cheol bhinn-fhoclach,  
 Cha luidheadh bròn oirn,  
 Na leòn, na iomadan,  
 Ri faighinn sgeul duinn  
 O bheul na fine sin.

'Nuair thig a Bhealtainn,  
 'S an Samhradh Iusanach,  
 Bithidh sinn air àiridh  
 Air aird nan uchdanan,  
 Bithidh cruit nan gleanntaibh  
 Gu cartair, cuirteasach,  
 Gu tric gar dùsgadh  
 Le sùrd gu moch-eirigh.

'S bithidh 'n crodh, 's na caoraich  
 San fhraoch ag inealtradh,  
 'S na gobh raibh bailg-fhionn,  
 Gu ball-bhreac, bior-shuileach,  
 Bithidh 'n t-àl san leimnich  
 Gun cheill, gun chion orra,  
 Ri gleachd, 's ri còmhrag  
 'S a snòtadh bhileagan.

Bithidh mise, a's Mari  
 Gach la sna glacagan,  
 Nan doire geugach  
 Nan èunan breac-iteach,  
 Bithidh cuach, a's smeorach,  
 Ri ceol 's ri caiseamachd,  
 'S a gabhail orain  
 Le scornain bhlasda dhuinn.

---

### LUINNEAG.

*Horin o irim h-ògu!*  
*Horin o h-iri u!*

Tha'n dìle air an athar  
 Uisge reamhar, trom, dlùth.  
 Horin o. &c.

Tha haoth air an uinneig  
 Lean is duilich an turn.  
 Horin o, &c.



Tha'n soirbheas air caochladh,  
'An aodan mo rùin,  
Horin o, &c.

Gad a bhiodh i na b' àirde  
Bhiodh mo ghràdh air an Stiùir.  
Horin o, &c.

'Stu b' urrainn ga tearnadh  
Air sàil' no air bùrn.  
Horin o, &c.

Gad a bhitheadh an linnidh.  
Air mhìre 'na smùid.  
Horin o, &c.

Gad a bhitheadh mo chinneadh  
Ga pilleadh a nunn.  
Horin o, &c.

Fhir bhig nan sùl donna,  
Cha chomha leam thu.  
Horin o, &c.

Aghaidh shoilleir an sgàthan  
'Stu m' àilleagan sùl.  
Horin o, &c.

Dhaininn thu tighinn  
Air dhithis no thriuir,  
Horin o, &c.

Air chòignear no sheisear  
Air dheichnear 'sè 's mò,  
Horin o, &c.

Gun càirinn do leabadh  
 'Sgun gleidhin duit rùm.  
 Horin o, &c.

Gum fosglainn an dorus  
 'Sgun caisginn an cù.  
 Horin o, &c.

Ach fhir nan sùl daithte,  
 'Stu mo thasgaidh 's mo rùn,  
 Horin o, &c.

---

DUANAG Oil le Duin uasal araid.

LUINNEAG.

O faigh a nall an t-searrag,  
 E thugar dhuinn an drama,  
 'S gur e dh'fhògradh as ar'n aire,  
 Gach ascall Earraich, a's gach teim.

O'n a thuit duinn bhi 's tigh osda,  
 Bitheamid criodhail, togar ceol leinn,  
 Cha dean crìne bheag, a's dolun,  
 Fuath nan daoine còire chaidh.  
 O faigh a nall, &c.

'S ioma bodach giugach, toiceal,  
 De chrodh, de chaoraich, 's de chapuill,  
 'S cridhe fial, fiughantach, farsaing,  
 Le aimbeart, 's le draip ga chlaoidh,  
 O faigh a nall, &c.

Ged tha cuid am beàchd gur faoin mi,  
 'S mis' am fear gu brath, a shaoileas,  
 Gur fearr flath, furanach, faoilidh,  
 Na daormun a thaisgeas na buinn.  
 O faigh a nall, &c.

'S maireg bheir geill do'n t-Saoghal shalach,  
 Air na daoine còire 's olc d'aithne,  
 Bheir thu ni do'n daoi nach airidh,  
 'S fagaidh tu falamh an saoi.  
 O faigh a nall, &c.

Ma sheallas sibh air dol an t-Saoghail,  
 'Chì sibh na dheannaibh e daonnan,  
 Fear ga mhalairt, 's fear ga sgaoileadh,  
 'S fear a cuir na d'fhaodas cruinn.  
 O faigh a nall, &c.

Fear a carnadh òir na mheallaibh,  
 'S fear eile 'g ol a 'stigh liunna,  
 Fear làn sòlais, fear làn aith-mhicil,  
 Fear làn arraid, 's fear a caoidh.  
 O faigh a nall, &c.

'S ioma fear bha 'n dè làn aiteis  
 An spreidh, 's an cuinneadh teachd tharta,  
 Iad an diugh gun luaidh air macnas,  
 Dh'fhuadaicheadh am beartas le gaoith.  
 O faigh a nall, &c.

Feuch nach maireg a bhiodh dh'aon bheart,  
 Le crìne tionail na d'fhaodas,  
 C'uim, nach caith sinn an Saoghal,  
 A's gu'n caith an Saoghal sinn.  
 O faigh a' nall, &c.

Cha'n eil stà bhì caoidh na chailleadh,  
 Bàthamaid sa bhòl gach smalan,  
 Dh'aindeoin ceannachd 's ascall Earraich,  
 Curam sparramaid do'n Chill.  
 O faigh a' nall, &c.

---

ORAN a rinn té ga leannan.

*Tha mi trom, duilich, trom, airsneulach, cianail ;  
 Tha mi trom, duilich, trom, chà tog m' inntinn leann  
 fonn ;  
 Tha mo chridh air fàs trom, 's fhada o'n tiom sin.*

Tha mo chion air mo leannan,  
 Lùb ùr a chùil chlànaich ;  
 Cha leig mi às m' air' thu  
 Fhad 's a dh' fhànas mi 's tìr so.  
 Tha mi trom, &c.

Tha mo chion air an Taill'ear  
 Lamh dh' fhuaigheal na sgàrlaid,  
 Gheibhinn codal, a' s tamh leat,  
 'S mo lamh fó d' chùil snìomhain.  
 Tha mi trom, &c.

Bu tu sgiobair na fàirge  
Cas a shiubhal a gharbhlaich,  
Ann am frìdh nan damh dearga,  
Bu tu sealgoir na sìthne.  
Tha mi trom, &c.

Tha mo ghaol air mo leannan,  
Ris an can iad mac-Ailein,  
Beul an t-sùgraidh, 's a cheanail,  
Caol-mhala gun mhì-thlachd.  
Tha mi trom, &c.

Gur mis' th' air mo leonadh,  
H-uile là a's dì-dòmhnach,  
Theid am pobull an òrdugh,  
'S cha chòird iad ri m' inntinn.  
Tha mi trom, &c.

Gur mis' th' air mo chiùrradh,  
'Nàm caduil, a's dùsgaidh,  
S mòr gum b' fhearr a bhi'm Mùideart,  
Am bun cùirn, gun mo dhinneir.  
Tha mi trom, &c.

'S mòr m' eagull a Dhòmhnuille,  
Gun casar an tòir ort ;  
Gum bi mis' a'd' dhéigh brònach,  
'S tus' air fò'gradh 's na h-Innsibh.  
Tha mi trom, &c.

Bha mi 'n làthair do chòrdaidh,  
Agus bòidean do phòsaidh ;  
'S cha robh agam do shòlas  
Ach bròn gun toil-inntinn.  
Tha mi trom, &c.

Bha mi 'n raoir air do bhanais,  
 'S bi'dh mi 'nochd aig a bhaile,  
 Tha fear eile 'gam fharraid  
 Leis nach math mi bhi dhìth air.  
 Tha mi trom, &c.

Gur mis' th' air mo ghreadadh  
 H-uile là, agus feasgar ;  
 O'n a dh' fhalbh thu do dh' Eige  
 'S mòr m' eagal nach till thu.  
 Tha mi trom, &c.

### EASAN GA FREAGRADH.

'S tusa rìbhinn is boidhche,  
 Eadar Uithist, a's Mòr-thir,  
 'S tha fios aig mac Dhombnuill,  
 Ciod an doigh air do chìochaibh.  
 Tha mi trom, &c.

Gur math thig o'n bhùth dhuit  
 Dos de riobainibh ùra ;  
 'S ann leam fhin bù mhiann sùl thu,  
 'S do chùl mar an dìthein.  
 Tha mi trom, &c.

'S mis' a glàbh an sàr-bheachd air  
 T-fhalt dualach ga *dbreasadh*,  
 'Se mu d' ghuailibh an cleachdadh,  
 Air a phleatadh gu rìomhach.  
 Tha mi trom, &c.

Suil ghorm is glan aogasg,  
 Tha do ghrùaidh mar an caorian,



Cneas is gile nan fhaoileann,  
 'S mòr an gaol thug mi fhìn duit.  
 Tha mi trom, &c.

'S ann ort fhein a tha mhaise,  
 Bean t-eugais cha'n fhaicear,  
 Beul tana, dearg, daite,  
 Deud shnaighte mar dhìsnibh.  
 Tha mi trom, &c.

Troigh chruinn am bròig ùir thu,  
 Le bucall ga dùnadh,  
 'S air truimead an driùchda  
 Cha lùba tu'n mìllteach.

*Tba mi trom, duilich trom,  
 Airsneulach, cianail,  
 Tba mi trom, duilich trom,  
 Cha tog m'inntinn leom fonn,  
 Tba mo chridh air fàs trom,  
 'S fhada o'n tìomh sìn.*

ORAN do dhuin-uasal a chaidh a bhàthadh.

'S daor a cheannaich mi'n t-iasgach,  
'S i so bhliadhn a chuir as domh.  
'S daor a cheannaich, &c.

Chaill mi snàmhaich a chaolais  
Nach glaodhadh an t-aiseag.  
Chaill mi, &c.

'S ann aig stochd bheul an àthain  
A bhàthadh an gaisgeach.  
'S ann aig, &c.

Sid a bheart nach do shaoil mi  
Ri m' shaoghal gum faicinn.  
Sid a bheairt, &c.

Gun rachadh do bhàthadh  
Gu bràth gun chuan farsuing.  
Gun rachdadh, &c.

No gun rachadh do mhilleadh  
'S do ghillean thigh'n dachaidh.  
No gun, &c.

Bu tu sgiobair a bhàta  
Ged a shàruich muir bhras thu.  
Bu tu, &c.

Tha do bhreacan ùr uasal  
Air uachdar an aigein.

Tha do, &c.

Tha ruidh nan tonn uaine  
Mu bhruachaibh do leapach.

Tha ruidh, &c.

Tha do chuailein donn dualach  
Na chuachaibh 's na phreasaibh.

Tha do, &c.

Sàr bhuachaille bhò thu  
'N gleann feoir nan crìoch farsuing.

Sàr bhuachaille. &c.

Sàr choisiche beinn thu,  
Cha bu deireadh air feachd thu.

Sàr choisiche, &c.

Tha t-fhiudhall gùn ghleusadh,  
'S na teudan air lasach,

Tha t-fhiudhall, &c.

'S moch a ghoireas an ròcas  
Di-domhnuich mu d' àitreabh.

'S moch a ghoireas, &c.

Tha do thigh mòr gun tughadh,  
O! 's dubhach leam t-aitreabh.

Tha do thigh, &c.

Tha do phiuthar gun bhràthair,  
'S tha do mhàthair gun mhacan.

Tha do phiuthair, &c.

Tha do bhean òg gun chéilidh

'S tha mi fhein deth gun dalta.

Tha do bhean, &c.

**A BHANARACH DHONN le A. MAC DHOMNUILL.**

*A Bhanarach dhonn a chruidh,*

*Chaoin a chruidh, dhonn a chruidh,*

*Cailin deas donn a chruidh,*

*Cuachag an fhàsaich.*

A Bhanarach mhlogach.

'S e do ghaol thug fo chis mi,

'S math thig lamhainnean sìod'

Air do mhìn-bhosaibh bàna.

A Bhanarach dhonn, &c.

'S mòr bu bhinne bhì t-èisteachd.

An àm bhì bleothann na spreidhe,

N'an smeòrach sa Cheitcìn

Am bàr géig ann am fàs-choill.

A Bhanarach dhonn, &c.

'N uair a sheinne tu coilléag  
 A leigeil mairt ann an coillidh,  
 Dh' èulaidh eunlaith gach doire,  
 Dh' eisteachd coireall do mhànrain.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

'S ga b' fhònnar an fhiudhall,  
 'S a teudan an rithidh,  
 'S e bheireadh damhs air gach cridhe  
 Ceol nighinn na h-àiridh.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Ceol farusda fìor-bhinn,  
 Fònnar, farumach, dìonach,  
 A sheinn an Cailin donn mìogach  
 A bheireadh bìogadh air m' àirneibh.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Gum bu mhòthar mo bheadradh  
 Teachd do'n bhuailidh mu ead-thrà,  
 Seadhach seang-chorpach beitir,  
 'S buarach greasad an àil aic',  
 A Bhanarach dhonn, &c.

'S ciatach nuallan na gryagaich,  
 A' bleothann cruidh ghuailinn,  
 A' stealladh bairn ann an cuachaig,  
 'S bothar fhuaim aig a clàraibh.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Da mhaoth-bhois bu ghrinne  
 Fo 'n da ghairdein bu ghile,  
 'N uair a shinnt iad gu sgileil  
 Gu sinean cruidh fhàsgadh.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Glac gheal a b' àird gleodhar,  
 A' stealladh bàinn' an cuaich bhleothainn,  
 A' seinn luinneagan seadhach,  
 Na suidh an gothal na blàraig.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Do chùl amlagach teudach,  
 Buchlach feoirneanach ceutach,  
 De chnothaibh na geige,  
 Cheapadh gleiteach a làn diubh.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Chuireadh moill air do leirsinn,  
 Ann am maduinn chiùin chéitein,  
 Na gathanna greine  
 Thig o t-theud-chùl cas, fainneach.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

Bheireadh dùlan na greine  
 A' dearsa moch air fhoir t-eudainn,  
 'S gum b' ait leom ra leirsinn  
 Baoisgeadh éibhinn cùl Màri.  
 A Bhanarach dhonn, &c.

'S taitneach siubhal a cuailein  
 Ga chrathadh mu cluasaibh,  
 A' toirt muigh air seit luachraich  
 An tigh búailidh, 'n gleann fàsaich.  
 A Bhanarach, &c.

Do mhuineal geal boidheach  
 Mu'n iathadh an t-òmar,  
 'Sa dhath fein air gach seorsa,  
 Chite dòrta tre d' bhràghad.  
 A Bhanarach, &c.



'N uair thogadh i bhuarach,  
 Cuach, a's currasan na buaile,  
 B' ao-coltach do ghluasad ri guanag na sràide;  
 A Bhanarach, &c.

Do chalpannan meamnach,  
 Mar phileirin marabuill,  
 Co ghile ri caineicheán,  
 Chinneadh fana-ghéal 's na blàraibh.  
 A Bhanarach, &c.

Tha deirg agus gile,  
 Gleachd an gruaidhibh na fìne,  
 Beul mìn mar an t-shirist,  
 O'm milis thig fáilte.  
 A Bhanarach, &c.

Mar phàirc thaitnich de'n ìbhri  
 Tha deudach na rìbhinn,  
 Gur i 'n donn-ghéal-ghlan smìdeach,  
 Is ro mhìg-shuilich fáilte.

*A Bhanarach dhonn a chruidh,  
 Cbaoin a chruidh, dhonn a chruidh,  
 Cailin deas donn a chruidh,  
 Cuachag an fhàsaich.*

ORAN do Dhò'nnull Mac-Ionnhuinn, a chaidh bhàth-  
adb.

Gur mis' tha fo mhulad,  
Ged nach innis mi dhuin e,  
Fhuair mi'n geamhra so tuille 'sa chòir.  
Gur mis' tha, &c,

Ach nam maireadh e bliadhna,  
Bhiodh e'm aire gu siorruidh,  
Cha d'fhan ribe gun liathadh roi'm fheadil.  
Ach nam, &c.

Bhi cluintinn mo chàirdean,  
Gam marbhadh, 's gam bàthadh,  
'S gun am beagan tha làthair dhiubh 'm chòir.  
Bhi cluintinn, &c.

Chaidh iad uil' as a chèile  
Feadh na h-Alba 's na h-Eirinn,  
Ach am beagan tha'n Slèibhte dhiubh phòs.  
Chaid iad, &c.

Ach a Dhò'nnull Mhic-Ionnhuinn,  
'S tric m'inntinn ged iomradh,  
'S nach fhaic mi mu'm thimchioll thu beo.  
Ach a Dhò'nnull, &c.

Air leam fhìn gun mòr am fuathas,  
Do chall, 's gun droch uair ann,  
'S nach e'm bòdha a thug uainn thu n'an sgòd,  
Air leam, &c.

Cha robh ball innte briste,  
 No aon ni bu mhist i,  
 'S truagh gun bhàt agus mise bhi d' chòir.  
 Cha robh, &c.

Bhiodh do phears' agam sàbhailt,  
 No bhiodh tuille ri àireamh,  
 Mu'n do leig mi fo'n t-sàil thu, 's mi beo.  
 Bhiodh do, &c.

Bu shàr-sgiobair air chuan thu,  
 Ri là friolanach fuarraidh,  
 'N àm riof a chuir suas anns gach seol,  
 Bu shàr &c.

Bha thu math air a h-ùrlar,  
 Cha bu mheas air an stiùir thu,  
 Nuair a dh'éireadh muir-dhù-ghorm mu bòrd,  
 Bha thu, &c.

'S miste mis a's cha'n fheairde,  
 Gun deachaidh do bhàthadh,  
 'S mi bhi feitheamh do bhràthar 's e d' bhròn,  
 'S misse mis, &c.

'S beag an t-ìoghinadh leom fhein sud,  
 E bhi dubhach mu d' dhèibhin,  
 Bu chul-taic thu nam stréupa ga chòir,  
 'S beag an, &c.

Cha bu ghreannanach suarrach,  
 Gan tigeadh do bhualadh,  
 Agus Dò'nnull ri d' ghualainn 'se beo.  
 Cha ba, &c.

Tha do mhàthair gu truagh dhèth,  
 O'n a ghabh i'n ceud buan diot,  
 'S tric t-athair a'suathadh a dhorn.  
 Tha do, &c.

Gur mis' tha fo mhulad,  
 Ge nach innis mi dhuin e,  
 Fhuair mi'n geamhra so tuille 's a chòir.

**ORAN Buanadh, no Iumraidh.**

H-illinn h-ò b-ì b-ò b-ù o b-ò,

H-òrò h-o ì ill-o-h-ò,

H-illinn h-ò b-ì b-ò b-ù o b-ò.

Latha dhomh 's mi falbh a ghleannain,  
 Thachair Dughall orm na dheannaibh.

H-illinn, &c.

Thachair Dughall orm na dheannaibh,

'S e 'g iomain na spréidh gu baile,

H-illinn, &c.

'S e 'g iomain na spréidh gu baile,

'S as a sin gu traigh na mara.

H-illinn, &c.

'S as a sin gu tràigh na mara,  
B' fhearr leom gum biodh bò no luach ann,  
H-illinn, &c.

B' fhearr leom gum biodh bò no luach orm,  
Gun robh Dò'nall bàn le thuaidh ann,  
H-illinn, &c.

Gun robh Do'nall bàn le thuaidh ann,  
'S e dheanadh a darach fhuaigheal.  
H-illinn, &c.

'S e dheanadh a darach fhuaigheal,  
Dh' fhàgadh luchd'ar laidir luath i.  
H-illinn, &c.

Dh' fhàgadh luchd'or, laidir, luath i.  
Fulangach gu siubhal chuantan.  
H-illinn, &c.

Fulangach gu siubhal chuantan,  
Chaidh an latha'n diugh gu fuathas,  
H-illinn, &c.

Chaidh an latha'n diugh gu fuathas,  
Tha cur sneachdai le gaoth tuath ann.  
H-illinn, &c.

Tha cur sneachdai le gaoth tuath ann,  
Thug a Bhìrlinn bhàn an cuan orr,  
H-illinn, &c.

Thug a Bhìrlinn bhàn an cuan orr,  
'S beag mo chùram as a fuadach,  
H-illinn, &c.

'S beag mo chùram as a fuadach,  
Fhad sa dh'fhanas bord dhi'n uachdar.

H-illinn, &c.

Fad sa dh'fhanas bord dhi'n uachdar,  
Is Mac-Dhò'nuill na ceann uachdrach.

H-illinn, &c.

Is Mac-Dhò'nuill na ceann uachdrach,  
Bha mo leannan air a gualainn.

H-illinn, &c.

Bha mo leannan air a gualainn,  
Gun cuir mo Rìgh car m'an cuairt di.

H-illinn, &c.

Gun cuir mo Rìgh car m'an cuairt di,  
Gus an dean i cal' a bhuannachd.

H-illinn, &c.

Gus an dean i cal' a bhuannachd,  
'S mo leannan air bord a fuaraidh.

H-illinn, &c.

'S mo leannan air bord a fuaraidh,  
Cha'n fhear dubh e, cha'n fhear ruadh e.

H-illinn, &c.

Cha'n fhear dubh e, cha'n fhear ruadh e,  
'S ann a tha e buidhe dualach.

*H-illinn h-ò b-ì b-ò b-ù o b-ò,*

*H-òrò b-ò ì ìll o b-ò,*

*H-illinn b-ò b-ì b-ò h-ù o b-ò.*



ORAN le Mari nighean Alastair Ruaidh do dh' Iain  
Mac Shìr Tormaid Mhic Leoid, air dhi bràdh  
tbombaca fhaotuinn uaith.

For the air, see Mr MacDonald's Collection of  
Highland Airs, pages 28, 163.

## LUIÑNEAG,

*Hitbill utbill agus ò,  
Hitbill ò horiunnan  
Hitbill utbill agus ò,  
Hitbill ò horiunnan  
Hitbill utbill agus ò  
Hitbill ò horiunnan  
Faillill ò hullill ò,  
Hò ri gbeallaidh ill ain.*

Ge do theid mi do m' leabaidh  
Cha'n é cadal is miannach leam,  
Aig ro mheud na tuile,  
'S mo mhuilean gun iarann air,  
Tha mholtair ri paidhe,  
Mur cailtear am bliadhna mi,  
S' gur feumail domh faighinn,  
Ge do ghabhainn an iasad i.  
H-ithill, &c.

Tha mo chion air a chlachair,  
Rinn m'aighe-sa riarachadh,

Fear mor, a bheoil mheachair,  
 Ge tosdach, gur briathrach thu,  
 Gu'm faighinn air m' fhacal  
 Na caisteil ged iarainn iad ;  
 Cheart aindeoin mo stàta,  
 Gun chàraich sud fiachan orm.  
 H-ithill, &c.

Ged a thuir mi riut clachair,  
 Air m'fhacal cha b'fhior dhomh e,  
 Gur rioghail do shloinneadh  
 'S gur soilleir ri iarraidh e,  
 Fìor Leodach ùr, gasda,  
 Foinnidh beachdail, glic, fialaidh thu,  
 De shliochd nam fear fathail,  
 Bu mhath an ceann chliaranach.  
 H-ithill, &c.

Ach a mhic ud Shir Tormaid,  
 Gu'n soirbhich gach bliadhna dhuit,  
 Ghuir buaidh air do shliochd-sa,  
 Agus piseach air t'iarmadan ;  
 'S do'n chuid eile chloinn t'athar,  
 Anns gach rathad a thriallas iad,  
 Gu'n robh toradh mo-dhùrachd  
 Dol nan rùn mar bu mhiannach leam.  
 H-ithill, &c.

'Nuair a theid thu do'n fhireach,  
 'S ro mhiath chinneas am fiaghach leat,  
 Led' lothain chon ghleusda  
 Ann ad dheigh 'nuair a thrialladh tu,  
 Sin, a's cuilbhear caol, cinnteach,  
 Cruaidh, dìreach, gun fhiaradh ann ;  
 Bu tu sealgair na h eilid,  
 A choilich, 's na liath-chirce.  
 H-ithill, &c.

Tha mo chion air an Ruairi,  
 Gur luaineach mud' sgeula mi,  
 Fìor bhoinne geal suaic' thu,  
 Am bheil uaisle na peacaige,  
 Air an d'fhàs an cùl dualach,  
 'S e na chuachagan teud bhuidh,  
 Sin a's ùrladh ghlan shuairce  
 Cha ba tuairisgeul breugach e.  
 H-ithill, &c.

Slan iomradh dhuit Iain,  
 Gu mu rathail a dh' éireas duit,  
 'S tu mac an deagh athar,  
 Bha gu mathasach meagrachail,  
 Bha gu furbhailteach, daonnachdach,  
 Faoilteachail deirceachail,  
 Sàr cheannard air *trup* thu,  
 Na'n cuirte leat feum orra.  
 H-ithill, &c.

Gur aluinn am marcach  
 Air each an glaic diollaid thu,  
 'S tu cumail do phearsa  
 Ann an cleachdadh, mar dh' iarrain duit,  
 Thigeadh sud ann ad laimh-sa  
 Lann spainteach, ghorm, dhias-fhada,  
 A's paidhir mhath phiostal  
 Air crios nam ball sniomhaineach.

*Hitbill uthill agus ò,*

*Hithill ò horiunna*

*Hitbill uthill agus ò,*

*Hithill ò horiunna*

*Hitbill uthill agus ò*

*Hithill ò horiunna*

*Faillill ò hullill ò,*

*Hò ri gbealluidh ill ain.*

*Le duin' uasal araidh do mbaighdinn oig.*

LUIÑNEAG.

*Mu rèitich an nighean donn,  
Tha i dol a phòsadh,  
Hug uri bùg air a chailin,  
Tha leannan aig Dò'nnull;  
Mu rèitich an nighean donn,  
Tha i dol a phòsadh.*

An raoir a chuala ni'n sgeula  
Chuir euslain ro mher orm.  
Mu rèitich, &c.

Gun deach nighean an fhuilt chraobhaich,  
A ghlaodhach di, dòmhnaich.  
Mu rèitich, &c.

Ribhinn ghasda, 's ro mhath cumadh  
O mullach gu brògan.  
Mu rèitich, Pc.

Do chul dualach, bachlach, sniomhain,  
Mar dhithean an eorna.  
Mu rèitich, &c.

Gnuis a b'àillidh r'a sireadh,  
'S ioma fear tha'n toir ort.  
Mu rèitich, &c.

Do mhala thaol, air dheagh tharruing,  
Thug barrachd air mdran.  
Mu rèitich, &c.

'S an dà dhearc shuif mheallaich, mhfogaich,  
A ghuin mi gun m'fheoraich.  
Mu rèitich, &c.

Da ghruaidh mheachair, mhin dhearg, àillidh,  
Thàladh gradh gach oig-fhir.  
Mu rèitich, &c.

Fàile nan sùth-craobh a t-anail,  
Blas meal' air do phogaibh.  
Mu rèitich, &c.

Deud geal snasta, snàithte, dìonach,  
'S am beul o'm binn thig orain.  
Mu rèitich, &c.

Gur a gile na'n gath grèine,  
A braghad gle ghlan, boidheach,  
Mu rèitich, &c.

Cichean turaideach, liontach,  
Air uchd min, geal, boidheach,  
Mu rèitich, &c.

A seang chorp fallain mar an eala,  
Na mar chanach miontach.  
Mu rèitich, &c.

Galpa co-thròmach cruinn lùth-mhor.  
'S au troigh nach lùb am feoirnean.  
Mu rèitich, &c.

Gu'n tàirneadh do shùgradh gu beadra  
 Ceann Eaglais na Róimhe.  
 Mu rèitich, &c.

Thug thu barrachd air an tè;  
 Rì'n dubhradh reul nan oighean.  
 Mu rèitich, &c.

'S nìarachd fear a gheibh dha fein,  
 Le nasgadh Cleire còir ort.  
 Mu rèitich, &c.

'S truagh nach, bu mhise do raoghain,  
 Mu'n do thagh thu Dònnull.  
 Mu rèitich, &c.

Ach cuiridh sinn sàradh san ealaidh  
 O nach leannan domhs' thu.  
 Mu rèitich, &c.



FAILTE na Mòr-thir, le A. MACDHO'NUILL.

H-eitirin àirín urín ò h-o ro,

H-eitirin àirín b-ò rò.

Failt ort fein a mhòr-thir bhoidheach,  
Anns an òg-mhios bhealltuinn. H-eitirin, &c.

Grian-thir òr-bhuidh, 's uaine còta,  
'S froinidh ròs ri h-alltaibh. H-eitirin, &c.

Le biadh 's le dibh a' cuir thairis,  
Cha d'theid Earrach teann orr. H-eitirin, &c.

'S ianach, lurach, slìos a tulaich,  
S duilleach 'mullach chrann innt. H-eitirin, &c.

A choill gu h-uile fo làn-duilleach,  
'Si na culaidh-bhainnse. H-eitirin, &c.

'S bainneach, bailceach, braonach glacach,  
Bruachan tachdrach, ailleart. H-eitirin, &c.

'S lionach, slatach, cuibhleach, breacach,  
Seile ghlas nan samhnan. H-eitirin, &c.

Mor-thir ghlan nam bradan tarra, gheal,  
'S airgeadach cuir lann orr'. H-eitirin, &c.

Tir lan sonais, saor o dhonus,  
Gun dad conais dràndain. H-eitirin, &c.

Seirceach, caidreach, gun dad sladachd,  
Saor o bhraid, 's o anntlachd. H-eitirin, &c.

'S àluinn a beinnean, 'sa sraithean,  
'S éibhinn dath a Gleanntain. H-eitirin, &c.

Graidhean dhearg a' tàmh mu fireach,  
Eilid bhiorach, 's mang aic'. H-eitirin, &c.

Boc air daradh timchioll daraig,  
'N déigh a leannain cheann-deirg. H-eitirin, &c.

Coilich choille, 's iad ri coilleig,  
Anns an doire chrainntail. H-eitirin, &c.

Cnofhàch, caorach, dearcach, braonach,  
Glasrach, raonach, aibhneach. H-eitirin, &c.

'S deiltreach, làomach, meiltreach, caoineach,  
A fuinn mhaoineach, leamhnach. H-eitirin, &c.

'S cùbhraidh 'súthan, 's badach luibhean,  
Ris a bhruthainn ann-teas. H-eitirin, &c.

'S feurach, craobhach, luideach, gaolach,  
An tìr fhaolaidh sheappsail. H-eitirin, &c.

Grian ag eiridh 'g òradh sleibhe,  
'S beachan gheug ri sranraich. H-eitirin, &c.

Seillein ruadha diogladh chluaran,  
'S mil ga buain le drandan. H-eitirin, &c.

Breac le sùlas leum a buinne.

Ruith nan cuileag greannar. H-eitirin, &c.

Bàrr gach tolmain fo bhrat gorm-dhearc,

Air gach borachan alltain. H-eitirin, &c.

Lusan cùbhraidh mach a' brùchdadh,

'S cuid diubh cùl-ghorm bainn-dearg.

H-eitirin, &c.

'S ceolar éibhinn bàrr gach géige,

'S an eòin fein a dawns' orr'. H-eitirin, &c.

Crodh air dàir am bàrr an fhàsaich,

'N fhèoir nach d'fhàs gu crainntidh. H-eitirin, &c.

'S iad air theas a' ruidh le 'm buaraich,

'S té le cuaich gan teann-ruith. H-eitirin, &c.

'S miosrach, cùtachach, leabach, luachrach,

Dol gu buailidh 's t-sàmhradh. H-eitirin, &c.

'S ò'nach, uachdrach, blàthach, cnuachdach,

Lòn nam buachall annta. H-eitirin, &c.

'S ìmeach, gruthach, meogach, sruthach,

An imirich shubhach, shiambach. H-eitirin, &c.

Deoch gun tomhas dol far comhair,

Gun aon ghlothar gainntir.

*H-eitirin àirin, àirin o b-o ro,*

*H-eitirin àirin ò rò.*

ORAN le Uilliam Mac Coinnich, do nighean  
 Choinnich ruaidh mhic fhir na Comraich

'S CIANAIL m' aigne o na mhaduinn,  
 Ghabh mi cead do 'n ribhinn,  
 Ti cho-thaitneach riut cha'n fhaic mi  
 Ann an dreach no fiamhachd ;  
 Bu trian do m' lòn do bhrìathribh beòil  
 A teachd mar cheol a sith-bhruth,  
 'S i'n t-sheirc atà'nad' bhraighe bàn,  
 A thaisg mo ghràdh gu diomhair.

Ciochan corrach, lìonta soluis,  
 Air do bhroilleach rè ghlan ;  
 Do sheang-shlios fallain mar an eala,  
 Na mar chanach sleibhe ;  
 Bas ionmhuinn caoin na'n geal mheur caol,  
 A' dealbh n'an craobh air péurlain,  
 'Stu fialaigh glic 's do chiall gun tig,  
 Air diomhaireachd nan rèultan.

Dò bhràighe gle-gheal mar ghath grèine ;  
 T aghaidh re ghlan mhòthar ;  
 Tiunnail t-eug'ais 'stearc re fhaotuin,  
 Gur tu rèul na n òighean ;  
 Gur bachlach, dualach, casbhui, cuachach,  
 T' fhalt ma'n cuairt ann òrdugh ;  
 'S ann tha gach ciabh mar fhàin air sniamh,  
 'S gach aon air fiamh an òir dhiubh.

Nighean aingil nan rosg malla,  
 'S na'n gruaigh glan tha narach ;  
 Dà shùil ghorm mheallach, fo'd chaol mhala,  
 S' gach aon a' mhealladh graidh dhiubh ;  
 Tha maise ad ghnuis, gun easbhuidh muirn ;  
 Beul meachair ciuin ni mànran ;  
 Do bhriodal caomh, 's do loinn maraon,  
 A rinn mo ghaol-sa shàradh.

Corp seamhaidh bàn, cho-lionas gràdh  
 Gach tì a tharadh iul ort ;  
 'S ann tha do shnuagh, toirt bàr air sluagh,  
 'S tu 'n ainmhir shuairce chliuiteach ;  
 Do dheas chalpannan ro dhealbhach,  
 Gun bhi meanbh na dùmhail ;  
 Troigh chruinn chòmhnard dh' fhalbhas mòthar  
 Nach dean fèoin' a lùbadh.

Cho glan is tù 's neo shoilleir dhùinn,  
 'S mar ghealach thu 'n tùs èiridh ;  
 Bèuì tana dearg mùint' 's anail chùbhraidh,  
 'S tiùnnail thu do Venus.  
 'S e chrùn do thlachd deud mùirn mar chailc,  
 Air a dlutha ceart ri chèile,  
 O' n tig an t-orain, èatrom ceolmhor,  
 Mar an smcorach cheitein.

O fhlatl nan dùl tùs rath' fhuair thu,  
 Bhi modhail, ciuin gun àrdan ;  
 Tha iochd as cliù, as loinn, as mùirn  
 Air a ghlaigh dlù re d' nàdur ;  
 'S tu air do bhuaib a freamh na'm buagh,  
 Do 'n trèun fhuil uasail statoil ;  
 U fi-laidh pailt ann gnìomh san thlachd,  
 'S do chiall co-streup ri t àilteachd.

Os cionn t àilteachd riabh cha tàinig  
 Gnùis o laimh na Trionaid ;  
 Gur soilleir dhùinn, 'n uair rinneadh thu,  
 Nach robh na Dùilin diomhain ;  
 Ur ribhin thlà 's ro rioghail gnà's,  
 Do dhìlshin graidh tha lion'ar ;  
 A ghèug na m buagh, ge cian mi uait,  
 Na gèill-sa chluain luchd mì-ruin.

Mi cian o d' chaidribh, 's buan dhomh fhaidid,  
 Dh' fhàg sùd m' aigne piänail ;  
 Osnadh ghna gun fhois gun tamh,  
 A fhrois gach blàth do m' fhion-fhuil ;  
 'S e bhrosnaich deoir 's a chlaoidh mo thredir  
 An ribhinn òg so thriall uainn ;  
 'S tu 's trom a dh' fhàg mi, oigh mo ghràidh,  
 Le d'bhron atà mi cianail.

---

ORAN le Niall MacMhuirich Seanchai Cblann  
 Raonuill, do Mhac Mhic—Ailein, a leonadh larba  
 Sliabh-n t-shiorram; mun d' fhucar e naigheachd  
 a bhùis.

GUR è naigheachd na ciadain,  
 Rinn mo chruitheachd a shiaradh,  
 Le liun dubh, 's le bròn cianail  
 Gun dhrùith è trom air mo chriochaibh,  
 Mo sgeul duilich nach iarr mi ur còmhradh.  
 Mo sgeul, &c.



M' ulai, m' aighear, is m' aiteas,  
 Tha fo bhinn aig fir shasgunn,  
 Ar Tighearn' òg maiscach,  
 An t-odh ud Iarla nam bratach,  
 Mac an fhir thug dhomh fasga 'nuair b'òg mi.  
 Mac an, &c.

'S truagh gun mise bhi lamh ruit,  
 'Nuair a leaga 's bhlàr thu,  
 Gu cruaidh curanta laicir,  
 Agus spionna nan Gaidheal,  
 Nàile dhiolainn do bhàs, dheanainn feòlach.  
 Nàile dhiolainn, &c.

Ui'st aighearach, èibhinn  
 Dhu'ach, ghalanach, dhèurach,  
 Nis o rug ort am beum so,  
 'S goirt r'a fhulang ni 's èiginn  
 Liuthad fear a tha 'n deigh air Mac-Dho' nuill.  
 Liuthad fear, &c.

Cha 'n è 'n Dòmhnall sin roimhe,  
 Ach mac sin Dhomhnuill odh Iain,  
 Ailein aoibhin an aigheir,  
 Urram fèile ; righ flatha,  
 Ceannard meaghreach gu caitheamb na mòr-chuis.  
 Ceannart, &c.

'Nuair a chiaradh am feasgar,  
 Gum biodh branndai ga losgadh,  
 Fion Frangach ga chosg leibh,  
 Cofnlein cèire gan losgadh,  
 Sàr Cheann-feadhna toirt brosnacha ceoil duibh  
 Sàr Cheann-, &c.

Gum biodh fiodhall ga rùsgadh ;  
 Buidheann thaitneach air ùrlar ;  
 Pìob a 'sgala nan sionnsar,  
 Fuaim talla r'a chùl sin,  
 Iomairt chleas air chrios cùil nam fear òga.  
 Iomairt chleas, &c.

M' ulaidh m'aighear am fiuran,  
 An t-Ailean aighearach aoigheil,  
 Bha gu macanta mùinte,  
 Dh' fhàs gu h-aigeantach ùiseil,  
 Fhuair mi aoibhneas a d' chùirt 'cha be'n dòlum.  
 Fhuair mi, &c.

Bu tu m' urram is m' annsachd,  
 Cha seinn mi eachdruì do bhàis ort,  
 Aig eagal drochd fhàisneachd,  
 'N dùil gum faiceamsa slàn thu,  
 Mar a faic gun toir gaelig ni's mò uam,  
 Mar a faic, &c.

Tha mi sgèth 's gun mi ullamh,  
 'S mi 'n diaigh mo chuire,  
 Gun dùil ri sud tuille ;  
 B'fhèarr nach bitheadh na h-utrad,  
 O'n là chuala gun chuireadh do leon-ort.  
 O'n là, &c.



MARBH-RANN *Mhic-'ic-Ailein le Nial Mac-Mhuir-ich cheudna.*

Och ! a Mhuire mo dhunaidh,  
 Thu bhi d' shìneadh air t-uilinn,  
 'An tigh mor Mhoirear Drumad,  
 Gun ar dùil ri d' theachd tuille,  
 Le fàilte 's le furan,  
 Dh'fhios na dù'cha da'm buineadh,  
 A charaid Iarla Choig-Ulainu,  
 'S goirt le Ceannard fir Mhuile do dhìol.  
 'S goirt le, &c.

Dh'fhalbh Domhnull nan Domhnull,  
 A's an Raonull a b' òige,  
 'S Mac-'ic Alastoir Chnòideart,  
 Fear na misniche mòire,  
 Dh'fheuch am beireadh iad beo ort,  
 Cha ro'n sud dhoibh ach gòrraich,  
 Feum cha robh dhoibh nan tòireachd,  
 'S ann a fhuair iad do chòmhra gun chll.  
 'S ann a fhuair, &c.

Mo chreach mhòr mar a thachair,  
 'S è chuir tur stad air m' aiteas,  
 T-fhuil mhòralach reachd'ar,  
 Bhi air bòcadh a d' chraicinn,  
 Gun seol air a casgadh ;  
 Bu tu rìgh nam fear feachda,  
 A chum t-onoir is t-fhacal,  
 'S cha do phill thu le gealtachd a mìos.  
 'Scha do &c.

Mo cheist Ceannard Chlann-Raonuill,  
 Aig am biodh na cinn-fheadhna,  
 Na fir ùr air dbeagh fhoghlum,  
 Nach iarra de'n t-shaoghal,  
 Ach airm agus aodach,  
 Le 'n cuilbheiribh caola,  
 Sheasadh fad air an aodann,  
 Rinn iad sud is cha d'fhaod iad do dhìon,  
 Rinn iad, &c.

'S mòr gàir Ban do Chinnidh,  
 O'n à thòisich an iomairt,  
 An sgeul a fhuair iad chuir tiom orr',  
 T-fhuil' chraòbhach a' sileadh,  
 'S i dortadh air mhìre,  
 Gun seol air a pilleadh,  
 Ge d' tha Raonall a d'ionad,  
 'S mòr ar call ged a chinneadh an Rìgh.  
 'S mòr ar, &c.

'S trom puthar na luaidhe,  
 'S goirt 's gur cumhann a bualaidh,  
 Nach do ruith i air h-uachdar,  
 'N uair a dh'ionntrain iad uath thu,  
 Thug do mhuinntir gàir chruaidh asd;  
 Ach 's è òrdugh a fhuair iad,  
 Ceum air 'n aghai le cruadal,  
 'S a bhi leantuinne na ruaig air a druim.  
 'Sa bhi, &c.

Dheagh Mhic-Ailein mhic Iain,  
 Cha robh leithid do thighe,  
 Ann am Breatunn r'a fhaighinn;  
 Tigh mor fiughantach, flathail,

'M bu mhòr sùgra le h-aidheir,  
 Bhiodh na h-uaislean ga thathaich,  
 Rinn iad cuims' air do chaitheamh,  
 Ann an toiseach an latha dol sìos.  
 Ann an &c.

'S iomad gruagach a's brèideach,  
 Eadar Uithist is Slèite,  
 Chuaidh am mugha mu d' dheibhinn,  
 Luidh smal air na spèuraibh  
 Agus sneachd air na gèugaibh,  
 Ghuil èunlaith an t-shleibhe,  
 O'n là chual iad gun d' èug thu,  
 A cheann-uighe nan ceud bu mhor prìs.  
 A cheann-uighe, &c.

Gheibht' a d' bhaile mu fheasgar,  
 Smùid mhòr, 's cha b' è 'n greudan ;  
 Fir ùr agus fleasgaich,  
 A' losga fùdair le beadradh,  
 Cùirn is cupaichin breaca,  
 Pìosan òir air an deiltreadh,  
 'S cha b' ann falamh a gheibht' iad,  
 Ach gach deoch mar bu neartmhoire brìgh.  
 Ach gach, &c.

'S iomad Clogaid a's targaid,  
 Agus cloidheamh chinn airgid,  
 Bhiodh mar coinneamh air ealachuin,  
 Dhomhsa b' aithne do sheachas,  
 Ge do b' fharsuing ri leanmhuinn,  
 Ann an eachdruì na h-Alba ;

Raonuill oig dean beairt ainmeil,  
 O'n bu dual duit o d'leannhuinn mòr-ghniomh.  
 O'n bu dual, &c.

'S cha bu lothagan cliata,  
 Gheibht' ad stàpuill gam biathadh;  
 Ach eich chruidheacha shrìanach,  
 Bhiodh do mhiol-choin air iallaibh,  
 'S iad a' feitheamh ri fiaghach,  
 Ann sna coireinibh riathach,  
 B' è mo chreach nach do liath thu,  
 M' an d-thainig teachdair ge d' iarruidh on Rìgh.  
 M' an d-thainig, &c.



AN

# TREAS DUAN

DE SGEULACHD NA TROIDHE:

AIR A THIONNDADH

O GHREUGAIS HOMEIR,

*Gu Gàilig Abraich.*

---

---

LE H-EOBHON MAC LACHAINN.

---

---

*Còmbrag Phàris a's Mbenelàuis mu Helen.*

'N UAIR thàirneadh iad air an raon  
Fo iùil nan laoch bu choltach dealbh,  
Feachd na Tròidhe ghluais 'nan dàil,  
Le comh-ghàir, 's le gleadhraich arm.  
Amhuil sgaoth shiùbhlach nan còrr,  
Ard 's na neoil a' bodhar fhuaim,  
Thair ghàilbhinn na fairg' a' triall  
Romh spionadh nan doir, onn fear,  
Gu dùthaich nan eilein cian,  
Chogadh ris an iarmad mheanbh,

5

10

Mu'm brùchd iad gu dlùth o'n spéur  
 Còmhrag béumnach nan éug searbh.  
 Ghluais na Greugaich fo bhalbh-thosd,  
 An trom-fheachd bu shocrach céum ;  
 Gach amam air ghoil gu h-àr, 15  
 'S gu còmhnadh 'an spàirn nan créuchd.

Mar dhòirteas gaoth-deas o sgéith  
 Falluing néul mu chruach nan sliabh,  
 'S bochd le fear faire nan tréud,  
 'S annsa do'n mhèirleach gu gnìomh, 20

No 'n duibh thrath dorcha gun réull ;  
 Luchd astair fo bheud 's a cheò ;  
 'S gann a chitear tom no glac  
 Fhad 's a shiubhladh clach a dòrn :  
 Sin mar dh' éireadh cuartag dhall 25

'Ga mosgladh le tatraich bhonn,  
 Fo thriall nan curaidh gun mheang  
 Thair' chòmhnard an raoin 'na n deann.

Air tigh'n fogasg uchd ri uchd,  
 Sheasamh air dha thaobh gach feachd : 30  
 'S chunn'cadar air thùs a shlòigh  
 Páris òg bu rìoghail dreach.

Ri thaobh bha claidheamh nam buadh ;  
 Fiubhai's balg air 'uallach' siar,  
 Faobh math'ain mu'ghuaillibh àigh, 35  
 'S e gluasad romh 'n bhlar mar dhia.

Fad-shleagh ga crathadh 's gach làimh  
 'S an dà bhàrr de'n stàillinn chruaidh :  
 Gu còmhrag fuileach nam béum  
 Dhùlanaich e Ghréig 's a sluagh. 40

Menelàüs nan lann géur  
 Ghabh beachd air an tréun 's an uair  
 Teachd le fad-chéumaibh romh 'n lòn,  
 Gu mòrrach air tùs a shluaigh.  
 Mar mhion-acras leòmhainn ghairg 45

- Thachras ri mòr-chairbh 's a ghleannt,  
 Utlaiche cabrach nan cròchd,  
 No fiadh-ghobhar òg nam beann,  
 Spòltaidh e 'n fhaodail le ghiall,  
 'S sluigidh sios 'na ceill'chdibh dlùth; 50  
 'N òigridh 's a chonchairt gun fhéum  
 Ga thathunn o bhéul gu 'chùl :  
 Sud mar chit' an Gréugach ùr'  
 Air iom'chrith gu dioghailt throm ;  
 'S a' charbad, fo armaibh àigh 55  
 Ghrad-thoirleum gu làr an sonn.
- Chunnaig Paris bu ghlan lùth  
 Air thùs chàich an Rìgh 'na chruaidh ;  
 Phlosg anam 'an grund a chléibh  
 'S theich romh 'n éug air chùl a shluaigh. 60  
 Mar chi buachaille nan gleann  
 'S e 'n doimhneachd choilltich nam béann  
 Nathair bhreachd-shligneach an tuim  
 A saighdeadh air lom le srann ;  
 Breabaidh e seachad 'na leùm 65  
 Romh 'n gharg-bhéisd is millteach ruinn,  
 Fallas fuar air a ghruaidh bhàin,  
 Dlùth-chrith air gach cnàimh le h-oillt :  
 B' amhuil grad theicheadh an òig  
 Romh 'n Rìgh mhòr bu stàtoil loinn, 70  
 Air cùl reang a dhìslean gràidh,  
 'S gun seachnadh e 'm bàs a thoill.
- Fhuair Hector an t-usal deas  
 'G éuladh as o' ghreis nam béum,  
 Las corruich a chuim gu dian, 75  
 'S thaosg i 'mach 'am briathraibh geur' :—  
 Fhir bhòidhich bhuig nan diom-buaidh,  
 A dh'fhuadach bhàn le saobh-ghlòir !  
 Rìgh ! nach d'éig mu'm facas grian,  
 Ach gu h-àrraid romh d' ghnìomh bròin ! 80

- 'S mòr gum b'fhearr no 'm bosd gun fhéum,  
 'S teicheadh an déis fògairt fhaoin;  
 Thu nis a t'-ion-bhùirst aig càch,  
 'S a d' bhall-tàmailt do d' luchd gaoil.
- 'N uair chunn'cas Paris nan arm, 85  
 Chlisg a Ghrèig romh dhealbh an t-shéoid,  
 Ach thuair iad thu mach romh 'n àm,  
 Cridhe fann, is còm gun treòir.  
 Am b' amhuil 'o laithibh cian
- 'N uair dh'imich thu siar le t-shluagh, 90  
 T-àrd-loingear fo 'n còmhlán borb  
 Th'air ghaill-bhinnean doirbh a chuain?  
 (Bu shealladh ioghnaidh don Ghréig  
 Na 'n sréud air an oitir dhuinn,  
 Faicinn fiùbhaidh nan seòl crom 95  
 'S an tonn a crònan mu druim.)  
 Am b' amhuil t-aigeadh gun chlàth,  
 'Triall gu Sparta, tir nan tréun,  
 'N uair mheall thu le d' bhriodal cùil  
 An òg-bhean a b' ùire gnè? 100  
 Aighear is uail sud do d' nàmh,  
 Dosgainn is gnìomh-nàr dhuit féin,  
 Cùis chràdh-lot do t-athair bròin,  
 Sgrios a's deoir do d'shlogh gu lèir.  
 Dhiùlt thu còmhrag an fhir thréin, 105  
 Menelaüs nam béum bàis!  
 Mu'r diùltadh, dh' aithn 'gheadh do chom,  
 Nach faoin céud chòmbach do mhnà.  
 Tairbhe cha dean t-òr-chul réith,  
 Tabhartas Venuis nan gaol, 110  
 Do chruit airgid, do sgèimh grinn,  
 'N uair shènear thu 'n sal an raoin.  
 'Anmain chrìn nan gnìomh neo-ghlic!  
 Mur biodh Tròidh gun sgrid, gun toirt,  
 'S cian o'n chàidh air muin do chuirp 115  
 Earradh chlach a dhiol do lochd.

- Fhreagair Paris a chruth chaoin :—  
 ('S rughadh nàire sgaoil mu ghruaidh :)  
 'S ceart, a bhràthair, ràdh do bheòil,  
 Thoill mi do ùhomb, 's còir a luadh. 120  
 Tha cridhe d' chem-sa mar chruaidh  
 Nach taisich romh fhuathas bhlar,  
 Ruinngheur gu beumannan goirt  
 Nach sgithich 'an trod a chràidh.  
 Mar thuaidh 'an glaic saoir 'sa choill 125  
 A sòlar fiubhaidh da 'luing,  
 Cur neart le strailinnean trom  
 'S e bruan-spealtadh chraobh a ghlinn :—  
 'S amhluidh lean t-anam gun fhiamh,  
 'S aidichim gur fìor do ghloir, 139  
 Ach na meas, a laoich, mar thàir,  
 Tiodhlac Venuis nan gràdh òir.  
 Cha chòir saltairt le diom-brìgh  
 Air gihhtean prìseil nan dia ;  
 O'n làimh tha'n teachd anuas ; 135  
 'S beairteas iad nach cnuasaich miann.  
 'N àill leat mi chòmhrag gun dàil ?  
 Thoir caismeachd gun tàmh na sloigh ;  
 Mis a's Menelaus trèun  
 Cogaidh mun chaoin léig 's mu h-òr. 140  
 Bi'dh cath dian air an lòn réith ;  
 'S an laoch leis an éirich buaidh,  
 Helen 's a h-eàrras gu léir  
 Theid dachaidh leis fein mar dhuais.  
 Naisgeadh càch le càirdeas sìth : 145  
 Eugadh a chaidh strìgh a's fearg ;  
 Comhnuicheadh tuath Thròidh 'nan tìr  
 Air sgàth fuinn nam mìle sealbh.  
 Gréugaich lionmhor nan long luath  
 Grad ais'geadh uainn thair sàil 150

- Gu h-Argos, tuineadh nan tréun,  
 Fona nan steud 's nan rìbhinn àigh.  
 B' éibhinn le Hector a ghlòir ;  
 Chéum e gu mòrrach romh 'n fhonn,  
 'S le fhad-shleagh tarsuing 'na ghlaic 155  
 Ghrab e maomadh feachd nan sonn.  
 Shocraich iad uil' air an lòn,  
 A grad-thoirt do'n òrdugh géill ;  
 Bheachdaich a Ghréig am fear mòr  
 'S bhrùchd 'na chòmhdhail a dh' aon-bheum, 160  
 A'caitheamh mu chòm an t-sheòid  
 Fras nan dòirneag 's nan calg géur,  
 Gus an d' éubh an Ceannard àigh  
 Agamemnon gràdh nan tréun :—  
 Fosadh oirbh a Chlann na Gréig ! 165  
 Na tilgibh, fhearuibh nan conn !  
 Hector tha teachd oirn le sgéul ;  
 Eisdear ciod is miann do'n t-shonn.  
 An grad ordugh ghabh am feachd  
 'An urram do smachd an Rìgh ; 170  
 Sheas iad gu leir na'm balbh thosd,  
 'S shiolaidh conbhadh lot gu sìth.  
 Thuirt Hector, eadar na sloigh :—  
 Mean-eisdeadh rium Tròidh 's a Ghréig ;  
 Labhran briathran Pharis òig 175  
 Ceann-aobhar ar bròin gu léir.  
 Taisgear gach claidheamh 'na thruaill,  
 'S leagar gach arm cruaidh air làr ;  
 Menelaüs mar-ris féin  
 Ni déuchainn air réith a bhlàir : 180  
 An lan-fhianuis an da shlòigh  
 Imridh iad an còmhrag dian  
 Air sgath Uelen tùs ar cràidh  
 Gènn na mais' is àr-bhuidh ciabh :  
 A bhean 's a h-earras mar aon 185



- Biodh do'n laoch a choisneas buaidh ;  
 Naisgeadh càch le càirdeas sìth,  
 'S éugadh a chaidh strìth a's fuath.  
 'N uair chuàla na suinn an ràdh,  
 Fad a bhlàir gach béul bha balbh ; 190  
 Dh' éubh fa dheòidh gu h-osgarr\* àrd  
 Menelaüs làmh nan arm :—  
 Eisdibh riums' a fhuair an tàir ;  
 Agramsa labhairt mar chòir ;  
 Ormsa dh' imreadh an gnìomh nàr 195  
 A ghin béud nan cràdh 's nan gò.  
 'S dùil leam nach cian uainn an t-àm  
 Thairngeas ar 'n àmhghar gu ceann ;  
 Ormsa ghnìomhaich Paris, béud ;  
 Leinne dearbhar stréup nan lann : 200  
 An neach sin da 'n dual am Bàs,  
 Tuiteadh marbh air an tràigh fhuair :  
 Naisgeadh càch le càirdeas sìth ;  
 'S eugadh a chaidh strìth is fuath.  
 Faighear gu h-iobairt trì Uain ; 205  
 Tairgear fear geal duits' a Ghrian!  
 Uainein dubh don Fhonn bhith-bhuan,  
 'S uan do dh' Uachdaran nan dia.  
 Thigeadh Priam nan ciabh glàs,  
 'S naisgeadh e ceangal nam mionn ; 210  
 Tha mhic foilleil, eang'bhair cas,  
 Fal'chaidh, connspach, leat is leam.  
 Mar' sin, cha d'thig iad 'nar dàil  
 Mùn tàireat air mionn an Dé.  
 'S iomla 'n òige, 's b'iomla riamh, 215  
 Luasganach diomhain gun chéill :  
 Tha 'n Aois faicleach glic gu h-iùil,  
 Air gach taobh tha sùl-bheachd géur,

\* Loudly, with *Oscar's* lungs. In the Scots dialect there are many vocables that refer to the Fingalian heroes and customs.

- 'S leir na dh' fhalbh, 's na thig gu crìch,  
'S freagradh i gach ni 'ga réir. 220
- Chual an slogh le sòlas crìdh ;  
Dhealraich dùil ri sìth 's gach com ;  
Theann iad reang nan steud air chùl,  
'S thoir leum fo'n airm ùr air fonn.  
Dh' fhuasgladar gach mailleach throm, 225  
'Sgaoileadar air lom na h-airm.  
A. da fheachd bha 'n òrdugh blàir  
'S sleaghan sàithe 'sa chaol-leirg.  
Chuir Hector da mhaor gu luath  
Dh' fhaotuin uan as a stuaigh mhòir, 230  
'S a dh'iomchar fios den t-sheann rìgh  
Chum 's gun naisgte 'n t-shìth air dòigh.  
As gu h-àrd chalbhlach nan long  
Ghluais Talthybius bu mhor suim,  
Thoirt uain leis gu Triath nan spéur 235  
Nach feallar le breig a chaoidh.  
'N sin thùrluing o neamh 'na still  
Gu Helen bu rìomhach ciabh  
A bhan'-dia 'ni 'm bogha frois  
Air fillinnean glas nan nial. 240  
Mar Laodice nan gaol  
Bha gluasad 's a h-aogasg mìn,  
Oigni bu mheasala loinn  
Gu'm b' i sud do chloinn an rìgh.  
Fhuair i Léug na féile steach 245  
Aig a beairt 'an talla na mùirn,  
Air nachdar an earraidh shròil  
A fighe nan òr-dhealbh dlùth :  
Mar-ri h-eachdrai dhòinich féin  
Dheilbh i blàir na Gréig air raon, 250  
Na dh'fhuiling Tròidh air a sgàth,  
'S uile bhuaidhean cràidh a gaoil.  
Ban-dia luàth nam bogha breac

- Ghairm air Helen nan rosg mall :—  
 Thigs', a Ghràidh ! 's gum faic do shùil 255  
 Gach ioghnadh 's an fhaich ud thall,  
 Tròidhich mheamnach nam bras stéud,  
 Is Gréugaich nam màilleach trom,  
 Gab' ainnteith gu h-earghlais àir,  
 Nis tha tàmh air feirg nan sonn. 260  
 Chaidh sìth-chlos air blàr nan déur,  
 Fiath air fad 's air léud an raoin ;  
 Ceann gach fir air earr a sgéith  
 'S àrd shleagh sàitht' am feur ri thaobh.  
 Paris òg is òrbhuidh dual 265  
 'S Menelaüs nan cruaidh-lann,  
 Le 'm fad-ghaithean calgach géur  
 Bheir garbh dheuchainn euchdach theann :  
 Do'n neach leis an éirich buaidh  
 Ni do ghràdhsa 'n luach a dhiol.— 270  
 Labhair Ban'-dia nan dealbh grinn,  
 'S dhùisg 'na h-inntinn mìle miann.  
 Rùn a muinntreach 's a céud-ghràidh,  
 'S na deise 'dh' àraich i n tòs,  
 Las mar theine 'n grúnd a cléibh 275  
 'S bhrùchd le meall-shùil déur a bhròin.  
 'N uair thilg i mu gnùis gun mheang  
 Brat-còmhdach mar shneachd nan gleann  
 Bu ghrad a h-imeachd air lom  
 O'n òr-bheairt, 's i osnach, fann. 280  
 Dh'fhalbh i gu dubhach 'na tosd,  
 Gu fosgladh dhorsan nan Sgiath,\*  
 'Na cois bha da òg-mhnaoidh mhìn,  
 A fhreasdal 's gach ni da riar.  
 Shuidh aig àrd-chòmhlaidh nan cliar 285

\* Dhorsan nan Sgiath. ἐπὶ Σκαίῃσι πύλῃσι. Σκαῖα, læva, vox planè Celtica "làmh na sgéithe." Hac ratione nostra subinde vindicabimus, e. g. τριγλόχιν, tri-ghlocach, &c.

- Comunn liath nan seanfhear cruinn ;  
 B' iad sud luchd combhairle 'n Rìgh  
 A dh'fhuasgladh le brìgh gach snuim.  
 Icetaon 's Priam fein,  
 Ucalegon, 's Thymotes mòr, 290  
 Panthus, Lampus, Clytius géur,  
 'S deagh Antenor nan sgéum còrr :  
 Shuidh iad ri taice mu'n cuairt,  
 Aig balla nan stuagh 'sa ghréin, 295  
 Seann-laoich nach d'ìmich gu blàr  
 Amhosgladh nan àmhghar géur :  
 Ach bha 'n luaidh air gliocas cinn  
 Nan aimsir 's nan linn a thréig,  
 Mar thorman nam fionan-fedir  
 'S iad ri ceòl tra-nòin air ghéig. 300  
 Chunn'cas Helen nan òr-chleachd  
 'Tighn faisg dhoibh air balla 'n tùir,  
 Dh'aidich iad am briathrnibh luath  
 Feartan buairidh na Léig ùir —  
 'Náoidh bliadhna 'g iorghaill nan lann, 305  
 'S mairg a mheas mar ioghnadh dhuinn  
 Mu ghaol na finne gun mheang  
 Ab' fhearr càil gam facas leinn.  
 Liudhad buaidh 'na caoin-chruth seamh !  
 Cia mòrrach a mèinn, 's a fàlbh ! 310  
 Agh nan annsachd thair gach té.  
 Mar bhan'-dia o'n spéur a dealbh.  
 Ach ga h-àillidh Seirc nam Buadh,  
 Siùbhlaidh i thair chuan gun dàil,  
 Mu'n dearbh i dhuinne 's d'ar sliochd 315  
 Eiginn chruaidh a's sgrìos a's cràdh.  
 Dh' éubh Priam i nunn ri thaobh :—  
 Thigs' a Réull nan ùr-bhean caoin !  
 Faic thall ud a measg nan slògh  
 Càirdean t-òige 's do chéud ghaoil. 320

'S dearbh nach tus 'ar n-aobhar bròin ;  
 'S ann a dhòirt oirn corruich Dhé,  
 Toil nan Cumhachd buan air neamh  
 Stiùir gu'r dùthaich blar nan déur.

Ach seall-sa, 's ainmich, Co è 325  
 Sud, a dearsadh thair an t-sluagh,  
 Am mòr-Ghréugach laoch'or àrd,  
 Imeachd statoil àilli' shnuagh.

Chi mi roinn ga 'n gairbhe com  
 Air an fhonn am measg nan cliar, 330  
 Ach aon neách chà taobh ris féin  
 'An urram, no 'n céum, no 'n sgiamh.

Colg an làn-ghaisgich 'na shùil,  
 Mòrralachd 'na ghnùis gun spid,  
 Cha'n fhaca mi shamla riamh ; 335  
 Ma sa fìor leam, sud an Rìgh.

Athair chaoimh-chridhich mo ghaoil !  
 (Thuirt Helen nam maoth-rosg tlàth)  
 Romhad 's mòr m'eagall is m' fhiamh,  
 Teachd na t-fhianuis 's leam gur nàr. 340

Och nan och ! gur truagh nach 'éug,  
 Seal mu'n thréig mi 'm fear a b' fhiùgh !  
 Bráithrean càirdean, dh'fhàg, mi m' dheigh,  
 'S chaidh m' aon leanban fein fo'r cùl.

Lean mi le h-aigheadh neo-ghlic 345  
 Ceum do mhic, s' air an toisg chruaidh ;  
 Deòir a's bron 'na lorg ga m' chnàmh,  
 Gus an tàr dhomh bàs a's uaigh !

Faic Mac Atreuis, Rìgh nan Rìgh,  
 Borb 's na strithibh géur gu h-iùil ; 350  
 Roimh laithean mianais mo nàr,  
 B'e sud bràthair mo cheud Rùin !

Ghlac eibhneas an Sean-fhear liath,  
 'S mhol e'n Triath 'am briathraibh binn :—  
 'S son' thus', a Mhic Atreuis àigh, 355

- Leat theid Buaidh 's gach àit' am bi.  
 'S farsuing do rioghachd 's gur fial,  
 Slòigh tha cian gun eirich leat ;  
 Ge lionnhor na dh'éug 'sa bhlàr,  
 Dream gun àireamh 's beò fo d'reachd. 360  
 Ràineas, 's an aìmsir a thriall,  
 Phrygia, tir nam fionain trom,  
 Miltean laoch air stendaibh seang  
 Chìte 'na n làn-ghléus air fonn.  
 Otreus bu cheann-iuil nan tréun, 365  
 'S Migdon àigh nan éuchd màr Dhia :  
 Ghluais mise 'na n taic le m' lòd,  
 Gu Sangar nam mòrshruth dian.  
 Chog sinn ris a Bhannal gharg,  
 'S bha 'n tonn airgid dearg le h-àr : 370  
 Ge b' ainmeil iad sud gu léir  
 B'fhaoin iad seach na Gréugaich àigh.  
 An t-ath shealladh thug e 'nunn :—  
 Co sud 's airm air làr an fhuinn ?  
 'S leatha 'ghuaillean 's a chliabh cruinn, 375  
 Ge mò 'n Rìgh mar àird 'a chinn ;  
 Ri ceannsgal o shlògh gu slògh  
 Mar Reithe \* garbh-rùsgach, mòr,  
 'S stàtail sìos a's suas a chéum  
 A didein nan tréud air lòn. 380  
 Fhreagair Helen nan sùl tlàth,  
 (Sìolach àluinn Rìgh nan spéur)  
 Sud Ulisses is mòr sium,  
 Mac Laertes nan luim géur.  
 Ithaca chreagach nan sgùrr 385  
 Oighreachd dhùchais an fhir thréin ;  
 Air dhulchunn, air dhoimhneachd tùir  
 Lion a chliu gach fonn fo'n ghréin.

\* Tiugh-rusgach. Πηγεσιμάλλα.



- Thuir Anténor bu mhòr brìgh:—  
 Og-bhean àillidh ! 's fìor do ghlòir : 390  
 B' eòl domhsa, 's an àm a thréig,  
 Ithacus (Ulisses) 'an céill mar lòbh.  
 Air sgàth do theachdaireachd féin,  
 Thàinig an da thréun gum theach,  
 Menelàuis, lamh nan gléus, 395  
 'S deagh-Ulisses bu ghéur beachd.  
 Rinn mi ti-bheatha nan làoch,  
 'S ghabh sinn, a chuilm shaor gun cheal :  
 'N sin bheachdaich mise gu dùr,  
 Cìod inntinn a's tùr nam fear. 400  
 'N uair chomh-ghairmte Tròidh gu cùis,  
 'S a sheasadh 'sa chuir na sèoid,  
 Bha àirde nan guailleann àigh  
 Air taobh Mhenelàuis mhòir.  
 'N uair shuidheadh a sìos na suinn 405  
 'N sreith chruinn nan ceannard tric,  
 Bha tuilleadh mòrrachd 'an gnùis  
 Ithacuis a stiùraidh ghlic.  
 'N uair thionnsgaint' am fianuis chàich,  
 Air deilbh ràidean nan luim còrr, 410  
 Bhiodh cainnt Mhenelàuis cruaidh,  
 Gearr, tarbhach, gun chuairt gu'n sgòd :  
 Bha smachd na h-òig' air an laoch ;  
 'Na sgéul cha robh gaoth no bòsd,  
 Ach purp grunndoil soilleir saor, 415  
 'O bhéul bu neo-shlaopach glòir.  
 'N uair dh' éir' gheadh Ulisses caoin  
 Gliocair ab' fhad-sgaoilteach cliù,  
 Sheasadh e mannta neo-dhàn,  
 'S cha togadh o'n làr a shùil. 420  
 Chàite 'na làimh colbh nam buadh  
 Gun ghluasad a nunn no nall :  
 Shaoilte gum b' oinid gun chonn,

- No neach fo throm-fheirg a bh'ann.  
 Ach 'n uair leigeadh an sonn àigh 425  
 A ghuth osgarr' àrd o chliabh,  
 Fhroiseadh luath-fhoclan cho pailt  
 Ri cléideagan sneachd nan sian ;  
 Uror, tlàth, 's a chridhe 'steach  
 Thèurnadh an reachd feart'or dlùth ; 430  
 B' fhior ioghnadh do'n chluais da réir  
 Mar bhréugnaichte béum nan sùl.  
 Dh' fhiosraich Priam an treas uair :—  
 Cò 'm fear ud is uaimhreach com,  
 A ghuailean mòr garbh 's a cheann 435  
 Air àirde o's ceann nan sonn ?  
 Fhreagair Helen, a bhrait-shròil,  
 (Réull gach òigh a chinn fo 'n ghréin !)  
 Sud dìdein nan Gréugach àigh  
 Ajax gaisgeil nan sàr éuchd. 440  
 Faic Idomen thall ud siar,  
 Lamh 'nam blàr mar dhia nan arm  
 Sud timchioll an t-saoi 'nan sréud  
 Tiugh theanal nan Créiteach garg.  
 'S tric thug Menelàüs cuilm 445  
 'N ar teach-ne do'n laoch le foirm,  
 'S e 'g astar o'n dilein chrom,  
 Thair uchd uaine nan tonn doirbh.  
 Mar sin sios, air sgèimh nan gnùis  
 Dh' àirmhinn iad o' thùs gu déis : 450  
 Ach tha da bhuachaille chùil  
 Nach faic mi 'n reang dluth nan tréun.  
 Castor, marcach nan steud luath,  
 Pollux, mìlidh bu chruaidh dòrn,  
 Clann m' athar, 's mo mhàthar gaoil, 455  
 An da laoch mu nach faoin glòir.  
 'N saoil mi 'n d'fhàg mo bhràithrean grinn  
 Lacedæmon, tir mo rùin,

Chum aiseag gu Tròidh air luing  
 A measg chàich thair dhruim nan sùgh ! 460  
 Dh'fhaoidte gun tug cùis is fearr  
 Gniomh do laimh nan àrmunn ur ;  
 Dh'fhaoidte gun mheas mar spid  
 Dion peathar a mhill a cliù.

Labhair i gun fhios nam fàth, 465  
 'S iadsan 'na n tìr ghràidh fo'n fhòd,  
 'N an suain fo fhuar-ghlaic a bhàis  
 Gun chuimhn 'air a bhlar ni 's mò.

'N sin thriall an luchd gairm romh'n stuaigh  
 Giulan àsuinn nan cruaidh mhionn, 470  
 Da uainein a's searrag dhonn,  
 Lom-lann fiona brigh an Fhuinn.

Aig fear dhiu bha geal-mhias mhòr,  
 'S na cùirn òir bu dealrach sgiamh ;  
 Ghluais e faisg ; b' Idæus ainm, 475  
 'S so mar ghairm e'n ceannard liath :—

A shliochd Laomedoin thréin !  
 A rìgh aosmhoir fhéil na Tròidh !  
 Eirich agus lean mo chéum,

'An éisdeachd do ghairm nan slògh ! 480  
 Tha Gréugaich nam mailleach ùr,  
 'S Tròidhich nan steud lùth'or, lom,  
 A feitheamh ri d'theachd da 'n còir  
 'S gun naisgeadh tu 'm bòidean trom.

Paris òg, 's an Spartach garbh, 485  
 Le fad shleaghaibh nan calg caol,  
 Ni cath air an àilein réith,  
 'S gheibh am Buadhach léug nan gaol,  
 Mar sud, 's a h-earras gu léir :

Eugadh 'na dhéigh fuath a's fearg : 490  
 Comhnuicheadh tuath Thròidh 'nan tìr  
 Air sgath fuinn nam mìle sealbh :  
 Greugaich lionmhor nan long luath

- Grad aisigeadh uainn thair sàil  
 Gu h-Argos, tuineadh nan tréun, 495  
 Fonn nan steud, 's nan Ribhinn àigh.  
 Chual an Rìgh le aigneadh ghoirt :  
 Dh'iarr e gun gleust' a chuid each ;  
 Ghabhadh mu'n òrdugh le toirt,  
 'S bha 'n da steud gu grad fo'm beairt. 500  
 Dhirich Ceannard bu mhòr aois,  
 Tharruing e 'n t-srian gu'n taobh cùil :  
 Mar-ris shuidh Antenor garbh  
 Shuas air charbad nan dealbh ùr.  
 Romh dhorus Baile nan tùr 595  
 'Stiuir iad na h-eich chruitheach bhàn,  
 'S air teachd gu cruinneadh nan tréun  
 'Nios o'n charbad léum gu làr,  
 Thriall iad gu meadhoin an raoin,  
 Tròidh, 's a Ghréig 'na n srèud gach taobh : 510  
 'Na 'n còmhail sud, ghluais 'na dheann  
 Agamemnon Ceann nan laoch.  
 Mac Laerteis, bu mhòr céill,  
 Ghreas mar-ris an tréun a nunn ;  
 'S chruinnich na maoir-ghairm gu beachd, 515  
 'S gun suidhichte reachd nam mionn.  
 Mheasgnaich iad am fion 'sa mhèis,  
 'S thaom uisg air da laimh nan Rìgh :  
 Tharruing deagh Mhac Atreus sgian  
 Chleachd bhi siar air a thruaill ghrinn.  
 Ghearr iad bad-mullaich nan uan 320  
 'S roinn na maoir mu chuairt nan cliar :  
 'N sin thog Rìgh na Gréig a làmh  
 'S ghairm gu h-ard le cràbhadh dian :—  
 Eisd, a Rìgh is dealrach glòir !  
 Athair Neamhaidh, mhòir, Bhith-bhuain,  
 Dha 'n ionad aoraidh do ghnàth  
 Teampull Ida nan àrd chruach !

- A ghrian a shiubhlas an spéur  
 Farsaing réith o' cheann gu ceann ! 305  
 Aimhnichean tha triall a ghlinn !  
 'S a Thalaimh o'n gin gach Clann !  
 A Chumhachdan dubh a Ghruinn,  
 A fhuair smachd o's cionn na dh'éug,  
 A phianas luchd brisdeadh mhionn, 535  
 'S gach, Rìgh a chuir suim 'sa bhréig !  
 Togaibhs' an diugh fianuis fhior,  
 'S biodh bhur neart mar dhion do'n Chòir !  
 Ma thuiteas an Gréugach àigh  
 'S a chòmhrag le Paris òg, 540  
 Helen 's a h-earras gu léir,  
 Glacadh e da 'réir mar dhuais ;  
 'S theid sinne gu 'r dùthaich ghaoil  
 Le 'r loingeas thair raon a chuain.  
 Mu thuiteas Paris le laimh 545  
 Mhenelàüis a chùil réith,  
 Liùbhraidh na Tròidhich gun dàil  
 Helen ghràidh 's a maoin 'na déigh ;  
 Iocaidh iad ùmbladh do'n Ghréig  
 Eirig nam mi-bhéus a rinn, 550  
 A stiuras cinnich gu reachd,  
 'Sa chuimhnichear fad gach linn.  
 Mu'r diol Priam 's a chuid mac  
 An t-shuim cheart, 's gur leinne buaidh ;  
 Cogaidh mi'n so, cian mo réith 555  
 Gu dìth feuma 'n darna sluaigh.  
 An sin, leis an ealtuinn chòrr  
 Ghearr e sgòrnain nan trì uan,  
 'S chuir sios iad air lom a bhlàir  
 Ag anmadaich 'sa spàirn chruaidh. 560  
 Ghrad-imich romh 'n lot an deò,  
 S an fhuil bhàrach dhoirt mun fheur:



- 'N sin, thaom iad fion as gach còrn,  
 'S rinn ùrnuigh ri sloigh nan spéur.—  
 Ard-Rìgh nan Cumhachd ud shuas! 565
- 'Sa Fhlaithean tha buan an glòir!  
 Co dhiu cinneach le droch rùn  
 A bhrisdeas a mhionn da'n deòin  
 Gun ruith glas-eanchaill an cinn  
 Mar am fion s' air làr an fhuinn! 570  
 Eiginn nàr da 'm bannal grinn!  
 Bruan-spealtadh an àir da 'n cloinn.  
 B' amhluidh sud achain nan slògh,  
 Rì h-Iompaire mòr nan nial,  
 Ach dhiùlt e 'n t-iarratas faoin, 575  
 'S sgap air aodann ghaoth nan sian.  
 Labhair 'an sin Priam fòill,  
 'S è n trom-bhròn le h-imcheist chruaidh :—  
 Eisdeadh na Tròidhich gu leir  
 Is Gréugaich nam màilleach nuadh. 580  
 Cogadh an da thriadh mu bhuaidh ;  
 Ach deantar truas riums am aois :  
 Cha'n fhaic an t-shùil so gu bràth  
 Gàbhadh bàsmhor mo mhic ghaoil !  
 Fuilgear' dhomh pilleadh gum' stuaigh ; 585  
 'S co dhiu sud da 'n dual an t-Eug,  
 Dhuitse 's aithn' a Rìgh tha shuas,  
 'S do Chùirt naomh bhith-bhuain nan speur !  
 Thuirt an triath ab'aoigheil gnùis,  
 'S chuir 's a charbad ùr na h-uain ; 590  
 Dhirich e 's shìn srian nan lùb  
 Gu taobh-cùil nan crùth-each luath.  
 Shuidh Antenor suas ri thaobh  
 'S a bhall chaoin bu liobhaidh snuagh,  
 'S mharcaich iad do'n Dùn na'n still, 595  
 Air inneal bu shlinntreach fuaim.  
 'N sin, dh'imich Hector nan conn,



- 'S deagh U'sses bu mhaith loinn ;  
 Toimhseadar le sreing am fonn,  
 'S thilg 's a cheann-bheairt mhìn na croinn, 600  
 Dh' fhèuchainn co dhiu sonn air thùs  
 Thilgeadh an t-sleagh chiùrrach ghèur :  
 An da fheachd ri h-aoradh cruaidh  
 'S an lamhan a suas 's a'n speur :—  
     A Dhia th' air Ida nan sgùrr ! 605  
 Athair is mò cliù is glòir !  
 Leag thusa dìoghaltas ceart  
 Air a cheann a dh' fheachd o'n chòir,  
 Ceann aobhair cogaidh nam pian  
 Iomain sìos do dh' ifrinn fhuair ; 610  
 Naisgeadh càch le cairdeas sìth,  
 'S èugadh a chaoidh strìth a's fuath.  
     Sheall Hector a thaobh a chùil,  
 'S chrath a cheann-bheairt dhluth le laimh :  
 Crann Pharis bha' mach an tùs ; 615  
 Sud a chùis a stiùir an dàn.  
 Shuidh na làn theanail ma'n fhonn,  
 A dh' fhaicinn nan sonn a strìth,  
 An taic reang nan crùth-each luath  
 'S na'n airm bhreac bu shnuagh'or lìth. 620  
     Chaidh Paris uasal air ghléus  
 Leannan Hélen nan òr-chuach,  
 'S chàirich air a ghuaillibh àigh  
 An comhdach de'n stàillinn chruaidh.  
 Shìn e na h-osain, 'an tùs 625  
 Mu chalpannan ùr-gheal garbh ;  
 Ailbheagan airgid gu léir  
 Dhùin a bheairt bu cheutach dealbh.  
 'N sin, cheangail an laoch mu chliabh  
 Gòrsaid phrais le h-iallaibh teann, 630  
 Uchd-éideadh Licäoin òig,  
 'S cuimt' a fhreagradh an còrr-bhall.

Chroch e siar ri thaobh o'n bhoinn  
 Claidheamh réull-airgiodach grinn ;  
 Sgiath chumadail tharbhach throm 635  
 Mar dhèidin do chom an t-shuinn.  
 Chaidh biorraid bu loinntreach snas  
 Mu cheann gaisgich bu mhòr toirt ;  
 Gaoisid chléideach an eich ghlais  
 Uaimhreach 'ga crathadh mun dos. 640  
 Ghabh e 'n t shleagh chosgraidh 'na ghlaic  
 Bu mhath gu h-iomairt air chleas ;  
 'S ghrad chaidh Gréugach nan gnìomh bras  
 Mar chòmhlath fo armaibh deas.  
 'N uair dhealraich 'na 'n cruaidh na laoich 645  
 B' earghlaiseach le fraoch an greann,  
 A céum gu còmhrag romh'n fhonn,  
 Eadar an da shlogh 'nan deann.  
 Ghair'snich le ball-chrith gach feachd,  
 Air teachd do na gaisgich dlùth, 650  
 Faicinn crathadh nan sleagh trom  
 'An garbh-ghlacaibh nan sonn gnùth.  
 Thilg Paris le uile neart  
 An t-shleagh \* fhad fhaileasach luath ;  
 Bhuail e Meneläus tréun, 655  
 Air clàr sgéithe nam breac-dhual.  
 Ga b'aintheasach buille 'n tréin  
 Idir cha do ghéill a chruaidh ;  
 Ghrad-mhaolaich an leachd a bàrr  
 'S thuit an crann air làr gun bhuaidh. 660  
 Dh'eirich air ball le shleagh phrais,  
 Sàr-mhac Atreuis nan cath dian,  
 Ag ùrnuigh 'o ghrund a chrìdh  
 Gu'n comradh leis Rìgh nan dia.  
 Dioghail mis', Athair nan slògh, 665  
 Dhuit is èol mar fhuair mi tàir :  
 Paris a dh' oibrich an gò

Grad-thuiteadh gun deò fo'm làimh,  
 Mar shanus buan do gach tìr,  
 'S gùn oilltich gach linn gu bràth 670  
 Romh'n droch aoidhe 'nochdas foill  
 Mar ath-dhiol air caoimhneas gràidh.  
 Chuimisich e 'n sin 's thilg 'na deann  
 Sleagh bu chian-dhuatharach crann ;  
 Bhuail i sgiath Pharis le fuaim 675  
 'S thorchuir cliath bu shnuaghar loian.  
 Sgoilt an géur-iarunn gun bhàigh  
 Uchdach phriseil nan sàr-dhealbh ;  
 'S romh 'n lùirich ri taic a chléibh ;  
 Shiubhail trom-ghath nan réub searbh. 680  
 Chrom Paris le geilt a chorp,  
 'S sheachainn e dubh-lòt an Aoig ;  
 Ghrad-tharruing an Greugach garbh  
 Lann nan réull airgid o thaobh.  
 Le buille thorunnaich thruim, 685  
 Bhuail e chéannbheairt bu ghrinn bàrr  
 Ghliongraich an lann ris a chruaidh,  
 'S thuit 'na bruanaibh soills' air làr.  
 Dh'osnaich Mac Atrenis gu géur,  
 'S thog e 'shùil ris an spéur chian : 690  
 Athair lòbh ! nach goirt a chùis  
 Gur tu 's meallt'an cùirt nan Dia ?  
 Dh'earb mi gun dioghlainn mo thàir :  
 Thilg mi 'n t-shleagh gun bhàs gun bhéum ;  
 Bhris mo chlaidheamh loinntreach caoin, 695  
 'S tha 'n dearg-chiontach saor o bheud !  
 Ghlac e 'n sin le buathadh garg,  
 Dos na ceann-bheairt na gharbh-ghlaic ;  
 Spion e 'n t-òg a nunn romh 'n fhéur  
 Thun nan Greugach le tréun-neart. 700  
 Bha iall bhreac-dhealbhach nan gréis  
 A dhaingnich an t-éideadh dlùth,

Mu 'sgòrnan maoth seachad siar,  
 A chràdh-phianadh an t-shuinn ùir.  
 B' fhèumail sud dòn Ghrengach chòrr, 705  
 'S chrùinte 'n'gniomh le glòir bhith-bhuain,  
 Mur bhith Venus nan geal'-ghràdh  
 Dh' fhoir gu tràth air 's a chàs chruaidh.  
 Bhrisd ise 'n iall righinn theann  
 Do leithear feannt' an daimh òig, 710  
 Dhluth-lean ri laimh thoirteil thruim  
 A bheairt chruinn, gu falamb, còs.  
 Chuibhlich e 'm faobh le garbh chuairt,  
 'S thilg a suas sa speur le srann,  
 Gu dearbh-chairdean a shluaigh fein, 715  
 'S ghlac na Gréugaich an t-ur-bhall.  
 An t-atn ruathar thug e nunn,  
 A léir-sgrios an t-shuinn le 'chruaidh ;  
 Ach theasraig Venus an triath  
 'An tiotadh, mar Dhia bith-bhuan. 720  
 Dh fhalbh i leis romh 'n fhailbhe ghuirm,  
 'S chòmhduich 'an tiugh-chirb de neoil ;  
 Thug i steach e 'n lùchairt àigh  
 'S shin gu tlath air uirigh phòsd.  
 Sgaoil i feadh thalla na mùirn 725  
 Fàileadh cùrraidh mar dhriùchd nèimh,  
 'S thill i dh' iomchar fios gun dàil  
 Do mhnaoidh ghràdhaich nan glan sgèimh, &c.

PROSNUCHADH GHALGACUIS, *Ceann-feadhna nan Gaidheal, 'n uair a bha iad a' dol a chuir Cath ri Feachd na Ròimhe. Air a chuir an Gaelic.*

LE P. MACPHARLAIN.

*A mhuinntir mo dhùcha agus mo cho'-sbaighd'eara !*

'N uair a tha mi toirt fainear an aobhair m'an do tharruing sinn ar claidheannan, agus am feum a th' againn air buille tarbhach a bhualadh, m'an cuir sinn a rìs san truail iad ; tha mi mothachadh dòchas aoibhneach ag èiridh suas 'am inntinn, gum bi air an là 'n diugh slighe air a fosgladh chum saorsadh Bhreatuinn a thoirt air a h-ais, 's a chum cuing sgreitidh tràillealachd na Ròimhe a chrathadh dhinn. Tha Ghaeld'achd fhathast saor. Cha b' urrainn uile-chumhachd ghramail na Ròimhe ar saorsadh a ghlacadh. Ach 's ann a mhàin le treubhantas a choimhdear i. Cha'n ion duibh fiuthair a bhi agaibh, gun d' thèid sibh as o luchd-creachaidh a chinne-daoine trid bàighealachd. 'N uair a cheannsuichear na dùchanna air am fasa ruigheachd, thèid iad an sin air an aghaidh dan ionnsuidh-san air an deacaire buaidh a thoirt. Agus ma bheir iad buaidh air an talamh uile, bheir iad a rithist oirp air am feachd a chuir gu taobh thall a chuain mòir, a shealltuinn nach 'eil fhathast rioghadan neo-aithnichte' ann, air an d' thoir iad ionnsuidh, 's an tabhairt fo chis do dh'iompaireachd na Ròimhe. Oir tha sinn a' faicinn, ma mheasar tìr cumhachdach, gun tabhair na Ròimhich ionnsuidh orra, chionn gu bheil a cìosnachadh cliu-teach ; ma tha i neo-ainmeil an gaisge, a chionn gu'm bi a bhuidh so-fhaotuinn : ma tha i saibhir, tha iad a' teachd le fiuthair ri



cobhartach ; ma tha i bochd, le dèigh air alladh. Tha'n àirde n-ear agus an iar, an àirde deas agus tuadh, aghaidh na cruinne gu h-iomlan, air an sàruchadh le'n cogadh ; tha 'n saoghal m'an iath ghrian ro-bheag arson an gionaich agus an sainnt. 'S iad fein an t-aon sluagh a chualas riamh a bha co dèigheil air rioghachd bhochd ri rioghachd shaibhir a cheannsachadh. 'S coltach gur e 'm prìomh-shonas bhi creachadh, a' cogadh, 's a dortadh fola ; 's an uair a dh' fhàsaicheas iad dùthaich, 's nach fàgar duine beo innte is urrainn airm a thogail nan aghaidh, an sin their iad, gun d' thug iad sìth do'n tìr sin.

Dh' orduich nàdur fein do na h-uile dhaoineibh, gu'm biodh am mnàì agus an clann ro-ionmhuinn leo. Ach tha dearbh-chinnt aguibhse, a mhuinntir mo Dhùcha, gu bheil na fleasgaich air an d' thugadh buaidh air an tarruing air falbh, a dheanamh suas feachd na Ròimhe. Tha mnathan, pearaichean, agus nigheana nan daoine a ghèill doibh, an darna cuid air an èigneachadh, no air an truailleadh le seoltachd nan creachadairean an-ìochdmhor sin. Tha toradh an dìchill air a shlad, a dheanamh suas na cìs a leagadh orra le gionach fòirneartach. Tha na Breatunnaich a' cur am machraichean ; ach tha na Ròimhich chìocrach gam buain. Tha ar cuirp air an sàruchadh a' deanamh oibre dhoibh ; agus 's è buillean agus tàir am buidheachas a th'aguinn an co'lorg ar saothreach. Tha iadsan a ruga nan tràillibh, air an ceannach agus air an cumail suas le 'n sealbhadoiribh : ach tha'n tìr neo shonadh so a' toirt duais arson i bhi fo dhaorsadh, agus a' beathachadh na h-aitim a tha ga toirt ann. Agus 's e ar cuidne de 'n mhi-chliu is fìor chràitiche, a chionn gur iad



muintir an eilein so is deireannaich a thainig fo'n cuing thruaillidh. 'S e am fuath a th' aguinn air an-tighearnas, a choireadh is mò a tha brosnuchadh nan an-tighearnan, fòirneartach sin 'n ar n-aghaidh. Tha sinn a bhi co fada o bhaile mòr ar rioghachd, agus air ar dion a thaobh nàduir leis a chuan chuisleach uaibhreach a tha gar cuairt-eachadh, gar fàgail buailteach d' an an-amharuis; oir tha fios aca, gu bheil Breatunnaich air am breith le fìor ghràdh air saorsadh; agus tha iad-san a' meas, gur dù dhuinn bhi smaoinich air a chothrom a ghabhail, uair no uair-eigin, air sinn fein a shaoradh o'n cuibhricibh.

Mar so mo Chairdean, le sinn a bhi air cuir an duileachd, agus air ar fuathachadh, mar is eigin duinn a bhi, leis na Ròimhich, cha'n ion duinn fiuthair a bhi aguinn ri daorsa chuimsich fein a mhealtuinnfòdhpà. Cuireamaid mata, ann an ainm gach ni tha naomha, agus chum gach ni is caomh leinn a dhion, romhainn, oir fhoghainteach a thoirt, mar an na dh'fhaighinn cliu, air a chuid is lugha gu bhi tearuinte; mar ann a chumail suas meas Bhreatunn, mar is lugha chum ar beatha a dhion. Cia dlù a bha na Brigantich air a chuing a chrathadh dhiubh——fo stiùradh boirionnaich!. Loisg iad ionad còmhnuidh Ròimheach: thug iad ionnsuidh air na Legionaibh Ròimheach nan campa. Mar d- thugadh mar shoirbhich leo orra a bhi tuille 's earbsach asda fein, bha'n gnoth ach criochnaichte. Agus nach dean sinne, muintir na Gaèltachd, aig a' bheil ar criochnan fhathast saor, 's aig a' bheil an neart gun lughdachadh; nach d'thoir sinn oirp, mo Cho'-shaighdearaibh, air caileigin a dheanamh, a nochdas do na creachadairibh coimheach sin, gu bheil aca tuille ri

dheanamh na bha iad 'am barail, m'an d'thoir iad buaidh air an eilean uile?

Ach, an diaigh so uile, co iad na Ròimhich chumhaehdach so? Co dhiubh a th' annta dee, no daoine bàsmhor mor sinn fein? Nach 'eil sinn a' faicinn iad ciontach ann am mearachd agus ann an laigsinn mar dhaoine eile? Nach 'eil sìth gam fàgail meath-chridheach? Nach 'eil saibhreas gan truailleadh? Nach 'eil iad a' dol gu ana-bharra anns na dubhailcibh is duaichnidh? Agus am faod sibh a shaoilsinn gu bheil iadsan a tha comharraichte ann an dubhailc, sònruichte ann an cruadal cuideachd? Ciod, ma ta, roi bheil eagal oirn?— An innis mi dhuibh an fhìrinn, mo Chàirde? 'S ann a thaobh ar n-eas-aonachd eadarunn fein, a fhuair na Ròimhich na h-urrad cheannais oirn. Tha iad a' gabhail cliù dhoibh fein o dhroch ghiulan an naimhdean. Tha iad a' deanamh uail as na rinn iad fein, agus nan tosd mu na dh' fhaodamaid a dheanamh nan aghaidh, nam biomaid a dh'aon rùn. Co e am feachd ainmeil Ròimheach so? Nach 'eil e air a dheanamh suas le sluagh o ioma dùthaich; cuid is teomadh air cogadh no dream eile; cuid ni 's murrache na chèile air cruaidh-chas fhulang! Tha iad a' fuireach co'lath am feadh a tha chùis a' soirbheachadh leo. Thugaibh ionnsuidh ghramail orra: sàraichibh iad: 's chì sibh gum bi an sin am barrachd eas-aonachd nam measg-san, na tha san àm so 'nar measg-ne. Am faod aon neach a shaoilsinn, gum bi daoine o Ghaul, o'n Gearmailt, agus le nàire canam è, muinntir Bhreatuinn fein, a tha gu nàr mi-chiatach a' co'-aontachadh le luchd-spùinnidh an Dùcha; tha mi ràdh, am faod aon neach a bhataluchadh gu bheil iad sin air an cumail ri

chèile le dillseachd agus carthannachd? Cha'n'eil, se eagal, ceangal na sìth nam measg-san. Agus an tra sguireas geilt a dh'oibreachadh air inntinn a chumasg mhòr shluaigh sin, bheir iadsan a tha 'n dràsta fo eagal, fuath d'an an-tighearnan an-ìochdmhor.—Tha air ar taobh-ne, gach nì is urrainn ar brosnuchadh gu cruadal. Cha'n'eil misneach nan Ròimheach, mar ar misneach-ne, air a dùsgadh suas le eagal gun tuit ar mnathan agus ar clann 'an lamhaibh ar naimhdean. Cha'n'eil a-thair no màthair 'an so aca mar th' aguinne, gu masladh a thoirt doibh ma thrèigear siad iad nan sean aois. Cha'n'eil tìr ac' an so gu cogadh as a leth. Cha'n'eil annt' ach co'-chruinneachadh suarrach de choigrich, ann an dùthaich, air a bheil iad aineolach; air an gearradh a mach o'n tìr fein, air an ioma-dhruideadh a stigh leis a chuan; agus tha dòchas agam, air an toirt thairis dhuinne mar chobhartach, gun seol sam bith aca gu dol as. Na cuireadh fuaim ainm Ròimheach faitchios oirbh; nì mò a chuireas deàlradh lonnrach an òir no an airgid air an armachd sgìleo air ar sùilibh. Cha'n ann le òr, no le airgid, a lotar no a dhìonar daoine; ge d' is ann le'n samhail sin a bhios iad nan cobhartach nì's tarbhaiche dhoibh-san a bheir buaidh. Thugamaid gu misneachail an aghaidh air a phrasgan neo-aontachail so. Gheibh sinn am barrachd neart uapa fein. Fàgaidh na Breatunnaich thruaillidh, a tha nam measg, a chuir cùl ri leas an dùthcha iad, agus thig iad d'ar n-ionnsuidhne. 'Nuair a chuimhniceas na *Gauls* air an t-saors' a bh'aca romhe so, 's gur iad na Ròimhich a chuir gan dì i, trèigidh iad na h-ann-dlighich sin, agus cuiridh iad le luchd chothachadh na saorsadh. Leanaidh na Gearmailtich eisimpleir

muintir an dùthcha, na *Usipii*, a dh'fhàg o cheann ghoirid iad. Agus co roimh 'n sin a bhios eagal oirbh? Beagan de dhaighnichibh air an leth riaruchadh le freiceadan; beagan bhailtean, air an àiteachadh le daoine air an sàruchadh agus air an claidh: tha aimhreit a' buadhachadh nam measg, a'g èiridh o stràichd an uachdarain, agus o cheann-laidhread nan ìochdaran. Tha air ar taobh-ne, armait a dh'aon rùn ann an aobhar an dùthcha, am mnathan, an clann, am pàrantan aosda, an saorsainn, agus am beatha. Air cheann an fheachd so, tha dòchas agam nach 'eil mi mihodhail, 'n uair a their mi gu bheil, Ceannfeadhna, a tha ullamh chum gach comas ath'aige ghnàthachadh, a rèir mar tha iad, agus gu bheatha a chuir an cunnart gar treòrachadh gu buaidh làraich agus gu saorsadh.

Cuiream a nis crìoch air an earail so, a mhùinntir mo Dhùthcha, agus mo Cho'-luchd-saoithreachaidh, le chuir nar cuimhne, gur h-ann ri'r giùlan air an latha an diugh a tha ar sìth agus ar saorsadh ann an earbsa, no sibh a strìochda do nàmhuid stràiceil uaibhreach, leis gach dosguinn a bhios na cho'-lorg. 'Nuair ma ta, a thèid sibh an sàs annta cuimhnichibh air na daoineibh o'n d' thainig sibh.—Agus smaoinichibh air 'ur sliochd fein.

---

## PYRRHUS AGUS FABRITIUS.

*Air a chuir an GAELIG le P. Mac Pharlain.*

BHA coinneamh eadar na Ròimhich agus *Pyrrhus* rìgh Mhacedon, mu iomlaid chiomach; agus an diaigh do *Pyrrhus* èisdeachd a thoirt do theachd-airibh na Ròimhe, thug è Fabritius a leth-taobh, agus thuirt è ris mar a leanas, ' Air do

‘ shonsa, a *Fhabritius*, tha mothachadh agam air  
 ‘ do mhòr-luach : Tha dearbh-chinnt agam gu  
 ‘ bheil thu a d’ rogha cinn-fheadhnaidh, agus fìor-  
 ‘ fhreagarrach gu bhi air ceann an fheachd ; gu  
 ‘ bheil ceartas agus measarrachd air an dhù-  
 ‘ cheangal ri chèile a’ d’ ghiulan ; ’s gu bheil thu  
 ‘ gu cothromach air do mheas a’ d’ dhuine fìor-  
 ‘ mhathasach. Ach cha lugha tha do chinnt a-  
 ‘ gam a’ d’ bhochduinn ; agus ’s eigin domh aideach-  
 ‘ adh nach d’ rinn am freasdal ceartas riut sa  
 ‘ chùis so. Chum, ma ta, am mearachd sin a  
 ‘ leasuchadh, (ma ni thu còmhna riomsa gu sìth  
 ‘ urramach fhaotainn,) tha mi ullamh gus na h-  
 ‘ urrad òir agus airgid a thoirt duit ’s a dh’fhàgas  
 ‘ tu ni ’s saibhire na a h-aon de na Ròimhich ;  
 ‘ air dhomh dearbh-fhios a bhi agam, nach fhaod  
 ‘ a bheag do chostus rìgh a bhi ni ’s measaile, no  
 ‘ na bhuilicheas e chum uireasbhui dhaoine math  
 ‘ a dheanamh suas, a tha trid am bochdainn, air  
 ‘ an co-èigneachadh gu’n caithe-beatha bhi neo-  
 ‘ fhreagarrach d’an deagh-bheus.

*Fbreagair FABRITIUS e air a mhodh so.*

‘ Mu thimchioll ma bhochduinn, fhuair thu fios  
 ‘ cinnteach. Cha’n’eil agam do dh’ oighreachd, ach  
 ‘ tigh suarrach, agus mìr beag fearainn, o’m bheil  
 ‘ trid saothair mo lamh, mo chumail suas ag èir-  
 ‘ idh. Ach ma shaoil thu air aon chor, gun do  
 ‘ lùghdaich mo bhochduinn mo mheas a’m dhùth-  
 ‘ aich, no gun d’fhàg è neo-shonadh mi, tha  
 ‘ thu fad air do mhealladh. Cha’n’eil cionfath  
 ‘ agam gearan a dheanamh an aghaidh an fhreas  
 ‘ dail ; tha e buileachadh orm na tha feumail  
 ‘ domh : agus ma tha mi as eug’ais anbharra, tha



• mi mar an ceudna saor o bhi dèigheil orra. Tha  
 ‘ mi ’g aideacha le ’m bi agam, gum bithinn  
 ‘ murrach cobhair air an fheumach, an t-aon ni  
 ‘ arson am bheil na daoine saibhir nan diol-far-  
 ‘ maid: ach, beag ’smar tha th’agam, ’s urrainn  
 ‘ domh caileigin deth a bhuileachadh air cum-  
 ‘ ail suas leas mo thìre, agus fòir air mo chàird-  
 ‘ ibh. A thaobh urrainn, tha muinntir mo dhù-  
 ‘ thacha, bochd ’s mar tha mi ga m’ chuir an co-  
 ‘ leagadh ris an aitim is saibhire: oir cha ’n aith-  
 ‘ ne do ’n Ròimh buaidhean aithrigh air a dreuchd-  
 ‘ an is àirde ach subhailc agus comas. Tha i gam  
 ‘ òrducha gus na deas-ghnàthaibh is àirde na  
 ‘ h-aoradh a fhrithealadh; tha i ’g carbsa riagh-  
 ‘ ladh a feachd rium; tha i taice a gnothaichean is  
 ‘ ro-chudthromaiche rium. Cha’n’eil mo bhochd-  
 ‘ uinn a lughadacha mo mheas no m’ impidh  
 ‘ an comhairle an t-seanaidh: tha muinntir na  
 ‘ Ròimhe’g am onarachadh, arson na ceart bhochd-  
 ‘ duinn a tha thus a’ meas na masladh dhomh: tha  
 ‘ iad fiosrach air a choi’-lion cothrom a bh’agam  
 ‘ ri am cogaidh gu mi fein a dheanamh saibhir,  
 ‘ gun achmhasan; tha iad mothachail air m’eud  
 ‘ neo-leth-phairteach chum an leas; agus ma tha  
 ‘ cionfàth gearain agam, ’s ann arson a ro-mheud  
 ‘ sa tha iad ga m’ mholadh. Ciod ma ta am meas  
 ‘ a dh’fhaodas a bhi agam air t-òr no t-airgiod?  
 ‘ Ciod an rìgh is urrainn a bheag a chuir ri m’  
 ‘ shonus? Sior ullamh chum gach dleasnas a  
 ‘ bhuineas domh a choilionadh, tha m’inntinn  
 ‘ saor o FHEIN-AGARTAS, agus tha mo CHLIU  
 ‘ IONRAIC.’



John Mc Donal  
John Mc Donal

John Mc Donal

John Mc Donal

John Mc Donal

1840











**PLEASE DO NOT REMOVE  
CARDS OR SLIPS FROM THIS POCKET**

---

**UNIVERSITY OF TORONTO LIBRARY**

---

